

# **PLANA CÀNAIN GÀIDHLIG COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR 2013-17**



**A rèir Earrannan 3 agus 7 de dh' Achd na Gàidhlig (Alba)  
2005**

# GEÀRR-CHUNNTAS

Tha Comhairle nan Eilean Siar<sup>1</sup> ag aithneachadh nach e dìreach pàirt in-ghnèitheach de bheathannan, dearbh-aithne agus dualchas cultarach muinntir nan Eilean Siar a th' anns a' Ghàidhlig, ach, mar chànan oifigeil Albannach, tha i mar phàirt riatanach cuideachd de dhualchas, dearbh-aithne nàiseanta agus cultar na dùthcha fhèin. Mar sin, tha a' Chomhairle a' cur taic làidir ri amasan *Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig*, a tha a' feuchainn ri stad a chur air crìonadh, agus ag amas air meudachadh, san àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba. Gus seo a dhèanamh, tha a' Chomhairle air na structairean agus iomairtean deatamach an cur an gnìomh a tha ag amas air inbhe seasmhach a chruthachadh don Ghàidhlig sna h-Eileanan Siar.

Tha a' Chomhairle ag aithneachadh gu bheil staid na Gàidhlig air leth lag ann an Alba, agus ma thathar airson Gàidhlig a dh' ath-bheothachadh mar chànan beò san dùthaich, feumaidh an Riaghaltas, am poball, an earrann phrìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth oidhirp mhòr a dhèanamh le chèile, gus:

- **Inbhe na Gàidhlig a leasachadh**
- **Ionnsachadh na Gàidhlig a chur air adhart**
- **Cleachdadh meudaichte na Gàidhlig a bhrosnachadh**

Tha a' Chomhairle cuideachd ag aithneachadh gum feumar co-òrdanachadh a bhith ann eadar buidhnean poblach agus Gàidhlig sna h-Eileanan Siar gus goireasan a sholarachadh, gnìomhan agus toraidhean a dh' aontachadh, a bhios a' dìon inbhe a' chànanain sna h-Eileanan.

Mar sin, tha Plana Cànan Gàidhlig Comhairle nan Eilean Siar 2013-17, air a dheasachadh a thaobh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, a' sònrachadh a-mach: ciamar a chleachdas a' Chomhairle Gàidhlig na h-obair gu làitheil; ciamar as urrainnear cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh leis a' phoball agus le buidhnean com-pàirteachaidh cudromach a dhèanamh comasach; ciamar a libhrigear agus a bhrosnaichear foghlam tro mheadhan na Gàidhlig; ciamar a bhios i a' co-òbrachadh le buidhnean poblach agus Gàidhlig a tha an sàs ann a bhith ag ath-bheòthachadh na Gàidhlig; agus ciamar a dh' àrdaicheas agus a leasaicheas i cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne fhèin, agus am measg choimhearsnachdan nan Eilean Siar gu lèir.

---

<sup>1</sup> Uaireannan thèid iomradh a thoirt air mar, "A' Chomhairle", taobh a-staigh a' Phlana seo.

Thathar air am Plana a dheasachadh a thaobh slatan-tomhais reachdail taobh a-staigh na h-Achd 2005, a' gabhail sùim ri *Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig* agus *Stiùireadh Bòrd na Gàidhlig air Leasachadh Phlanaichean Cànan Gàidhlig*. Tha am Plana seo mar an dàrna cuairt de Phlana Cànan Gàidhlig na Comhairle, 2007-2012, 's a' Chomhairle air sgrùdadh mòr a dhèanamh air amasan, toraidhean agus adhartas a' Phlana 2007-2012, agus thèid a mhairsinn fad còig bliadhna, a' crìochnachadh air 31 Dùbhlachd 2017. Thèid plana ùr a chur an gnìomh air 1 Faoilteach 2018.

A bharrachd air a bhith a' togail air soirbheachadh a' chiad chuairt den Phlana, airson 2007-12, tha an dàrna cuairt den Phlana seo a' cur cudrom air roinnean leasachaidh agus amasan ùra, ag aithneachadh gu bheil teicneòlasan digiteach ùra a' fàs nas cudromaiche ann am beathannan choimhearsnachdan nan Eilean Siar.

Chaidh taic a chur dhan Phlana seo le Buill na Comhairle, às dèidh sgrùdadh a chaidh a dhèanamh air aig *Comataidh Poileasaidh agus Stòras*, agus *Comataidh Buileachaidh Plana Cànan*, comataidh Gàidhlig na Comhairle. Mar sin, tha làn thaic agus riarachadh aig a' Chomhairle don Phlana seo, agus tha ùghdarras aige. Chaidh an dreachd Phlana cuideachd tro phròiseas co-chomhairleachaidh farsaing eadar 9 Iuchar 2012 agus 20 Lùnastal 2012, agus chaidh beachdachadh air freagairtean, beachdan agus comhairle choimhearsnachdan nan Eilean Siar agus buidhnean Gàidhlig ionadail agus nàiseanta mus deach dreachd den Phlana mu dheireadh a chur ri chèile.

**A dh' aindeoin seo, tha a' Chomhairle ag aithneachadh gum feumar a Plana Cànan Gàidhlig 2013-17 a bhuileachadh beag air bheag rè teirm a' Phlana, a' gabhail sùim ri dealasan laghail agus poileasaidh aig an àm, agus ag aithneachadh gu faodar bacaidhean ionmhasail a bhith ann a thaobh buidseatan roinneil taobh a-staigh Comhairle nan Eilean Siar, agus a' cuimhneachadh gum feumar an t-seirbheis as fheàrr as urrainn a libhrigeadh don phoball.**

# BUN-FHIOSRACHADH MUN PHLANA

## Prìomh Sgrìobhainnean aig Bun-stèidh a' Phlana:

Tha Plana Cànan na Comhairle 2013-2017, an dàrna cuairt de Phlana Cànan Gàidhlig na Chomhairle, stèidhichte air leasachadh agus rannsachadh dealbhadh cànan a rinneadh gu h-ionadail agus gu nàiseanta thairis air iomadh bliadhna. A rèir Earannan 3 agus 7 de dh' Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, chaidh am Plana seo a chur ri chèile bho na còig sgrìobhainnean a leanas:

### 1) Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig Bòrd na Gàidhlig 2012-17

Tha am Plana Nàiseanta fo uachdranas Bòrd na Gàidhlig, buidheann-leasachaidh nàiseanta na Gàidhlig, air a chur air bhonn fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha na dualan mòra na leanas na bhroinn:

- **Lèirsinn** – tha am Plana seo a' cumail ri lèirsinn a' chiad Phlana, agus 's e sin beatha sheasmhach dhan Ghàidhlig mar “chànan fallain, beothail a tha air a cleachdadh, agus air a bheil luach is inbhe air a chur, barrachd is barrachd ann an Alba ioma-chultarach is ioma-chànanach an latha an-diugh”;
- **Amasan** – leis an fho-thìotal *Fàs is Feabhas / Growth and Quality*, tha Bòrd na Gàidhlig ag amas air stad a chur air crìonadh na h-àireimh de luchd-labhairt na Gàidhlig, a' cur ris na suidheachaidhean far an cleachdar Gàidhlig, agus a' cuideachadh luchd-labhairt na Gàidhlig, an dà chuid luchd-ionnsachaidh agus fileantaich, ann a bhith a' toirt air adhart an comas sa Ghàidhlig agus am misneachd ann a bhith ga cleachdadh.
- **Prìomh Thargaid** – stad a chur air crìonadh na Gàidhlig le bhith ag àrdachadh an àireamh de luchd-labhairt ùra a tha air an cruthachadh gach bliadhna chun an aon ìre ris na thathar a' call dhen luchd-labhairt as sine.

**Tha Comhairle nan Eilean Siar a' cur taic ri lèirsinn, amasan agus prìomh thargaid *Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig*, le bhith a' cur an gnìomh nam prionnsapalan bunaiteach a leanas: gum bu chòir Gàidhlig agus Beurla a bhith a' faighinn spèis co-ionann; gum bu chòir dha cleachdadh na Gàidhlig a bhith air a h-àbhaisteachadh ann am beatha phoblach sa h-uile dòigh; agus gun tèid cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh agus a chuideachadh far a ghabhas seo a dhèanamh ann na coimhearsnachdan nan Eilean Siar.**

Tha *Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig* cuideachd a' comharrachadh ceithir prionnsapalan leasachadh agus planadh cànan air leth cudromrach, a tha co-cheangailte, agus aithnichte aig ìre eadar-nàiseanta, le puingeagan-gnìomh nan lùib, a dh' fheumar cur an gnìomh ann a bhith a' deasachadh Phlanaichean-cànan. A thaobh Gàidhlig, 's iad mar a leanas:

### **a) Togail Cànan**

A' meudachadh na h-àireimh de luchd-labhairt na Gàidhlig tro bhith a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' cleachdadh a' chànan aig an taigh am measg theaghlaichean le Gàidhlig, agus tro bhith a' cur chothroman èifeachdach air dòigh gus Gàidhlig a dh' ionnsachadh, tro bhith:

- A' meudachadh cleachdadh agus tar-chur thar ginealach na Gàidhlig aig an taigh;
- A' meudachadh na h-àireimh de chlann a' togail Gàidhlig aig an taigh;
- A' meudachadh na h-àireimh de chlann a' dol tro fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig;
- A' meudachadh na h-àireimh de dh' inbhich ag ionnsachadh a' chànan, gus am bi iad fileanta.

### **b) Cleachdadh Cànan**

A' brosnachadh cleachdadh nas fharsainge de Ghàidhlig, agus a' cur air dòigh cothroman an cànan a dh' ionnsachadh, tro bhith:

- A' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig sna coimhearsnachdan;
- A' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig ann am foghlam oilthigh agus ann an àitean-obrach;
- A' meudachadh àite na Gàidhlig sna meadhannan;
- A' meudachadh àrdachadh na Gàidhlig sna h-ealain;
- A' neartachadh ìomhaigh na Gàidhlig ann an turasachd, dualchas agus ann an cur-seachadan.

### **c) Inbhe Cànan**

A' meudachadh faicsinneachd agus cluinntinneachd na Gàidhlig, agus a' cruthachadh ìomhaigh bhrosnachail don Ghàidhlig, tro bhith:

- A' meudachadh ìomhaigh agus cliù na Gàidhlig;
- A' meudachadh faicsinneachd agus aithneachadh na Gàidhlig.

#### **d) Corpas Cànain**

A' neartachadh buntainneas agus cunbhalachd na Gàidhlig, tro bhith:

- A' meudachadh buntainneas agus cunbhalachd na Gàidhlig;
- A' meudachadh inbhe agus ruigsinneachd eadar-theangachadh na Gàidhlig.

**Tha Comhairle nan Eilean Siar dealasach ann a bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid *Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig* a bhuileachadh a rèir nan ceithir prionnsapalan planadh cànain gu h-àrd: togail cànain; cleachdadh cànain; inbhe cànain; agus corpas cànain, agus tha seo ri fhaicinn ann an susbaint *Plana-cànain Gàidhlig na Comhairle*.**

### **2) Plana Cànain Comhairle nan Eilean Siar 2007-12**

Chaidh Plana Cànain na Comhairle airson 2007-12 a sgrìobhadh às dèidh co-chomhairleachaidh farsaing le Bòrd na Gàidhlig agus leis na coimhearsnachdan sna h-Eileanan Siar. Chaidh amasan na Comhairle a chur an cèill na bhroinn gus Gàidhlig a dh' ath-bheòthachadh thairis air na h-Eileanan Siar, agus tha e a' leanntainn a' prionnsapail bunaitich am broinn Achd na Gàidhlig gum bu chòir Gàidhlig agus Beurla a bhith a' faighinn spèis co-ionann. Tha an dàrna cuairt seo den Phlana airson 2013-17 a' togail air a' chiad chuairt den Phlana airson 2007-12, tro bhith a' dèanamh sgrùdadh air amasan, toraidhean agus adhartas a' Phlana tùsail.

### **3) Poileasaidh Gàidhlig Comhairle nan Eilean Siar**

Is iad mion-amasan fad-ùine Poileasaidh Gàidhlig na Comhairle:

- a) Leigeil leis gach neach a tha a' faotainn no a' cleachdadh seirbheisean na Comhairle, no a tha a' cur ris na seirbheisean deamocratach, sin a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig no na Beurla, a rèir an roghainn fhèin;
- b) Cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh sna h-Eileanan Siar;
- c) Brath a ghabhail air comas na Gàidhlig mar dhòigh gus cothroman cosnaidh a chruthachadh sna h-Eileanan Siar;
- d) Cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh am measg bhuidhnean poblach eile a bhios a' dèiligeadh ris a' Chomhairle, agus taic agus brosnachadh gus a' Ghàidhlig a chleachdadh a thoirt do bhuidhnean agus ghnòthachasan a tha a' toirt seachad seirbheisean don phoball sna h-Eileanan Siar;

- e) Comas sgoilearan agus oileanaich a bhith dà-chànanach gu misneachail a leasachadh, gus an urrainn dhaibh làn chom-pàirt a ghabhail sa choimhearsnachd dà-chànanach dom buin iad;
- f) A' Ghàidhlig a stèidheachadh mar an cànan rianachail airson na Comhairle, le bhith a' solarachadh ghoireasan airson trèanadh ann-an-dreuchd agus gus leigeil le luchd-obrach na sgilean cànan aca a leasachadh;
- g) Dèanamh cinnteach gu bheil seirbheis tron Ghàidhlig ri faotainn mar chòir, gun an fheum a bhith ga sireadh gu sònraichte;
- h) Dèanamh cinnteach gu bheil adhartasan teicneolasach, leithid Bann-leathainn, air an cleachdadh gus gnothachasan ùra le buntanas don Ghàidhlig a tharraing do na h-Eileanan Siar.

#### **4) *Plana Cànan nan Eilean Siar (2006)***

Chaidh *Pròiseact Plana Cànan nan Eilean Siar* a stèidheachadh ann an 2003 às dèidh co-chomhairle a chaidh a ghabhail le buidheann a' riochdachadh Comhairle nan Eilean Siar, Colaisde a' Chaisteal Leòdhais agus Comunn na Gàidhlig. Tha am Plana a tha air tighinn às a seo, stèidhichte air rannsachadh a rinneadh eadar 2003 agus 2006, a thaobh cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan nan Eilean Siar, a gabhail a-steach co-chomhairle farsaing le muinntir choimhearsnachdan nan Eilean Siar tro bhith a' cur air dòigh coinneamhan poblach, gus faighinn a-mach am beachdan agus rùintean a thaobh cleachdadh na Gàidhlig.

Tha *Plana Cànan nan Eilean Siar* air a dhèanamh suas de 12 dual ro-innleachdail, a' còmhdach gach taobh de Ghàidhlig agus cleachdadh na Gàidhlig sna h-Eileanan Siar, a bha air an comharrachadh ann am pròiseas beothachaidh na Gàidhlig sna h-Eileanan Siar. Is iad:

- a) Ìomhaigh agus Misneachd;
- b) Ionnsachadh Cànan;
- c) Taic airson Foghlam agus Cùram-chloinne;
- d) Eaconamaidh;
- e) Dualchas agus Eachdraidh Ionadail;
- f) Cultar agus na h-Ealain;
- g) Mothachadh;
- h) Daoine Òga;
- i) Spòrs;
- j) Na Meadhanan;
- k) Buidhnean sna h-Eileanan;
- l) Rannsachadh agus Leasachadh Cànan.

Tha *Plana Cànan nan Eilean Siar* a' sealltainn na lèirsinn, agus nan targaidean, a tha air am mìneachadh ann am *Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig* a rinneadh le Bòrd na Gàidhlig. Tha an dà Phlana a' freagairt air a chèile, agus tha ro-innleachdan a ghearras tarsainn agus a tha coltach ri chèile air cùl na dhà, gus a' Ghàidhlig ath-bheòthachadh aig ìre ionadail agus nàiseanta.

## **5) Stiùradh Bòrd na Gàidhlig mu Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig**

Chaidh an sgrìobhainn stiùiridh seo, air a dhèanamh às dèidh rannsachadh agus co-chomhairleachadh farsaing, a bhuileachadh le Comhairle nan Eilean Siar, agus tha i a' mìneachadh frèam Bòrd na Gàidhlig airson a bhith a' deasachadh, a' structaradh agus a' leasachadh Plana Gàidhlig eagrachail, le cuideam ga chur air a bhith a' cumail ri prionnsabalan dealbhadh cànan.

Tha na còig sgrìobhainnean seo, mar sin, air na prionnsapalan stiùiridh a thoirt do Phlana Cànan Comhairle nan Eilean Siar 2013-17 gus a chur ri chèile, agus bho seo, tha na trì amasan stiùiridh, ro-innleachdail a leanas a' toirt bunait dha:

- **Gàidhlig a neartachadh mar chànan san teaghlach;**
- **Gàidhlig a neartachadh mar chànan sa choimhearsnachd;**
- **An àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig sna h-Eileanan àrdachadh.**



# **STRUCTAIR A' PHLANA**

**Tha na prìomh phàirtean de Phlana Cànain Gàidhlig na Comhairle 2013-17 mar a leanas:**

## **Caibideil 1 – Ro-ràdh**

Tha an caibideil seo a' toirt seachad fiosrachadh mu dheidhinn na Comhairle agus a h-obair, agus fiosrachadh a thaobh: cleachdadh na Gàidhlig; dàta Gàidhlig bhon chunntas-sluaigh; agus solar foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig, sna h-Eileanan Siar. Tha e cuideachd a' mìneachadh a' cho-theacs laghail a thaobh a bhith a' deasachadh phlanaichean cànain Gàidhlig fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

## **Caibideil 2 – Prìomh Dhealasan don Ghàidhlig**

Tha an caibideil seo a' sealltainn, tro bhith a' cleachdadh bòrd-fiosrachaidh, ciamar a chleachdas a' Chomhairle Gàidhlig, agus ciamar a bhios i a' toirt comas do chleachdadh na Gàidhlig, a thaobh na h-obrach as cudromaiche aice agus ann a bhith a' libhrigeadh a seirbheisean poblach. Tha seo a' gabhail a-steach raointean cudromach mar dearbh-aithne chorporra, soidhnichean, conaltradh leis a' phoball, cleachdadh na Gàidhlig air a làrach-lìn, agus mar sin air adhart. Tha e cuideachd a' gabhail a-steach dealasan na Comhairle a thaobh cleachdadh na Gàidhlig ann an seirbheisean deamocratach, agus tha e a' cur an cèill an ìre de chleachdadh na Gàidhlig, aig a' char as lugha, a bhios a' Chomhairle a' solarachadh rè teirm a' Phlana.

## **Caibideil 3 – Raointean-gnìomh Gàidhlig**

Tha an caibideil seo a' sealltainn, tro bhith a' cleachdadh bòrd-fiosrachaidh, a bharrachd air buileachadh nam Prìomh Dhealasan, ciamar a thèid am Plana a bhuileachadh a rèir sia Raointean-gnìomh, a thathar a' faireachdainn a tha air leth cudromach ann a bhith a' cur taic ris, agus ag ath-bheòthachadh, cleachdadh na Gàidhlig an dà chuid sa Chomhairle fhèin, agus sna coimhearsnachdan sna h-Eileanan Siar. Tha seo a' gabhail a-steach amannan nuair a tha co-obrachadh le buidhnean Gàidhlig no leasachaidh eile feumail no freagarrach, agus tha e a' gabhail a-steach sreath fharsaing de raointean far an urrainnear leasachadh na Gàidhlig a chur an gnìomh sna coimhearsnachdan sna h-Eileanan Siar.

## **Caibideil 4 – Buileachadh agus Sgrùdadh**

Tha an caibideil seo a' sealltainn ciamar a ghabhas buileachadh Plana Cànan na Comhairle 2013-2017 a dhèanamh, agus ciamar a thèid sgrùdadh a dhèanamh air toraidhean a' Phlana.

### **Fo-sgrìobhadh – Cleachdadh na Gàidhlig ann an Comhairle nan Eilean Siar**

Anns an Iuchar 2012, chaidh sgrùdadh a dhèanamh de sgilean Gàidhlig luchd-obrach na Comhairle gu lèir sna h-Eileanan, agus de dh' ìre cleachdadh na Gàidhlig ann an àitichean-obrach na Comhairle. Tha fiosrachadh mionaideach air toraidhean an sgrùdaidh seo ri fhaighinn san fho-sgrìobhadh.

# CAIBIDEIL 1 – Ro-ràdh

## COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR AGUS NA H-EILEANAN SIAR: BUN-FHIOSRACHADH

Chaidh Comhairle nan Eilean Siar a stèidheachadh ann an 1975, mar aon de 32 comhairle iomadh-adhbhar ann an Alba. Bidh e a' frithealadh barrachd air 26,500<sup>2</sup> neach a tha a' fuireach sna h-Eileanan Siar<sup>3</sup>, sreath de 14 eileanan àitichte, a' còmhachadh farsaingeachd de 3,000 cilemeatair ceàrnagach. Tha seo a' gabhail a-steach na prìomh eileanan: Leòdhas; Na Hearadh; Uibhist a Tuath agus Uibhist a Deas; Beinn na Fadhla; agus Barraigh. Tha an àireamh-shluaigh a' fuireach sna h-eileanan seo mar a leanas:

Leòdhas:	18,489
Na Hearadh:	1,984
Uibhist a Deas:	1,951
Uibhist a Tuath:	1,657
Beinn na Fadhla:	1,249
Barraigh & Bhatarsaigh:	1,172
-----	
Iomlan	26,502 duine

Tha 31 ball taghte aig a' Chomhairle, a' riochdachadh naoi uàrdan, bhon *An Taobh Siar agus Nis*, (ann an Leòdhas), sa cheann a tuath, gu *Barraigh, Bhatarsaigh, Eirisgeigh agus Uibhist a Deas* sa cheann a deas.

'S e a' Chomhairle am fastaiche as motha sna h-Eileanan, agus 's ann an Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais, am baile as motha sna h-Eileanan, a tha am prìomh oifis. Bidh a' Chomhairle a' fastadh 1,750 duine air feadh nan eilean, agus bidh i a' cosg £147 millean gach bliadhna. A thaobh a structair, tha sia Roinnean ann, a bhios a' toirt seachad seirbheisean gu lèir na Comhairle. 'S iad mar a leanas:

- Roinn an Àrd Oifigeir;
- Roinn an Fhoghlaim agus Sheirbheisean Cloinne;
- Roinn Leasachaidh;
- Roinn Sheirbheisean Sòisealta agus Coimhearsnachd;
- Roinn Sheirbheisean Teicnigeach;

<sup>2</sup> Chaidh a chlàradh sa chunntas-sluaigh as ùr ann an 2001 gun robh 26,502 neach a' fuireach sna h-Eileanan Siar.

<sup>3</sup> Tha seo co-ionann ri Roinnean-pàrlamaid Westminster agus Pàrlamaid na h-Alba, "Na h-Eileanan an Iar".

- Roinn Ionmhais agus Goireasan Corporra.

## GÀIDHLIG SNA H-EILEANAN SIAR

### Cunntas-sluaigh 2001:

**Sheall toraidhean as ùr a' Chunntas-sluaigh, ann an 2001, gun robh:**

**70.4% de dhaoine nas sine na trì bliadhna de' aois sna h-Eileanan Siar aig an robh comas cànan Gàidhlig air choreigin, a' riochdachadh 18,662 a-mach à 26,502 duine. Tha an ceudad seo tòrr nas motha na am figear cuibheasach de 1.0% airson Alba gu lèir.**

Barrachd fhigearan bhon Chunntas-sluaigh 2001:

- An àireamh de dhaoine nas sine na trì bliadhna de dh' aois as urrainn Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh sna h-Eileanan Siar: 16,049, (a' riochdachadh 62.3% den àireamh-sluaigh, an taca ri 1.3% den àireamh-sluaigh gu nàiseanta);
- An àireamh de dhaoine nas sine na trì bliadhna de dh' aois as urrainn Gàidhlig a bhruidhinn sna h-Eileanan Siar: 15,723, (a' riochdachadh 61.1% den àireamh-sluaigh, an taca ri 1.2% den àireamh-sluaigh gu nàiseanta);
- An àireamh de dhaoine nas sine na trì bliadhna de dh' aois as urrainn Gàidhlig a leughadh sna h-Eileanan Siar: 12,090;
- An àireamh de dhaoine nas sine na trì bliadhna de dh' aois as urrainn Gàidhlig a sgrìobhadh sna h-Eileanan Siar: 9,191;
- An àireamh de dhaoine nas sine na trì bliadhna de dh' aois as urrainn Gàidhlig a thuigsinn sna h-Eileanan Siar: 16,889.

Fiosrachadh eile bhon Chunntas-sluaigh 2001:

- Tha an ceudad de 70.4% de dhaoine sna h-Eileanan Siar nas sine na trì bliadhna de dh' aois le comas sgilean na Gàidhlig air choreigin tòrr nas motha na pàirt eile de dh' Alba far a bhruidhnear Gàidhlig gu farsaing. Mar eisimpleir: 42.3% airson an Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse; 6.8% airson a' chòrr den Ghàidhealtachd (a bharrachd air an Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse); agus 7.2% airson Earra-Ghàidheil.
- Tha an àireamh agus ceudad de luchd-labhairt na Gàidhlig, a thaobh sgìre-chatharra sna h-Eileanan Siar, sgapte mar a leanas:

Steòrnabhagh (Leòdhas):	5,973	(51.2%)
Barbhas (Leòdhas):	2,281	(74.7%)

Uibhist a Deas	2,079	(67.3%)
Na Hearadh:	1,447	(69.9%)
Na Lochan (Leòdhas):	1,097	(62.5%)
Uig (Leòdhas):	1,046	(69.9%)
Uibhist a Tuath:	1,022	(68.6%)
Barraigh:	778	(68.5%)
-----		
lomlan	15,723 duine	

- Bha 77.9% de chlann sna h-Eileanan Siar ann an teaghlaichean, far an robh sgilean Gàidhlig aig a' mhathair 's an athair, le sgilean Gàidhlig cuideachd;
- Bha an ceudad as motha, 74.7%, de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba gu lèir a' fuireach ann an sgìre-chatharra Bharbhais.

## Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig:

An-dràsta, ann an 2012/13, tha a' Chomhairle a' tabhann foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ro-sgoile ann am 20 sgoil-àraich agus ionadan-ro-sgoile air feadh nan Eilean Siar. Tha solar foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig cuideachd ri fhaighinn ann am 20 bun-sgoil sna h-Eileanan Siar. Tha: 12 ionadan Gàidhlig ann am bun-sgoiltean ann an Leòdhas; 2 anns na Hearadh; 2 ann an Uibhist a Tuath; 1 ann am Beinn na Fadhlà; 2 ann an Uibhist a Deas; agus 1 ann am Barraigh. Tha 551 sgoilear gu lèir ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig an-dràsta sna sgoiltean seo ann an 2012/13, 33% den àireamh sgoilearan gu lèir, 1,672, a tha a' frithealadh bhun-sgoiltean sna h-Eileanan. Tha am Plana seo ag amas air an t-solar farsaing seo a leudachadh gus am bi 55% de sgoilearan Prìomh 1 *gu lèir* sna h-Eileanan air an clàrachadh ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ro 2017<sup>4</sup>.

A thaobh foghlam àrd-sgoile, tha sreath de chuspairean air an teagasg tro mheadhan na Gàidhlig sna sia àrd-sgoiltean air feadh nan Eilean. Tha dealas làidir aig a' Phlana seo gum bi foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ri fhaighinn gu ìre 3 anns na h-àrd-sgoiltean AS1-6 gu lèir sna h-Eileanan ro dheireadh 2014, anns na cuspairean leanas: matamataig; eachdraidh; cruinn-eòlas; nuadh-eòlas; saidheans; FPS (foghlam pearsanta agus sòisealta); eaconomaidh-dhachaigh; agus eòlas-mheadhanan.<sup>5</sup>

## Gàidhlig ann am Foghlam Adhartach:

<sup>4</sup> Faic 2.2.1, td40-41 den Phlana seo

<sup>5</sup> Faic 2.3.1, td42 den Phlana seo

Tha Colaisde a' Chaisteil, (OGE), le làraichean ann an Steòrnabhagh agus Beinn na Fadhla, a' teagasg cheumnanan BA ann an *Cànan agus Cultar na Gàidhlig*, agus *Gàidhlig is Leasachadh*, a tha air an teagasg tro mheadhan na Gàidhlig. A bharrachd air seo, tha a' Cholaisde a' teagasg: MA *Gàidhlig is Foghlam* tro mheadhan na Gàidhlig; PGDE ann an *Teagasg Bun-sgoile le Gàidhlig*; cùrsaichean Gàidhlig le teisteanasan UTA, bho Access 3 gu Gaelic/Gàidhlig aig an Àrd-ìre; agus cùrsa-bogaidh Gàidhlig làn-ùine. Tha cothroman ann cùrsaichean Gàidhlig a dhèanamh tro CPD, (Measadh Adhartais Luchd-obrach), agus tha cùrsaichean Ùlpan aig ìrean eadar-dhealaichte rim faighinn air feadh nan Eilean, air an teagasg le luchd-teagaisg Colaisde a' Chaisteil.

## COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR AGUS GÀIDHLIG

Air sgàth neart traidiseanta na Gàidhlig mar chànan coimhearsnachd sna h-Eileanan Siar, tha a' Chomhairle air feuchainn ri gnè làidir Gàidhlig a chruthachadh taobh a-staigh na buidhne fhèin. Mar eisimpleir, tha Poileasaidh Gàidhlig na Comhairle air a bhith an gnìomh bhon fhìor thoiseach na Comhairle, a' gabhail a-steach an amas san fharsaingeachd gus na h-Eileanan Siar a chumail gu bunaiteach mar, “choimhearsnachd dhà-chànanach far a bheil an aon ùghdarras aig a' Ghàidhlig agus a' Bheurla mar mheadhanan conaltraidh”. Ann a bhith a' coileanadh an amais seo, tha am Poileasaidh ag amas air cleachdadh na Gàidhlig a bhith mar, “phàirt riatanach de dh' obair na Comhairle a bhios a' drùidheadh air gach seirbheis”.

Bhon a chaidh Comhairle nan Eilean Siar a stèidheachadh, tha i air Gàidhlig a chur air adhart ann an iomadh dòigh. Tha a' Chomhairle ag aithneachadh gu bheil àite sònraichte aig a' Ghàidhlig ann am beatha muinntir nan Eilean Siar, agus gu bheil i mar phàirt neo-dhealachaidh de dhearbha-aithne nan Eileanach. Tha Gàidhlig fhathast na chànan coimhearsnachd làidir air feadh nan Eilean, agus tha i a' sioladh tro gach taobh de bheatha annta, mas e ann an: obair; ann am foghlam; gnothachas; seirbheisean slàinte; taigheadas; àiteachas agus tuathanachas; creideamh; sna h-ealain; san roinn saor-thoileach; spòrs; no sna meadhanan, a tha i.

Chaidh dealas na Comhairle ri Gàidhlig a chur an gnìomh san dòigh as làidire agus as follaisiche anns an Fhaoilteach 1998, nuair a dh' atharraich gu laghail “Western Isles Council” a h-ainm gu “Comhairle nan Eilean Siar”, a' sealltainn gu làidir gun robhar airson an cànan a chur air adhart.

Ann an 2001, chuir a' Chomhairle Sgioba na Gàidhlig ri chèile, sgioba de dh' oifigearan sa Chomhairle aig an robh an dleastanas coileanadh Poileasaidh Gàidhlig air feadh na buidhne a libhrigeadh. Bho 2007 a-mach, tha Sgioba na Gàidhlig cuideachd air dèanamh cinnteach gun tèid Plana Cànan Gàidhlig na Comhairle a bhuileachadh air feadh na buidhne, agus sna coimhearsnachdan

sna h-Eileanan Siar. Mar sin, bidh an t-uallach as motha aig Sgioba na Gàidhlig gus am Plana seo airson 2013-17 a stiùireadh bho latha gu latha.

**Tha dealas làidir agus maireannach na Comhairle ri Gàidhlig, mar a chaidh a chur an cèill sa Phlana seo, a' dèanamh cinnteach gum bi i a' leantainn oirre feuchainn ri Gàidhlig a stèidheachadh mar am prìomh chànan a thèid a chleachdadh ann a bhith a' libhrigeadh nan seirbheisean poblach sna h-Eileanan Siar.**

## **CO-THEACS AIRSON LEASACHADH PHLANAICHEAN CÀNAIN GÀIDHLIG**

### **Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus a' cur a-mach brath:**

Bha Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 air a cur an gnìomh le Pàrlamaid na h-Alba le sùil ri daingneachadh inbhe na Gàidhlig ann an Alba mar chànan oifigeil den dùthaich, agus gus dèanamh cinnteach gum faigheadh Gàidhlig spèis co-ionann ri Beurla.

'S e aon de na prìomh earrannan taobh a-staigh na h-Achd 2005, cumhachd a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig ag iarraidh air buidhnean poblach, mar Chomhairle nan Eilean Siar, planaichean Gàidhlig a dheasachadh, agus an ath-nuachadh gach còig bliadhna. Tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil an raon poblach ann an Alba a' cuideachadh ann a bhith a' cruthachadh inbhe sheasmhach dha Gàidhlig, tro bhith ag àrdachadh inbhe agus ìomhaigh a' chànan, agus a' cruthachadh chothroman far an cleachdar i.

Mar sin, tha Comhairle nan Eilean Siar air a Plana Cànain Gàidhlig airson 2013-17 a dheasachadh, a' togail air amasan a' chiad chuairt den Phlana airson 2007-12, agus a' conaltradh gu dlùth le Bòrd na Gàidhlig gus seo a dhèanamh.

### **Co-chomhairleachadh air dreachd Phlana Gàidhlig:**

Fon Achd 2005, feumaidh buidhnean poblach fios a sgaoileadh don phoball, do bhuidhnean poblach eile agus don fheadhainn eile le ùidh na chuspair, mu dheasachadh am Planaichean Cànain Gàidhlig. Mar sin, chuir Comhairle nan Eilean Siar dreachd den Phlana Cànain Gàidhlig seo tro phròiseas co-chomhairleachaidh poblach fad sia seachdainean, eadar 9 Iuchar agus 20 Lùnastal, 2012, agus chaidh sùim a ghabhail de bheachdan a fhuair i sa phròiseas co-chomhairleachaidh seo.

## **Ag aontachadh ri Plana Cànain Gàidhlig Comhairle nan Eilean Siar 2013-2017:**

Chaidh an dreachd mu dheireadh de Phlana Cànain Gàidhlig Comhairle nan Eilean Siar a chur a-steach do Bhòrd na Gàidhlig air 9 Cèitean, 2013, agus chaidh aontachadh ris air 2 Sultain, 2013.



## **CAIBIDEIL 2 – Prìomh Dhealasan don Ghàidhlig**

Ann an Stiùireadh Bòrd na Gàidhlig mu Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig, thathar a' cur an cèill gur e cruthachadh a' cho-theacs ceart gus cleachdadh na Gàidhlig a dh' ath-bheòthachadh ann am beatha phoblach aon de na prìomh rudan a chur ann an àite. Mar sin, tha am Bòrd air ceithir cuspairean a' comharrachadh a thathar a' faicinn mar deatamach a thaobh a bhith a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an obair bhuidhnean poblach agus ann a bhith a' libhrigeagadh sheirbheisean poblach, agus gum bu chòir dha buidhnean, mar Chomhairle nan Eilean Siar, a bhith a' beachdachadh air na cuspairean seo nuair a dheasaicheas iad am Planaichean Cànan Gàidhlig. Tha na ceithir cuspairean mar a leanas:

### **1. Dearbh-aithne**

Tha seo a' gabhail a-steach mar a dh' fhaodar faicsinneachd na Gàidhlig a mheudachadh, taobh a-staigh no taobh a-muigh na buidhne, rud a bhios a' cur ri inbhe a' chànain. Tha seo a' gabhail a-steach na prìomh raointean gnìomh a leanas:

- **dearbh-aithne chorporra**
- **soidhnichean dà-chànanach**

### **2. Conaltradh**

Tha seo a' gabhail a-steach mar a dh' fhaodar am poball seirbheisean na buidhne a chleachdadh tro mheadhan na Gàidhlig, rud a bhios a' brosnachadh cleachdadh a' chànain. Tha seo a' gabhail a-steach na prìomh raointean gnìomh a leanas:

- **fàilteachadh**
- **fòn**
- **litrichean agus puist-d**
- **modh gearain**
- **coinneamhan poblach**
- **ceistean eadar-theangachaidh**
- **Gàidhlig agus pròiseas taghaidh**
- **aithneachadh iuchd-labhairt na Gàidhlig**

### 3. Foillseachaidhean

Tha seo a' gabhail a-steach mar a dh' fhaodar am buidheann poblach a bhith a' foillseachadh barrachd stuth sgrìobhte ann an Gàidhlig, agus mar a bhios am buidheann a' dèiligeadh ris na meadhanan tro mheadhan na Gàidhlig. Tha seo a' togail ìomhaigh a' chànain, agus a' brosnachadh cleachdadh a' chànain. Tha seo a' gabhail a-steach na prìomh raointean gnìomh a leanas:

- foirmichean agus stuth foillsichte
- làrach-lìn agus blogaichean
- dèiligeadh ris na meadhanan
- taisbeanaidhean

### 4. Luchd-obrach

Tha seo a' gabhail a-steach mar a dh' fhaodar sgilean cànan Gàidhlig luchd-obrach na buidhne a leasachadh, gus am faodar seirbheisean a libhrigeadh nas fheàrr tro mheadhan na Gàidhlig. Tha seo a' gabhail a-steach na prìomh raointean gnìomh a leanas:

- fastadh
- sanasachd

**'S iad “Prìomh Dhealasan” na buidhne don Ghàidhlig a th' anns na ceithir cuspairean seo, oir tha iad a' sealltainn ciamar a tha Comhairle nan Eilean Siar an dùil cleachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh, agus inbhe a' chànain àrdachadh, anns a h-obair gu làitheil, agus ann an libhrigeadh a seirbheisean poblach.**

**Mar sin, tha am bòrd-fiosrachaidh air duillieagan 18-35 a' sealltainn nam Prìomh Dhealasan aig a' Chomhairle don Ghàidhlig, a thaobh nan ceithir cuspairean air an aithneachadh le Bòrd na Gàidhlig san sgrìobhainn Stiùireadh Bòrd na Gàidhlig mu Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig.**



## COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR PLANA CÀNAIN GÀIDHLIG 2013-2017

A rèir Earrannan 3 agus 7 de dh' Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

### PRÌOMH DHEALASAN NA COMHAIRLE DON GHÀIDHLIG

#### *Suidheachadh Gnàthaichte:*

Bhon a chaidh “Comhairle nan Eilean Siar” a stèidheachadh mar bhuidhean laghail san Fhaoillteach 1998, tha a’ Chomhairle air tòrr a dhèanamh gus cleachdadh na Gàidhlig a chur aig cridhe a dearbh-aithne, a h-obrach gu làitheil, agus na seirbheis poblach a thathar a’ toirt seachad. Tha an t-ainm Gàidhlig ri fhaicinn air, no faisg air, taobh a-muigh thoglaichean na Comhairle gu lèir, air cairtean-aithneachaidh an luchd-obrach, cinn-litrichean, foillseachaidhean, carbadan na Comhairle, làrach-lìn na Comhairle, agus ann an sanasachd. Tha Poileasaidh Gàidhlig air a bhith ann bhon a chaidh a’ Chomhairle a stèidheachadh, le dealas làidir ann gun tèid Gàidhlig agus Beurla a làimhseachadh gu cothromach, agus bidh seo a’ fighe a-steach do Phlana Cànain Gàidhlig na Comhairle, air a stiùireadh le Sgioba na Gàidhlig taobh a-staigh na Comhairle. Tha seo a’ ciallachadh: gu bheil tòrr shoidhichean dà-chànanach taobh a-muigh agus taobh a-staigh thoglaichean na Comhairle; gu bheil luchd-labhairt na Gàidhlig ann an ionadan-fàilte; gun tèid dèiligeadh ris a’ phoball ann an Gàidhlig ma chleachdar Gàidhlig air a fòn; gun tèid litrichean agus puist-d Gàidhlig a dh’ fhreagairt ann an Gàidhlig, cho luath ‘s a thèid litir ann am Beurla a dh’ fhreagairt; gu bheil Gàidhlig air a cleachdadh ann an tòrr fhoillseachaidhean, agus air stuth sgrìobhte; gu bheil Gàidhlig air a cleachdadh air làrach-lìn na Comhairle; gu bheil brathan-naidheachd cudromach ann an riochd dà-chànanach; gu bheil brath-aicheidh Gàidhlig agus fiosrachadh an luchd-obrach ann am puist-d na Comhairle; agus gu bheil a’ Chomhairle a’ toirt seachad seirbheisean eadar-theangachaidh gluasadach gus coinneamhan poblach a chumail ann an dà chànan ann an coimhearsnachdan. A bharrachd air seo, bidh Sgioba na Gàidhlig a’ dèiligeadh ri ceistean eadar-theangachaidh bhon phoball.

#### DEARBH-AITHNE

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
Dèan cinnteach gu bheil	Ainm Gàidhlig:		

DEARBH-AITHNE			
AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<b>dearbh-aithne chorporra Gàidhlig làidir aig a' Chomhairle.</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Nì sinn cinnteach gun tèid an t-ainm “Comhairle nan Eilean Siar” a chleachdadh a h-uile turas, agus nach tèid “Western Isles Council” a chleachdadh riamh.</li> <li>Chìthear “Comhairle nan Eilean Siar” sgrìobhte gu follaiseach mar as àbhaist air/faisg air taobh a-muigh thoglaichean na Comhairle, air cairtean-aithneachaidh an luchd-obrach, cinn-litrichean, foillseachaidhean, facsaichean, carabadan na Comhairle, stuth taisbeanaidh, air làrach-lìn na Comhairle, agus ann an sanasachd.</li> </ul>	Àrd-oifigear agus Stiùirichean	Leantainneach
	<p><b>Soidhnichean Dà-chànanach:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Tro sgrùdaidhean, meudaichidh agus ùraichidh sinn soidhnichean dà-chànanach gu lèir taobh a-staigh agus taobh a-muigh thoglaichean na Comhairle gu lèir, le litreachadh sa Ghàidhlig aig an toiseach. Tha seo a' gabhail a-steach: <ul style="list-style-type: none"> <li>➤ Soidhnichean taobh a-muigh thoglaichean;</li> <li>➤ Soidhnichean ann an ionadan-fàilte;</li> <li>➤ Fiosrachadh do luchd-tadhail agus fiosrachadh poblach;</li> <li>➤ Soidhnichean stiùiridh taobh a-staigh agus taobh a-muigh thoglaichean;</li> <li>➤ Soidhnichean ag ainmeachadh roinnean agus oifisean;</li> <li>➤ Soidhnichean airson dorsan;</li> <li>➤ Soidhnichean sàbhailteachd teine, ciad-fhuasglaidh, agus eile, (far a bheil seo iomchaidh);</li> <li>➤ Soidhnichean airson àrdaichearan, taighean-beaga, fònaichean poblach, àitichean bìdh agus goireasan saor-ùine;</li> </ul> </li> </ul>	Àrd-oifigear agus Stiùirichean	Leantainneach
	<p><b>Soidhnichean Dà-chànanach:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Tro sgrùdaidhean, meudaichidh agus ùraichidh sinn soidhnichean dà-chànanach gu lèir taobh a-staigh agus taobh a-muigh thoglaichean na Comhairle gu lèir, le litreachadh sa Ghàidhlig aig an toiseach. Tha seo a' gabhail a-steach: <ul style="list-style-type: none"> <li>➤ Soidhnichean taobh a-muigh thoglaichean;</li> <li>➤ Soidhnichean ann an ionadan-fàilte;</li> <li>➤ Fiosrachadh do luchd-tadhail agus fiosrachadh poblach;</li> <li>➤ Soidhnichean stiùiridh taobh a-staigh agus taobh a-muigh thoglaichean;</li> <li>➤ Soidhnichean ag ainmeachadh roinnean agus oifisean;</li> <li>➤ Soidhnichean airson dorsan;</li> <li>➤ Soidhnichean sàbhailteachd teine, ciad-fhuasglaidh, agus eile, (far a bheil seo iomchaidh);</li> <li>➤ Soidhnichean airson àrdaichearan, taighean-beaga, fònaichean poblach, àitichean bìdh agus goireasan saor-ùine;</li> </ul> </li> </ul>	Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach

**DEARBH-AITHNE**

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<ul style="list-style-type: none"> <li>➤ Soidhnichean “Smocadh Toirmisgte”;</li> <li>➤ Soidhnichean CCTV;</li> <li>➤ Soidhnichean ann am pàircean chàraichean.</li> </ul> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Thèid na soidhnichean gu lèir a sgrìobhadh a rèir riaghaltan <i>Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig (GOC)</i>, agus thèid an dearbhadh le Sgioba na Gàidhlig.</li> <li>• Nì sinn cinnteach gun urrainnear soidhnichean dà-chànanach airson ùine ghoirid an cleachdadh sa bhad nuair a bhios feum air seo, tro bhith a’ cruthachadh stòr-data de shoidhnichean dà-chànanach. Bhiodh seo a’ gabhail a-steach, mar eisimpleir: <ul style="list-style-type: none"> <li>➤ Soidhnichean fiosrachaidh poblach airson ùine ghoirid;</li> <li>➤ Soidhnichean “A-mach à Òrdugh” no “Cleachdaibh an Doras Eile”;</li> <li>➤ Soidhnichean “Coinneamh a’ Gabhail Àite” no “Trèanadh a’ Gabhail Àite”;</li> <li>➤ Soidhnichean a’ sealltainn gu bheilear a’ cleachdadh rùm ann an dòigh eadar-dhealaichte airson ùine ghoirid, m.e. “Oifis Taghaidh” no “Ionad Bhòtaidh”;</li> <li>➤ Soidhnichean airson ùine ghoirid fhad ’s a thathar a’ dèanamh obair togail no ùrachaidh.</li> </ul> </li> <li>• Bidh sgrìobhadh air carbadan na Comhairle an-còmhnaidh dà-chànanach, le prìomhachas don Ghàidhlig.</li> <li>• Thèid soidhnichean dà-chànanach gu lèir ùrachadh nuair a tha feum air seo.</li> </ul>	<p>Sgioba na Gàidhlig</p> <p><b>Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Sgioba na Gàidhlig</b></p> <p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean</p> <p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean</p>	<p>Leantainneach</p> <p>Ro dheireadh 2013</p> <p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p>

DEARBH-AITHNE			
AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<p><b>Sluagh-ghairm Dà-chànanach:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Far a bheilear a’ cleachdadh sluagh-ghairm na Comhairle, “<i>Ag obair còmhla airson nan Eilean / Working together for the Western Isles</i>”, thèid an còmhnaidh a chleachdadh ann an riochd dà-chànanach, leis a’ Ghàidhlig a cheart cho mòr ’s cho follaiseach ’s a tha am Beurla.</li> <li>• Cuiridh sinn an t-sluagh-ghairm dà-chànanach seo ann am puist-d, a’ sealltainn dealas na Comhairle ri Gàidhlig.</li> </ul>	<p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean</p> <p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Ceannard Storas Daonna</p>	<p>Leantainneach</p> <p>Ro dheireadh 2013</p>
	<p><b>Prìomh Luachan:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Thèid Ro-innleachd Chorporra na Comhairle, agus Aithris Rùin agus Luachan a chur ann an riochd dà-chànanach.</li> </ul>	<p>Àrd-oifigear / Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Ro dheireadh 2013</p>

CONALTRADH			
AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<p>Dèan cinnteach gun urrainn dhan phoball</p>	<p><b>Fàilteachadh:</b></p>		

<b>CONALTRADH</b>			
<b>AMAS</b>	<b>GNÌOMHACHADH</b>	<b>OIFIGEAR(AN) AN URRA</b>	<b>RAON-AMA</b>
<b>seirbheisean na Comhairle fhaotainn tro mheadhan na Gàidhlig nam bu mhiann leotha.</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Bidh aon neach-obrach co-dhiù an-còmhnaidh ann an ionadan-fàilte ann an toglaichean na Comhairle, gus dèiligeadh ris a' phoball, aig a bheil sgilean Gàidhlig.</li> </ul>	<b>Stiùiriche Roinn Ionmhais agus Goireasan Corporra (IGC)</b>	Leantainneach
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Meudaichidh sinn an àireamh de shoidhnichean, air deasgaichean 's a leithid, a' sealltainn gu bheil luchd-obrach an làthair aig a bheil sgilean-labhairt na Gàidhlig.</li> </ul>	Stiùiriche IGC	Ro dheireadh 2013
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Thèid stiùireadh a thoirt do luchd-obrach aig nach eil sgilean Gàidhlig air ciamar am bu chòir dhaibh dèiligeadh ri ceistean bhon phoball ann an Gàidhlig, agus thèid am brosnachadh gu bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig.</li> </ul>	Stiùiriche IGC	Leantainneach
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cruthaichidh sinn liostaichean de luchd-obrach bho gach Roinn sa Chomhairle a bhiodh deònach dèiligeadh ri ceistean ann an Gàidhlig bhon phoball ann an àitichean-fàilteachaidh ann an toglaichean na Comhairle.</li> </ul>	Stiùiriche IGC	Ro dheireadh 2013
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Nì sinn brathan-stiùiridh airson nan oifisean air fad gum bu chòir dhan luchd-obrach Gàidhlig a chleachdadh cho tric 's as urrainn ann an conaltradh leis a' phoball.</li> </ul>	Stiùiriche IGC	Ro dheireadh 2013
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Bidh soidhnichean gu lèir agus sgàileanan fiosrachaidh no plasma sam bith ann an ionadan-fàilte ann an riochd dà-chànanach.</li> </ul>	<b>Stiùiriche IGC / Sgioba na Gàidhlig</b>	Ro dheireadh 2014
	<b>Fòn:</b>		
<ul style="list-style-type: none"> <li>Bidh aon neach-obrach co-dhiù an-còmhnaidh an làthair ann an</li> </ul>	Stiùiriche IGC	Leantainneach	

## CONALTRADH

CONALTRADH			
AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<p>toglaichean na Comhairle a bhruidhneas Gàidhlig air a fòn ma thèid iarraidh air.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Thèid stiùireadh a thoirt do luchd-obrach aig nach eil sgilean Gàidhlig air ciamar am bu chòir dhaibh dèiligeadh ri ceistean bhon phoball air a fòn ann an Gàidhlig, agus thèid am brosnachadh gu bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig.</li> <li>• Cruthaichidh sinn liostaichean de luchd-obrach bho gach Roinn sa Chomhairle as urrainnear gu furasta, tro thar-aiseag fòn, dèiligeadh ri ceistean bhon phoball no bho bhuidhnean eile ann an Gàidhlig, ma dh' fheumar sin.</li> <li>• Canaidh luchd-obrach na Comhairle na beannachdan, <i>Madainn mhath / Feasgar math</i> nuair a dh' fhreagras iad gach fòn na Comhairle fa leth, agus canaidh an fheadhainn aig nach eil sgilean Gàidhlig an uairsin, <i>How can I help you?</i> Thèid an luchd-obrach gun sgilean Gàidhlig a bhrosnachadh gu bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig.</li> <li>• Nì sinn brathan-stiùiridh airson nan oifisean air fad, gum bu chòir dhan luchd-obrach Gàidhlig a chleachdadh cho tric 's as urrainn ann an conaltradh air a fòn leis a' phoball.</li> <li>• Cruthaichidh sinn seirbheis freagairt dà-chànanach airson uairean neo-àbhaisteach ann an toglaichean na Comhairle.</li> </ul>	<p>Stiùiriche IGC</p> <p>Stiùiriche IGC</p> <p>Stiùiriche IGC</p> <p>Stiùiriche IGC</p> <p>Stiùiriche IGC</p>	<p>Leantainneach</p> <p>Ro dheireadh 2013</p> <p>Ro dheireadh 2013</p> <p>Ro dheireadh 2013</p> <p>Ro dheireadh 2013</p>
	<p><b>Litrichean agus Puist-d:</b></p>		



<b>CONALTRADH</b>			
<b>AMAS</b>	<b>GNÌOMHACHADH</b>	<b>OIFIGEAR(AN) AN URRA</b>	<b>RAON-AMA</b>
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Thèid freagairt ann an Gàidhlig a sgrìobhadh do litir no do cheist saorsa fiosrachaidh sam bith a chaidh a sgrìobhadh don Chomhairle sa Ghàidhlig.</li> <li>• Thèid freagairt ann an Gàidhlig a sgrìobhadh do phost-d sam bith a chaidh a sgrìobhadh don Chomhairle ann an Gàidhlig.</li> <li>• Thèid seirbheisean eadar-theangachaidh airson litrichean no puist-d ann an Gàidhlig a thabhann le Sgioba na Gàidhlig, a' gabhail a-steach an fheadhainn a gheibh Buill.</li> <li>• Freagraidh sinn litir no post-d sam bith ann an Gàidhlig taobh a-staigh an aon àm 's a thèid litir no post-d ann am Beurla a dh' fhreagairt.</li> <li>• Ann a bhith a' tòiseachadh conaltradh le duine no buidheann sam bith a tha àithnichte airson a bhith a' cur prìomhachas air conaltradh ann an Gàidhlig, thèid seo a dhèanamh sa Ghàidhlig, no ann an cruth dà-chànanach aig a' char as lugha.</li> <li>• Thèid stiùireadh a thoirt don luchd-obrach aig nach eil sgilean Gàidhlig air ciamar am bu chòir dhaibh dèiligeadh ri litrichean no puist-d Gàidhlig.</li> <li>• Nì sinn brathan-stiùiridh airson nan oifisean air fad, gum bu chòir dhan luchd-obrach Gàidhlig a chleachdadh cho tric 's as urrainn ann an conaltradh sgrìobhte leis a' phoball.</li> </ul>	<p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean</p>	<p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p> <p>Ro dheireadh 2013</p>

CONALTRADH			
AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Bidh sinn a' tabhann chlasaichean <i>Gaelic in the Workplace</i> airson an luchd-obrach a tha airson beannachdan agus abairtean Gàidhlig a chur ann an litrichean agus puist-d.</li> <li>Thèid fiosrachadh dà-chànanach an neach-obrach, freagairtean a-mach-à-oifis dà-chànanach, agus ainmean-sgrìobhte eileagtronaigeach dà-chànanach, no ann an Gàidhlig a-mhàin, a chruthachadh airson an fheadhainn a tha ag iarraidh seo. Cuideachd, thèid cleachdadh nan goireasan Gàidhlig seo a bhrosnachadh barrachd am measg an luchd-obrach.</li> <li>Brosnaichidh sinn cleachdadh theachdaireachdan dà-chànanach ann am puist-d an luchd-obrach, mar shluagh-ghairm dà-chànanach na Comhairle, no teachdaireachdan uaine a thaobh na h-àrainneachd, mar eisimpleir, mu dheidhinn clò-bhuailleadh phuist-d nuair nach eil feum air sin.</li> </ul>	<p><b>Sgioba na Gàidhlig / Western Isles Learning Shop</b></p> <p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean / <b>Sgioba na Gàidhlig</b></p> <p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean</p>	<p>Leantainneach</p> <p>Ro dheireadh 2013</p> <p>Ro dheireadh 2013</p>
	<p><b>Modh Gearain:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Nì sinn dreachd ùr dà-chànanach, as urrainnear lùghdachadh a-nuas, de dh' fhoirm-gearain na Comhairle.</li> <li>Ma gheibhear gearan sa Ghàidhlig ann an litir, nì gach Oifigear-gearain Roinneil cinnteach gun cuirear freagairt a-mach sa Ghàidhlig taobh a-staigh an aon àm 's a thèid gearan ann am Beurla a dh' fhreagairt.</li> <li>Ma gheibhear gearan sa Ghàidhlig ann am post-d, nì gach Oifigear-</li> </ul>	<p>Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean</p> <p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean</p>	<p>Ro dheireadh 2013</p> <p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p>

<b>CONALTRADH</b>			
<b>AMAS</b>	<b>GNÌOMHACHADH</b>	<b>OIFIGEAR(AN) AN URRA</b>	<b>RAON-AMA</b>
	<p>gearain Roinneil cinnteach gun cuirear freagairt a-mach sa Ghàidhlig taobh a-staigh an aon àm 's a thèid gearan ann am Beurla a dh'fhreagairt.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Ma gheibhear gearan sa Ghàidhlig air a fòn, thèid dèiligeadh ri seo leis an Oifigear-gearain Roinneil iomchaidh, no oifigear iomchaidh eile aig a bheil sgilean labhairt Gàidhlig. Ma dh' fheumar, thèid fòn a chur air ais, sa Ghàidhlig, chun neach a thog a' ghearain.</li> <li>• Thèid stiùireadh a thoirt do luchd-obrach aig nach eil sgilean Gàidhlig air ciamar a dèiligear ri gearanan a gheibhear ann an Gàidhlig.</li> </ul>	<p>/ Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean</p> <p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean</p>	<p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p>
	<p><b>Coinneamhan Poblach:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Nuair a thèid iarraidh oirnn, bheir sinn seachad seirbheisean eadar-theangachaidh mar-aon airson coinneamhan poblach sna coimhearsnachdan.</li> </ul>	<p>Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Ro dheireadh 2014</p>
	<p><b>Ceistean Eadar-theangachaidh:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Cumaidh Sgioba na Gàidhlig air a bhith a' toirt seachad seirbheis eadar-theangachadh na Gàidhlig do cheistean eadar-theangachaidh bhon phoball.</li> </ul>	<p>Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Leantainneach</p>
	<p><b>Gàidhlig agus Pròiseas Taghaidh:</b></p>		

CONALTRADH			
AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Leanaidh sinn le bhith a' cumail fiosrachadh ann an dàimh ri taghaidhean uàrd san dà chànan, agus leanaidh sinn le bhith a' toirt toradh thaghadhean ionadail agus nàiseanta san dà chànan.</li> </ul>	Oifigear-taghadh	Leantainneach
	<p><b>Seirbheisean eile a Dhèiligeas gu dìreach ri Luchd-cleachdaidh:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Nì sinn cinnteach gun tèid luchd-obrach an sàs ann a bhith a' lìbhrigeadh sreath farsaing de sheirbheisean eile a dhèiligeas gu dìreach ri luchd-cleachdaidh, (mar: chùram coimhearsnachd; seirbheisean luchd-ceannaich; spòrs agus cur-seachadan; seirbheisean leabharlainn, taigh-tasgaidh agus cultair; foghlam coimhearsnachd; agus ceartas eucoraich), a bhrosnachadh gus sgilean Gàidhlig a dh' ionnsachadh, a chleachdadh no a leasachadh.</li> </ul>	Manaidsear Sheirbheisean Luchd-cleachdaidh	Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana
	<p><b>Sgeama Baidse na Gàidhlig:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Tòisichidh sinn, a rèir measadh buaidh air co-ionannachd, sgeama baidse na Gàidhlig gus sealltainn cò am measg an luchd-obrach agus nam Ball aig a bheil sgilean Gàidhlig gus conaltradh na Gàidhlig a bhrosnachadh eadar an luchd-obrach, Buill agus am poball, an àite a bhith a' cleachdadh Beurla nuair a bhios teagamh ann a thaobh sgilean cànan. (Bhiodh baidisichean òrail aig fileantaich, agus baidisichean aigeach agus donn aig luchd-ionnsachaidh adhartach agus luchd-ionnsachaidh, fa leth. Thathar an dùil gum b' urrainnear, aig a' cheann thall, an sgeama seo a thòiseachadh sna coimhearsnachdan).</li> </ul>	Ceannard Storas Daonna	Ro dheireadh 2015

FOILLSEACHAIDHEAN			
AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<p>Dèan cinnteach gun tèid nas urrainn 's a ghabhas de shusbaint dhà-chànanach a chur ann am foillseachaidhean na Comhairle.</p>	<p><b>Foirmichean, Pàipearachd agus Foillseachaidhean:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Cruthaichidh sinn sreath nas motha de dh' foirmichean na Comhairle a tha rim faighinn ann an riochd dà-chànanach tro bhith sgrùdadh cleachdadh nam foirmichean an-dràsta.</li> <li>• Thèid stiùireadh a thoirt do luchd-obrach na Comhairle aig nach eil sgilean Gàidhlig air ciamar am bu chòir dhaibh dèiligeadh ri foirmichean air an lìonadh a-steach ann an Gàidhlig.</li> <li>• Bidh cinn-litrichean, bileagan-dùrachd agus cairtean-gnothachais gu lèir dà-chànanach.</li> <li>• Meudaichidh sinn susbaint dà-chànanach sreath de bhileagan no litrichean-fiosrachaidh, pàipearan-naidheachd, cuairtlitrichean, irisean no leabhranan, agus postairean a tha a' Chomhairle a' dèanamh.</li> <li>• Thèid aithisgean cudromach agus sgrìobhainnean poileasaidh a chur ann an riochd dà-chànanach.</li> <li>• Thèid cuireadhidhean oifigeil gu tachartasan gu lèir bhon Chomhairle a-mach ann an cruth dà-chànanach</li> <li>• Ma ghabhas e a dhèanamh, meudaichidh sinn susbaint Gàidhlig stuth lèir-chlaistinneach na Comhairle.</li> </ul>	<p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Ro dheireadh 2015</p>
		<p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean</p>	<p>Leantainneach</p>
		<p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean</p>	<p>Ro dheireadh 2013</p>
		<p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Ro dheireadh 2013</p>
		<p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Ro dheireadh 2013</p>
		<p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Leantainneach</p>
		<p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean</p>	<p>Ro dheireadh 2016</p>

FOILLSEACHAIDHEAN			
AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Thèid ainm na Comhairle a dh' fhoillseachadh gu follaiseach air bathar na Comhairle sam bith, a leithid cairtean-gnothachais, leabhraichean-latha, peanaichean-stòraidh, bratan-lucha, peanaichean, copanan, dulachan-iuchrach, cairtean-ballrachd no dìlseachd, strapaicean-amhaich do chairtean ID, no steigearan, agus bidh sinn ag amas air co-dhiù cuid de shusbaint sam bith a bhith ann an cruth dà-chànanach.</li> </ul>	<p>/ Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Sgioba na Gàidhlig</p>	Nuair a thèid an cruthachadh

FOILLSEACHAIDHEAN			
AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
Leasaich cleachdadh na Gàidhlig air làrach-lìn na Comhairle.	<p><b>Barrachd Ghàidhlig air an Làrach-lìn:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Bidh sinn ag amas air cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh gu mòr air làrach-lìn na Comhairle, agus far a bheil e iomchaidh, gur e Gàidhlig am prìomh roghainn cànan.</li> <li>Beachdaichidh sinn air am bu chòir dhuinn putan Gàidhlig a chur aig mullach duilleag-dachaigh na Comhairle, le ceangal gu dìreach do dhuilleag le fiosrachadh air cùisean Gàidhlig.</li> </ul>	<p>Ceannard TF / Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Ceannard TF</p>	<p>Ro dheireadh 2013</p> <p>Co-dhùnadh ro dheireadh 2013</p>

FOILLSEACHAIDHEAN			
AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Nì sinn an t-sluagh-ghairm dà-chànanach, “<i>Ag obair còmhla airson nan Eilean / Working together for the Western Isles</i>”, nas follaisiche air duilleagan làrach-lìn na Comhairle.</li> <li>Meudaichidh sinn susbaint na Gàidhlig a thaobh fiosrachadh maireannach, nach eil ag atharrachadh gu mòr, mu dheidhinn na Comhairle, a Roinnean, modhan deamocratach agus seirbheisean poblach. (Chan urrainn dha fiosrachadh a dh’ fheumar ùrachadh gu tric a bhith an còmhnaidh ann an riochd dà-chànanach).</li> <li>Bidh sinn ag amas air lethbhreacan dà-chànanach an cruthachadh de phoileasaidhean, aithisgean cudromach, brathan-naidheachd cudromach, ro-innleachdan, agus fiosrachadh dà-chànanach mu dheidhinn sgeamaichean agus pròiseactan anns am biodh ùidh aig a’ phoball.</li> <li>Bidh an ceangal gu faclair Gàidhlig-Beurla, Beurla-Gàidhlig ùghdarrasan ionadail, <i>Faclair airson Riaghaltas ionadail</i>, air an duilleag-dachaigh.</li> <li>Foillsichidh sinn geàrr-chunntasan de choinneamhan Comataidh Gàidhlig na Comhairle, <i>Comataidh Buileachaidh Plana Cànan</i>, air an duilleag-dachaigh, as urrainnear ruigsinn tro dhealbhadh “Comataidhean na Comhairle”.</li> </ul>	<p>Ceannard TF</p> <p><b>Ceannard TF / Sgioba na Gàidhlig</b></p> <p><b>Ceannard TF / Sgioba na Gàidhlig</b></p> <p>Ceannard TF</p> <p><b>Ceannard TF / Manaidsear Sheirbheisean Deamocratach</b></p>	<p>Ro dheireadh 2013</p> <p>Ro dheireadh 2013</p> <p>Thèid a leantainn rè teirm a’ Phlana</p> <p>Leantainneach</p> <p>Ro dheireadh 2013</p>
	<p><b>A’ Sealltainn Dealas don Ghàidhlig:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Thèid sealltainn gu soilleir air an làrach-lìn gu bheil dealas làidir aig a’</li> </ul>	<p>Ceannard TF</p>	<p>Ro dheireadh 2013</p>

FOILLSEACHAIDHEAN			
AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<p>Chomhairle do chleachdadh na Gàidhlig ann an seirbheisean na Comhairle, le iomraidhean far a bheil seo iomchaidh, air Poileasaidh Gàidhlig agus Plana Cànan Gàidhlig na Comhairle.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Nì a' Chomhairle tairgse for-gnìomhach air seirbheisean Gàidhlig don phoball air duilleag-dachaigh an làrach-lìn.</li> <li>Thèid ceangal dìreach don Phlana Cànan seo a chur air an duilleag-dachaigh.</li> </ul>	<p>Ceannard TF</p> <p>Ceannard TF</p>	<p>Ro dheireadh 2013</p> <p>Ro dheireadh 2013</p>
	<p><b>Blogaichean Gàidhlig agus Duilleag <i>Twitter</i>:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Bidh Sgioba na Gàidhlig ag amas air blog Gàidhlig a chruthachadh, agus/no duilleag <i>Twitter</i>, a bhiodh a' toirt seachad fiosrachadh a thaobh cùisean, naidheachdan agus ionnsachadh na Gàidhlig, le barrachd cheanglaichean gu buidhnean, làraich-lìn agus blogaichean Gàidhlig eile, mar <i>MyGaelic.com</i> agus <i>TirnamBlog.com</i>.</li> <li>Far a ghabhas e a dhèanamh, nochdaidh susbaint Gàidhlig ann am Blog a' Cheannaird.</li> </ul>	<p>Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Sgioba na Gàidhlig / Oifigear-conaltraidh Gàidhlig</p>	<p>Ro dheireadh 2014</p> <p>Ro dheireadh 2013</p>



FOILLSEACHAIDHEAN			
AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<p>Dèan cinnteach gu bheilear a' leantainn ro-innleachd conaltraidh dà-chànanach na Comhairle far a ghabhas seo a dhèanamh.</p>	<p><b>Brathan-naidheachd Dà-chànanach:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Leanaidh sinn oirnn le bhith a' cur a-mach an àireamh as motha de bhrathan-naidheachd dà-chànanach 's as urrainn, gu h-àraid an fheadhainn a bhiodh a bu chudromaiche don phoball, agus an fheadhainn a bhiodh a' dèiligeadh ri cùisean Gàidhlig.</li> <li>• Bidh dreuchd Neach-taic Conaltradh na Gàidhlig, a chaidh a chruthachadh bhon deach a' chiad chuairt den Phlana a chur an gnìomh, stèidhichte rè teirm dàrna cuairt a' Phlana, agus na dhèidh.</li> </ul>	<p>Oifigear-conaltraidh / Ofigear-conaltraidh Gàidhlig</p>	<p>Leantainneach</p> <p>'S dòcha gum feumar seo a dh'ath-sgrùdadh ma tha gainnead de dh'airgead ann.</p>
	<p><b>Trèanadh Mheadhanan na Gàidhlig:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Cuiridh sinn seisein-trèanaidh mheadhanan Gàidhlig air dòigh rè teirm a' Phlana dha Buill agus dha luchd-obrach aig a bheil ùidh annta.</li> <li>• Brosnachaidh sinn Buill, far a ghabhas e a dhèanamh, ann a bhith a' bruidhinn, co-dhiù, beagan Ghàidhlig aig tachartasan oifigeil, mar fhosglaidhean thoglaichean ùra, agus mar sin air adhart.</li> </ul>	<p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean</p> <p>Oifigear-conaltraidh Gàidhlig</p>	<p>Ro dheireadh 2013</p> <p>Leantainneach</p>

FOILLSEACHAIDHEAN			
AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
Dèan cinnteach gun tèid nas urrainn 's a ghabhas de shusbaint Ghàidhlig a chur ann an taisbeanaidhean na Comhairle.	<b>Taisbeanaidhean Dà-chànanach:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>Nì sinn cinnteach gun tèid nas urrainn 's a ghabhas de dh' fhiosrachadh agus de shoidhnichean a chur ann an riochd dà-chànanach ann an taisbeanaidhean na Comhairle.</li> <li>Bidh susbaint dà-chànanach sna brataichean-taisbeanaidh gu lèir aig a' Chomhairle.</li> </ul>	<p>Prìomh Oifigear Sheirbheisean Cultarach agus Fiosrachaidh / Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Prìomh Oifigear Sheirbheisean Cultarach agus Fiosrachaidh / Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p>
	<b>Mìneachadh Dà-chànanach:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>Nì sinn cinnteach gum bi fiosrachadh mìneachaidh dà-chànanach ann airson taisbeanaidhean nan taighean-tasgaidh gu lèir.</li> </ul>	<p>Prìomh Oifigear Sheirbheisean Cultarach agus Fiosrachaidh / Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Ro dheireadh 2014</p>

LUCHD-OBRAICH			
AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA

<b>LUCHD-OBRAICH</b>			
<b>AMAS</b>	<b>GNÌOMHACHADH</b>	<b>OIFIGEAR(AN) AN URRA</b>	<b>RAON-AMA</b>
<b>Tog Inbhe na Gàidhlig ann am pròiseas fastaidh.</b>	<b>Dreuchdan far am biodh Gàidhlig Buannachdail:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>An urra ri feumalachdan lagha, agus far an ceadaich èifeachdas seirbheis poblach, seallaidh sinn ri leudachadh a thoirt air dreuchdan sa Chomhairle far am biodh comasan Gàidhlig a chum buannachd.</li> <li>Mar thoradh air a' Chomhairle a bhith mar phàirt de shlighe fastaidh nàiseanta, chan eil e comasach aig an àm seo foirmean-iarrtais a lionadh a-steach sa Ghàidhlig.</li> </ul>	Ceannard Storas Daonna	Ro dheireadh 2015
	<b>Gàidhlig ann an Sanasachd Fastaidh:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>Bidh sanasan airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig riatanach ann an Gàidhlig a-mhàin.</li> <li>Ma cheadaicheas buidseatan, nì sinn cinnteach gum bi sanasan-fastaidh anns an dà chànan.</li> <li>Ann an sanasan-fastaidh, nì sinn follaiseach gu bheil Poileasaidh Gàidhlig aig a' Chomhairle.</li> </ul>	Ceannard Storas Daonna / Sgioba na Gàidhlig  Ceannard Storas Daonna / Sgioba na Gàidhlig  Ceannard Storas Daonna	Leantainneach  Ro dheireadh 2013  Ro dheireadh 2013

<b>SGRÙDADH PHOILEASIDHEAN</b>			
<b>AMAS</b>	<b>GNÌOMHACHADH</b>	<b>OIFIGEAR(AN) AN URRA</b>	<b>RAON-AMA</b>

<b>SGRÙDADH PHOILEASIDHEAN</b>			
<b>AMAS</b>	<b>GNÌOMHACHADH</b>	<b>OIFIGEAR(AN) AN URRA</b>	<b>RAON-AMA</b>
Dèan sgrùdadh air an droch bhuidh a dh' fhaodadh a bhith ann air seirbheisean no leasachadh na Gàidhlig a thaobh nan ceithir cuspairean seo nuair a thèid beachdachadh air poileasaidhean no ro-innleachdan ùra.	<p><b>Measaidhean air Buidh air Gàidhlig:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Thèid measaidhean a dhèanamh air an droch bhuidh a dh' fhaodadh a bhith ann air seirbheisean na Gàidhlig sa Chomhairle air sgàth poileasaidhean, ro-innleachdan no iomairtean ùra. Thèid seo a ghabhal a-steach mar phàirt den liosta-sgrùdaidh “cunnart” ann am beachdachadh air poileasaidhean.</li> </ul>	Àrd-oifigear agus Stiùirichean	Thèid a thòiseachadh ro dheireadh 2014

## **CAIBIDEIL 3 – Raointean-gnìomh Gàidhlig**

Tha na sia Raointean-gnìomh Gàidhlig a tha air an comharrachadh sa Chaibideil seo a' leanntainn gu dlùth an teamplaid air a chleachdadh le Bòrd na Gàidhlig sa *Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig*. Chaidh an comharrachadh oir thathar a' faireachdainn gu bheil iad deatamach gus cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig a mheudachadh, agus taic a chur ri cultar na Gàidhlig agus leasachadh cànan, an dà chuid taobh a-staigh na buidhne fhèin, agus sna coimhearsnachdan.

Mar a bhiodh dùil, tha na Raointean seo co-cheangailte ri chèile agus tha tar-iadh gu tric ann eatarra, agus tha iad a' gabhail a-steach sreath farsaing de dh' obair leasachadh na Gàidhlig. Tha na sia Raointean-gnìomh mar a leanas:

<b>1. Gàidhlig san Dachaigh</b>
<b>2. Gàidhlig ann am Foghlam agus Ionnsachadh</b>
<b>3. Gàidhlig ann an Coimhearsnachdan</b>
<b>4. Gàidhlig san Àite-obrach</b>
<b>5. Gàidhlig sna h-Ealain, sna Meadhanan agus ann an Dualchas</b>
<b>6. Dealbhadh Corpus don Ghàidhlig</b>

**Mar sin, tha na bùird-fiosrachaidh air duilleagan 37-83 a' sealltainn mar a tha a' Chomhairle airson taic a chur ri Gàidhlig agus an cànan a dh' ath-bheòthachadh, an dà chuid taobh a-staigh na Comhairle fhèin, agus sna coimhearsnachdan sna h-Eileanan Siar, a thaobh nan sia Raointean-gnìomh Gàidhlig. Thèid a dhèanamh gu soilleir cuideachd nuair a thathar a' faireachdainn gu bheil co-obrachadh le buidhnean leasachaidh Gàidhlig eile deatamach no freagarrach.**

# 1. GÀIDHLIG SAN DACHAIGH

## Suidheachadh Gnàthaichte:

Ann a bhith ag obair còmhla ri *NHS Eileanan Siar*, tha a' Chomhairle an sàs ann a bhith a' dèanamh *Phasgain Mhàthraichean Ùra* do phàrantan ùra sna h-Eileanan, a bhios a' cur cuideam air cho cudromach 's a tha dà-chànanas do leanaban òga, agus a' brosnachadh nam pàrantan gus an clann a chlàradh mar sgoilearan foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FMG). Tha làrach-lìn aig a' Chomhairle, *Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig* (<http://www.gaelicmediumeducation.com>), a bhios a' toirt seachad fiosrachadh mionaideach a thaobh buannachdan dà-chànanaise do chloinn, agus a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig sna dachaighean. Tha clasaichean obair-dachaigh na Gàidhlig do phàrantan le clann ann am FMG air a bhith a' ruith airson ùine mhòr, agus gheibh gach pàrant cothrom air prògram luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus lion-taic coimhearsnachd-ionnsachaidh. 'S urrainn dha pàrantan clasaichean Gàidhlig Ùlpan, aig diofar ìrean, a dhèanamh, a bhios gan toirt gu fileantas aig a' cheann thall, agus clasaichean *Gàidhlig san Dachaigh*, far a bheilear ag ionnsachadh na Gàidhlig ann an co-theacs an dachaigh. A bharrachd air seo, bidh a' Chomhairle ag obair gu dlùth le buidhnean Gàidhlig eile, mar *Chomunn na Gàidhlig (CnaG)*, *Comunn nam Pàrant (CnaP)*, agus *Cothrom*, gus cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh a bhrosnachadh tro, mar eisimpleir, *Sgeama Comhairle do Phàrantan* agus *Sgeama Tadhair Dhachaighean*, agus a thaobh *Iomairtean Gàidhlig CnaG* ann an Iar-thuath Leòdhais agus ann an Uibhist a Deas.

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
1.1 Cuir air adhart ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh.	<p><b>1.1.1 Meudachadh Tuigse air Buannachdan Dà-chànanaise:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Leanaidh sinn oirnn le bhith ag obair gu dlùth le <i>NHS Eileanan Siar</i> ann a bhith a' dèanamh <i>Phasgain Mhàthraichean Ùra</i>, a bhios a' cur cuideam air buannachdan dà-chànanaise do dh' inntinnean chloinne, agus a' brosnachadh phàrantan leanaban òga agus cloinne fo aois 6 ann a bhith a' clàradh an clann mar sgoilearan Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.</li> <li>• Cuiridh sinn air dòigh, bho bhuidseat coitcheann, leis ar Com-pàirtearan Dealbhadh Coimhearsnachd (CDC), iomairt farsaing a bhios a' meudachadh tuigse air buannachdan dà-chànanaise do chloinn, agus cho cudromach 's a tha e Gàidhlig a bhruidhinn san dachaigh gus tar-chur thar</li> </ul>	<p>Manaidsear Seirbheis Tràth-bhliadhnaichean</p> <p>Manaidsear Seirbheis Tràth-bhliadhnaichean</p>	<p>Leantainneach</p> <p>Ro dheireadh 2016</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<p>ginealaich na Gàidhlig a neartachadh.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Bidh sinn a' coimhead às dèidh agus ag ùrachadh ar làrach-lìn, <i>Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig</i>, a bhios a' mineachadh bhuannachdan dà-chànanaid do leasachadh inntinnean chloinne.</li> <li>Bidh sinn ag obair le, agus a' sireadh comhairle bho, mheur nan Eilean Siar de bhuidhean rannsachaidh Oilthigh Dhùn Èideann, <i>Bilingualism Matters</i>, gus an iomairt seo a neartachadh san dòigh as fheàrr.</li> </ul>	<p>Co-òrdanaiche Aonad Iomamheadhan</p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Leantainneach</p> <p>Ro dheireadh 2013</p>
	<p><b>1.1.2 Co-obrachadh le Buidhnean Gàidhlig Eile:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cumaidh sinn oirnn le bhith ag obair le, agus a' cur taic ri, buidhnean Gàidhlig eile, mar <i>Chomann nam Pàrant</i>, gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh san dachaigh, agus tro dh' iomairtean mar <i>Sgeama Comhairle do Phàrantan</i>, <i>Sgeama Tadhair Dhachaighean</i>, agus sgeamaichean <i>Iomairtean Gàidhlig CnaG</i>.</li> </ul>	<p>Manaidsear Seirbheis Tràth-bhliadhaichean</p>	<p>Leantainneach</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<p><b>1.2</b> Rannsaich carson nach bi cuid de phàrantan a' bruidhinn Gàidhlig ris an clann aig an taigh.</p>	<p><b>1.2.1 Sgrùdadh Bheachdan Phàrantan air Gàidhlig:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Nì sinn sgrùdadh air carson nach bi cuid de phàrantan aig a bheil sgilean Gàidhlig a' clàradh an clann mar sgoilearan FMG, no a' dèanamh barrachd oidhirp gus dèanamh cinnteach gun tachradh tar-chur thar ginealaich na Gàidhlig aig an taigh. Dh' fhaodadh clann ceisteachain a thoirt dhachaigh don phàrantan gus seo a dhèanamh.</li> </ul>	<p>Ceannardan-sgoile / Oifigear Leasachadh Càileachd</p>	<p>Ro dheireadh 2014</p>

- Bho na toraidhean, dh' fhaodar barrachd ro-innleachdan sònraichte a chur air dòigh gus foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus tar-chur thar ginealaich na Gàidhlig a bhrosnachadh am measg phàrantan le Gàidhlig, agus 's urrainnear cuideachd dèiligeadh ri duilgheadasan sam bith a thaobh solar no taic.

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<b>1.3</b> <b>Cuir taic ri pàrantan aig nach eil sgilean Gàidhlig, le clann ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, tro bhith a' solarachadh chothroman ionnsachaidh na Gàidhlig.</b>	<b>1.3.1 Clasaichean Gàidhlig <i>Ùlpan</i> do Phàrantan:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Gheibh gach pàrant cothrom air prògram luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, a' gabhail a-steach clasaichean <i>Ùlpan</i>, agus lìon-taic coimhearsnachd-ionnsachaidh, a bhiodh ri fhaighinn mar stòras do phàrantan aig am biodh ùidh ann a bhith a' leasachadh an sgilean cànan, an dà chuid labhairt agus sgrìobhte. Thèid sgrùdadh a dhèanamh air seo gach ràith.</li> <li>• Leanaidh sinn oirnn le bhith a' cur air dòigh, ag obair le oidean Gàidhlig Colaisde a' Chaisteil (CCL), solar nan clasaichean seo, agus trèanaidh sinn barrachd de dh' oidean <i>Ùlpan</i>.</li> </ul>	<p style="text-align: center;"><b>Manaidsear Ionnsachadh Taobh a-muigh na Sgoile</b></p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Ro dheireadh 2015</p> <p>Leantainneach</p>
	<b>1.3.2 Ag Ionnsachadh Gàidhlig aig an Taigh:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Ged a thathar a' cur taic ri clasaichean <i>Ùlpan</i> mar am prìomh dòigh-teagaisg cànan, bheir sinn taic ri iomairtean ionnsachaidh eile stèidhichte san dachaigh, mar <i>Gàidhlig san Dachaigh</i>, a chleachdas an dòigh-teagaisg <i>Total Immersion Plus (TIP)</i>, agus <i>Ionnsachadh Teaghlaich sna Hearadh</i>.</li> </ul>	<p>Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Leantainneach</p>



AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<p><b>1.3.3 Sgeama Tadhail Dhachaighean:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Bidh sinn a' cuideachadh ann a bhith fastadh barrachd luchd-obrach seiseanail airson an sgeama seo, (ag obair le <i>CnaG</i> agus <i>CnaP</i> mar phàirt de <i>Sgeama Comhairleachaidh nam Pàrant CnaG</i>), gus mothachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig àrdachadh.</li> </ul>	<p>Manaidsear Seirbheis Tràth-bhliadhnachan</p>	<p>Ro dheireadh 2014</p>
	<p><b>1.3.4 Ionnsachadh-teaghlaich Gàidhlig:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Leanaidh sinn oirnn le bhith a' cur air dòigh claisaichean <i>Gàidhlig do Phàrantan</i>, a bhios a' teagasg fhaclan agus abairtean Gàidhlig do phàrantan le clann ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, ach aig nach eil sgilean Gàidhlig aca fhèin, agus a bhios a' toirt taic do phàrantan gus cuideachadh le obair-dachaigh P1-P3.</li> <li>Air an làrach-lìn <i>Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig</i>, leanaidh sinn oirnn le bhith ag innse mu làrach-lìn nàiseanta <i>Gaelic4Parents.com</i>, a bhios a' solaradh chothroman ionnsachadh na Gàidhlig do phàrantan agus clann, tro bhith a' cleachdadh teacsa agus criomagan fuaime.</li> <li>Leanaidh sinn oirnn le bhith a' cur taic ri seachdainean shaor-laithean ionnsachadh na Gàidhlig gach samhradh, a leigeas dha clann P1-P7 seisein teagasg-ciùil aig fèisean ionadail a dh' frithealadh, fhad's a bhios am pàrantan a' frithealadh chlasaichean <i>Ùlpan</i>.</li> </ul>	<p><b>Manaidsear Ionnsachadh Taobh a-muigh na Sgoile</b></p> <p>Co-òrdanaiche Aonad Ioma-mheadhan</p> <p>Manaidsear Seirbheis Tràth-bhliadhnachan</p>	<p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<b>1.4</b> Dèan cinnteach gu bheil cùram-chloinne tro mheadhan na Gàidhlig ri fhaighinn ann an gach sgìre sgoile.	<b>1.4.1 Luchd Cùram-chloinne le Sgilean Gàidhlig:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>Nì sinn sgrùdadh, tro Sheirbheisean Bhliadhnachan Tràth, a rèir Sgìre Coimhearsnachd Ionnsachaidh (SCI), air an iarrtas a tha ann airson cùram-chloinne tro mheadhan na Gàidhlig sna h-Eileanan.</li> <li>Nì sinn liosta don phoball de luchd cùram-chloinne airson gach SCI, aig a bheil sgilean Gàidhlig, agus a tha airson taic a chur ri ionnsachadh na Gàidhlig san dachaigh, tro bhith a' toirt seachad seirbheisean cùram-chloinne tro mheadhan na Gàidhlig.</li> </ul>	<p>Manaidsear Seirbheis Tràth-bhliadhnachan</p> <p>Manaidsear Seirbheis Tràth-bhliadhnachan</p>	<p>Ro dheireadh 2014</p> <p>Ro dheireadh 2015</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<b>1.5</b> Cur taic ri cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaidh le bhith a' brosnachadh chur-seachadan Gàidhlig taobh a-muigh a' churaicealam airson clann agus teaghlaichean.	<b>1.5.1 Buidhnean Às Dèidh na Sgoile agus Buidhnean Shaor-làithean</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cuiridh sinn air bhonn buidhnean às dèidh na sgoile agus buidhnean shaor-làithean, a bhios a' cur air dòigh cur-seachadan tro mheadhan na Gàidhlig, le spòrs agus cur-seachadan teaghlaich nam measg.</li> <li>Cuiridh sinn air dòigh trèanadh Gàidhlig airson ceannardan bhuidhnean as dèidh na sgoile agus ceannardan bhuidhnean shaor-làithean</li> </ul>	<p>Manaidsear Seirbheis Tràth-bhliadhnachan</p> <p>Manaidsear Seirbheis Tràth-bhliadhnachan</p>	<p>Ro dheireadh 2014</p> <p>Ro dheireadh 2014</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<b>1.6</b> <b>Brosnaich leasachadh agus cleachdadh theicneolasan didseatach airson luchd-labhairt Gàidhlig òg.</b>	<b>1.6.1 Teicneolas Didseatach agus Ionnsachadh Gàidhlig:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Ag obair còmhla ri sgoiltean, rannsaichidh sinn na dòighean anns an tèid teicneòlasan nuadh, leithid meadhanan sòisealta air-loidhne, podcastan co-chonaltraidhean-lìn, Skype, leabraichean-d agus foillseachaidhean-d eile, agus aplacaidean airson tablaidean agus smart-fònaichean, a chleachdadh ann an ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig am measg clann sgoile nan Eilean Siar, an dà chuid san sgoil agus san dachaigh.</li> </ul>	<b>Oifigear Leasachadh Càileachd / Co-òrdanaiche Aonad Ioma-mheadhan</b>	Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana
	<b>1.6.2 Òigridh agus Meadhanan Air-loidhne Sòisealta Gàidhlig:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Bidh sinn a' brosnachadh stèidheachadh dhuilleagan <i>Facebook</i> anns a' Ghàidhlig airson sgoilearan anns na h-Eileanan an Iar, gus cleachdadh Gàidhlig air taobh a-muigh na sgoile a bhrosnachadh, agus gus fios a chumail ri buill mu thachartasan ceangailte ri Gàidhlig no cothroman ionnsachaidh.</li> <li>• Bidh sinn ag obair le buidhnean nàiseanta Gàidhlig agus le buidhnean eile ann a bhith a' leasachadh teicneolas ceangailte ri cur seachadan sa Ghàidhlig, a ghabhas cleachdadh le luchd-labhairt Gàidhlig òg, leithid <i>Abairleat.com</i>, lionra sòisealta airson luchd-labhairt Gaeilge, a chaidh a chur air bhonn an 2012.</li> </ul>	<b>Oifigear Leasachadh Càileachd / Co-òrdanaiche Aonad Ioma-mheadhan</b>  <b>Oifigear Leasachadh Càileachd / Co-òrdanaiche Aonad Ioma-mheadhan</b>	Ro dheireadh 2015  Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana

## 2. GÀIDHLIG ANN AM FOGHLAM AGUS IONNSACHADH

### **Suidheachadh Gnàthaichte:**

Tha a' Chomhairle a' cur foghlam tro mheadhan na Gàidhlig aig teas-mheadhan solar foghlaim anns na h-Eileanan an Iar. An-dràsta tha 20 sgoiltean-àraich ro-sgoile a' tabhann Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG), cho math ri 15 com-pàirtichean solair Chròileagain, agus 20 bun-sgoil sna h-Eileanan an Iar a' tabhann FMG. Tha e cuideachd ri fhaotainn mar chànan teagaisg ann an diofar chuspairean sna ceithir àrd-sgoiltean sna h-Eileanan, nam measg; matamataig, eachdraidh, cruinn-eòlas agus saidheans. Tha FMG ga brosnachadh le Roinn an Fhoghlaim tron *Phlana Gàidhlig 2011-14*, làrach-linn *Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig*, *Lathaichean Fiosrachaidh na Gàidhlig* bliadhnail agus Pasganan Mhàthraichean Ùra, far a bheil pàrantan ùra a' faighinn fiosrachadh mu bhuannachdan dà-chànanas airson leasachadh inntinn chloinne. Tha a' Chomhairle ag amas gum bi 55% de chlann ann am P1 ann am FMG ro dheireadh 2014. Tha goireasan ionnsachaidh Gàidhlig air-loidhne gam brosnachadh, agus faodaidh sgoilearan Gàidhlig a thaghadh mar chuspair anns a h-uile àrd-sgoil sna h-Eileanan. Tha teagasg ciùil agus dràma cuideachd rim faotainn. A bharrachd air seo, tha a' Chomhairle a' toirt taic do phròiseact CnaG, ann an co-obrachadh le CCL, gus barrachd teagaisg *Ùlpan* a solaradh do sgoilearan S2 nach eil fileanta sa Ghàidhlig, agus a tha airson Gàidhlig a thaghadh mar chuspair S3. Thèid na clasaichean a libhrigeadh le oileanaich cèim CCL. Cuideachd, tha luchd-obrach foghlaim, nam measg tidsearan nach eil fileanta no litearra sa Ghàidhlig, gam brosnachadh tron *Phlana Gàidhlig* gus clasaichean *Ùlpan* a dhèanamh, nam measg cùrsaichean còmhnaidheach, (airson diofar ìrean fileantachd), agus clasaichean *Gràmar na Gàidhlig* airson luchd-labhairt fileanta a tha airson an cuid sgilean sgrìobhaidh sa Ghàidhlig a thoirt air adhart. Tha seirbheisean altram-chloinne Gàidhlig clàraichte, agus buidhnean às-dèidh na sgoile Gàidhlig cuideachd gan tabhann leis a' Chomhairle.

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<b>2.1</b> <b>Brosnaich foghlam ro-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig, agus tabhann foghlam ro-sgoile Gàidhlig a ann an gach ceàrnaidh sgoile.</b>	<b>2.1.1 Taic a chur ri Foghlaim Ro-sgoile Meadhan na Gàidhlig agus na h-Àireamhan Àrdachadh:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cumaidh sinn oirnn a' brosnachadh foghlam ro-sgoile Gàidhlig agus buannachdan da-chànanas tràth airson clann tro <i>Lathaichean Fiosrachaidh na Gàidhlig</i>, "Gaelic Fun Afternoons", (ag obair còmhla ri CnaG), Pasganan Mhàthraichean Ùra, agus mar sin air adhart, agus cumaidh sinn oirnn a' cur taic ri obair 20 sgoiltean-àraich ro-sgoile a tha a' tabhann FMG.</li> </ul>	Manaidsear Seirbheis Tràth-bhliadhnachan	Leantainneach
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuiridh sinn air dòigh, le ar Com-pàirtichean Dealbhachaidh</li> </ul>	Manaidsear	Ro dheireadh 2016

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<p>Coimhearsnachd, iomairt togail-aire fharsaing a' comharrachadh bhuannachdan dà-chànanas tràth do chlann. [Faic 1.1.1]</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Crìochnaichidh sinn sgrùdadh iarrtais airson cùram-chloinne Gàidhlig a rèir Sgìrean Ionnsachaidh Coimhearsnachd. [Faic 1.4.1]</li> <li>• Cumaidh sinn oirnn ag obair le ar com-pàirtichean, na Cròileagain agus buidhnean-cluich eile, ann a bhith a' libhrigeadh foghlam ro-sgoile tro mheadhan na Gàidhlig.</li> <li>• Cumaidh sinn oirnn a' cur taic ri pròiseactan a tha ag ullachadh taic ionnsachaidh ann an Gàidhlig, leithid pròiseactan "<i>Cànan tro Cheòl</i>" agus <i>Ciste Ciùil Young Musicians Hebrides</i>, a tha a' cleachdadh luchd-ciùil coimhearsnachd airson cùrsaichean ciùil Gàidhlig as urrainnear luchdachadh a-nuas airson clann aois 0-3 agus 3-5 bliadhna.</li> </ul>	<p>Seirbheis Tràth-bhliadhnaichean</p> <p>Manaidsear Seirbheis Tràth-bhliadhnaichean</p> <p>Manaidsear Seirbheis Tràth-bhliadhnaichean</p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Ro dheireadh 2014</p> <p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p>
	<p><b>2.1.2 Seirbheisean Leudaichte Meadhan na Gàidhlig:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Ullaichidh sinn seirbheisean leudaichte air fad tro mheadhan na Gàidhlig ann an sgìrean dùthchail, agus leudaichidh sinn solar ann an sgìre Steòrnabhaigh. Bhiodh seo a' toirt a-steach altram chloinne, cùram iomlan, solar às dèidh na sgoile, buidhnean shaor-làithean, agus mar sin air adhart.</li> </ul>	<p>Manaidsear Seirbheis Tràth-bhliadhnaichean</p>	<p>By end of 2014</p>
	<p><b>2.1.3 Cur-seachadan Teaghlaich Meadhan na Gàidhlig:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Brosnaichidh sinn cur-seachadan teaghlaich ann an Gàidhlig anns gach Sgìre Coimhearsnachd Ionnsachaidh.</li> </ul>	<p>Ceannard Sgioba Foghlam Coimhearsnachd</p>	<p>By end of 2014</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Bidh sinn a' co-òrdanachadh agus a' cur taic ri leasachadh taic airson bhuidhnean phàrantan agus cloinne Gàidhlig, mar <i>Phàrant is Pàiste</i>.</li> </ul>	<b>Manaidsear Seirbheis Tràth-bhliadhnaichean / Sgioba Ionnsachadh Coimhearsnachd agus Leasachaidh</b>	By end of 2014

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<b>2.2 Àrdaich an àireamh de chlann ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig sna h-Eileanan.</b>	<b>2.2.1 Ag Àrdachadh Chlàraidhean P1 ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>Bidh sinn ag amas gum bi co-dhiù 55% de chlàraidhean am P1 anns na h-Eileanan ann am FMG.</li> <li>Airson seo a choileanadh, nì sinn cinnteach gum bithear a' toirt a' chothroim do gach pàrant ùr, agus pàrantan chloinne ro aois 6, an leanabhan aca an clàradh ann am FMG, agus ullaichidh sinn pasganan taic FMG airson nam pàrantan seo.</li> <li>Bidh targaidean 3-bliadhna againn stèidhichte air ìrean in-ghabhail gu FMG anns na h-Eileanan, agus cuiridh sinn air dòigh iomairtean mheadhanan freagarrach a thogas aire dhaoine mu na buannachdan a tha an lùib dà-chànanas agus FMG airson clann. Bithear ag ath-sgrùdadh seo gach ràith.</li> <li>Àrdaichidh sinn clàraidhean FMG ann an sgìre Steòrnabhaigh, (an sgìre leis an àireamh-sluaigh as àirde sna h-Eileanan), de 10% gach bliadhna</li> </ul>	<b>Manaidsear Seirbheis Tràth-bhliadhnaichean</b>  <b>Manaidsear Seirbheis Tràth-bhliadhnaichean</b>  <b>Manaidsear Seirbheis Tràth-bhliadhnaichean</b>  <b>Manaidsear Seirbheis Tràth-</b>	Ro dheireadh 2017  Ro dheireadh 2014  Thèid a bhuileachadh nuair a tha seo freagarrach  Leantainneach

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<p>thairis air an ath chòig bliadhna. Cuiridh sinn air dòigh iomairt fastaidh freagarrach, a bhios ga ath-sgrùdadh gach ràith.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Nì sinn suirbhidhean air na h-adhbharan airson 's nach bi pàrantan a' taghadh FMG airson an cuid cloinne. [Faic 1.2.1]</li> <li>Obraichidh sinn le <i>Comann nam Pàrant</i>, <i>Comunn na Gàidhlig</i>, agus buidhnean Gàidhlig eile, gus barrachd taic a thoirt dha pàrantan chloinne am FMG, no pàrantan a tha am beachd an clann a chlàradh ann am FMG.</li> </ul>	<p><b>bhliadhnaichean</b></p> <p><b>Ceannardan-sgoile / Oifigear Leasachadh Càileachd</b></p> <p><b>Manaidsear Seirbheis Tràth-bhliadhnaichean / Sgioba na Gàidhlig</b></p>	<p>Ro dheireadh 2014</p> <p>Leantainneach</p>
	<p><b>2.2.2 Clann air Clas 7 sa Bhun-sgoil ann am FMG:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Bidh sinn ag amas gum bi co-dhiù 55% de chlann air clas 7 sa bhun-sgoil sna h-Eileanan ann am FMG.</li> <li>Ullaichidh sinn sgrùdadh adhartas sgoilearan gach ràith, agus bheir sinn fiosrachadh mu adhartas seachad do phàrantan cloinne ann am FMG.</li> <li>Cumaidh sinn oirnn le ar n-iomairt fastaidh airson luchd-obrach FMG.</li> <li>Cuiridh sinn air dòigh siostam rabhaidh tràth airson pàrantan sam bith a tha am beachd an cuid cloinne a thoirt a-mach à FMG, agus nì sinn sgrùdadh air carson a bhios pàrantan a' dèanamh seo.</li> <li>Thèid pròiseas measaidh chunbhalach agus tighinn a-steach a</li> </ul>	<p><b>Ceannard Sheirbheisean Cloinne agus Stòrais</b></p> <p><b>Ceannardan-sgoile / Oifigear Leasachadh Càileachd</b></p> <p><b>Ceannard Sheirbheisean Cloinne agus Stòrais</b></p> <p><b>Ceannardan-sgoile / Oifigear Leasachadh Càileachd</b></p> <p><b>Ceannardan-sgoile /</b></p>	<p>Ro dheireadh 2015</p> <p>Ro dheireadh 2015</p> <p>Leantainneach</p> <p>Ro dheireadh 2014</p> <p>Leantainneach</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	chleachdadh gus taic a chur ri Feumalachdan Taic a bharrachd (ASNan) na cloinne gu lèir, a' gabhail a-steach a' chlann ann am FMG.	Prìomh Neach-teagaisg Taic-ionnsachaidh	

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<b>2.3 Brosnaich ionnsachadh na Gàidhlig ann an àrd-sgoiltean, agus libhrig foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an sreath nas fharsainge de chuspairean ann an àrd-sgoiltean.</b>	<b>2.3.1 Cuspairean gan Teagasg tro Ghàidhlig an Àrd Sgoiltean:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>Nì sinn cinnteach, cho math ri Gàidhlig fhèin, gum bi FMG ri fhaotainn anns gach àrd-sgoil S1-S6 sna h-Eileanan suas chun 3mh bliadhna gu ruig 2014, anns na cuspairean a leanas: matamataig; eachdraidh; cruinn-eòlas; nuadh-eòlas; saidheans; FPS (foghlam pearsanta agus sòisealta); eaconomaidh-dhachaigh; agus eòlas-mheadhanan.</li> <li>Gus seo a thoirt gu buil, nì sinn an toiseach sgrùdadh air an t-suidheachadh anns gach sgoil a thaobh FMG, nì sinn co-chomhairleachadh le pàrantan agus sgoilearan FMG, agus aontaichidh sinn prògram adhartach FMG a thaobh nan cuspairean seo. Bidh seo ga ath-sgrùdadh gach ràith.</li> </ul>	<p>Oifigear Leasachadh Càileachd</p> <p>Ceannardan-sgoile</p>	<p>Ro dheireadh 2014</p> <p>Ro dheireadh 2014</p>
	<b>2.3.2 Cuir air adhart Gàidhlig mar Chuspair ann an Àrd-sgoiltean:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cumaidh sinn oirnn le bhith a' libhrigeadh, mar chuspairean riatanach, clasaichen Gàidhlig do dh' fhileantaich agus do luchd-ionnsachaidh air a' chiad trì bhliadhna sna h-àrd-sgoiltean gu lèir sna h-Eileanan, (S1-S3), mar phàirt den <i>Churraicealam airson Sàr-mhathais</i>, Ìrean 2 agus 3. (Chan eil seo a' gabhail a-steach an àireamh glè bheag de sgoilearan aig a bheil feumalachdan taice sònraichte, no a tha ann an</li> </ul>	<p>Ceannard Sheirbheisean Cloinne agus Stòrais</p>	<p>Leantainneach</p>



AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<p>suidheachaidhean sònraichte eile a chuireas bachadh air ionnsachadh na Gàidhlig).</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>An dèidh sin, thèid sgoilearan a bhrosnachadh gus leantainn orra ag ionnsachadh na Gàidhlig mar phàirt den coir air cànan.</li> </ul>	Ceannardan-sgoile	Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana
	<p><b>2.3.3 Teagasg a Bharrachd tro Mheadhan na Gàidhlig do Sgoilearan:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cho math ri bhith a' tabhann Gàidhlig mar chuspair anns gach àrd sgoil sna h-Eileanan, cuiridh sinn air dòigh sgeama dearbhaidh gus barrachd oideachaidh Gàidhlig agus cleachdadh conaltraidh a thabhann ann an sgoiltean airson luchd-ionnsaichidh Gàidhlig. Bidh seo ga thoirt seachad le sgoilearan CCL a tha a' dèanamh ceum ann an Gàidhlig.</li> </ul>	Oifigear Leasachadh Càileachd / Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<p><b>2.4</b> Dèan cinnteach gum bi a' chuid as motha de dhaoine òga a' gabhail pàirt ann an cultar agus ealain na Gàidhlig.</p>	<p><b>2.4.1 Daoine Òga agus Ealain am Meadhan na Gàidhlig agus Cur-seachadan Eile:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Bidh sinn ag amas gum bi co-dhiù 60% de dhaoine òga anns na h-Eileanan an sàs ann an cur-seachadan ceangailte ri cultar na Gàidhlig, nam measg, ceòl traidiseanta na Gàidhlig, seinn agus sgrìobhadh òrain, gabhail pàirt anns a' Mhòd Ionadail, agus cur-seachadan rosg, bàrdachd agus dràma Gàidhlig.</li> <li>Gus seo a dhèanamh, nì sinn sgrùdadh air ùidhean òigridh, dearbhaidh sinn an solar gnàthaichte, agus lìonaidh sinn beàrnan sam bith san t-solar</li> </ul>	<p>Ceannard Sgioba Foghlam Coimhearsnachd</p> <p>Ceannardan-sgoile</p>	<p>Ro dheireadh 2015</p> <p>Ro dheireadh 2014</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<p>sin.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Ullaichidh sinn iomairt fastaidh a bhios ag amas air na h-àireamhan de dh'òigridh an sàs an cur-seachadan cultar na Gàidhlig àrdachadh. Bithear a' dèanamh ath-sgrùdadh air seo gach ràith.</li> <li>• Cumaidh sinn oirnn a' brosnachadh agus a' cur taic ri com-pàirteachadh sgoilearan ann an cur-seachadan ciùil tro mheadhan na Gàidhlig, leithid fèisean, Mòdan ionadail agus nàiseanta, an co-fharpais nàiseanta fhilmichean ghoirid bhliadhnail, <i>Film G</i>, agus an co-fharpais nàiseanta deasbaireachd bhliadhnail, <i>Deasbad BT Alba</i>.</li> <li>• Cumaidh sinn oirnn ag ullachadh phròiseactan ealain tro mheadhan na Gàidhlig, leithid pròiseact <i>Cleas</i>, a tha a' tabhann bhùthan-obrach tro mheadhan na Gàidhlig airson clann aois 12 gu 18 a tha airson ionnsachadh mu riochdachadh T.bh agus Fiolm, agus pròiseact <i>Bho Dhuilleag gu Cleas</i>, a tha a' toirt a-steach sgrìobadh, cleasachd, agus riochdachadh dealbhan-cluiche sgoile airson na coimhearsnachd.</li> </ul>	<p><b>Ceannardan-sgoile</b></p> <p><b>Sgioba Ionnsachaidh agus Leasachaidh Coimhearsnachd/ Sgioba na Gàidhlig</b></p> <p><b>Sgioba Ionnsachaidh agus Leasachaidh Coimhearsnachd / Sgioba na Gàidhlig</b></p>	<p>Ro dheireadh 2015</p> <p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<p><b>2.5</b> Dèan cinnteach gu bheil cothrom aig gach duine òg air teagasg beòil Gàidhlig ann an ionnsachadh leudaichte agus cur-seachadan taobh a-muigh a'</p>	<p><b>2.5.1 Ionnsachadh Coimhearsnachd, Buidhnean Òigridh, Eòlas Obrach:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Bidh sinn ag amas gum bi cothrom aig gach duine òg air teagasg beòil Gàidhlig ann an ionnsachadh leudaichte, agus bidh sin a' toirt a-steach ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd, buidhnean òigridh, eòlas obrach agus cur-seachadan còmhnaidheach.</li> </ul>	<p><b>Manaidsear Ionnsachadh Taobh a-muigh na Sgoile/ Ceannard Sgioba Foghlam Coimhearsnachd</b></p>	<p>Ro dheireadh 2016</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<b>churaicealam.</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Gus seo a dhèanamh, ainmichidh sinn diofar ghoireasan agus sheirbheisean tro mheadhan na Gàidhlig, agus chì sinn a bheil ùidh aig daoine òga annta mus tèid an tabhann. Bidh sinn ag obair gu dlùth le <i>Comainn Bhuidhnean Òigridh Leòdhas, Na Hearadh agus Uibhist agus Barraigh</i>, gus leasachadh diofar chur-seachadan tro mheadhan na Gàidhlig. [Faic 3.2.2.]</li> <li>Bidh sinn a' fastadh dhaoine òga, agus bheir sinn trèanadh dha barrachd luchd-obrach airson iad seo a libhrigeadh.</li> <li>Leasaichidh sinn cùrsaichean Gàidhlig coimhearsnachd, leithid clasaichean Ùlpan, airson daoine òga gun chomas Gàidhlig a bhruidhinn, gus an tèid na sgilean cànan aca leasachadh ann an suidheachaidhean sòisealta agus suidheachaidhean eile.</li> </ul>	<p>Manaidsear Ionnsachadh Taobh a-muigh na Sgoile</p> <p>Manaidsear Ionnsachadh Taobh a-muigh na Sgoile / Manaidsear Ionnsachadh Coimhearsnachd agus Leasachaidh</p> <p>Manaidsear Ionnsachadh Taobh a-muigh na Sgoile / Oifigear Leasachadh Càileachd</p>	<p>Ro dheireadh 2015</p> <p>Ro dheireadh 2015</p> <p>Ro dheireadh 2014</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<b>2.6 Cùm oirnn a bhith a' cur taic ri goireasan ionnsachaidh ùra sa Ghàidhlig, agus dèan cinnteach gu bheil fios aig luchd-obrach agus sgoilearan mu dheidhinn nan goireasan a tha rim</b>	<p><b>2.6.1 Goireasan Air-loidhne agus Goireasan Ionnsachadh Didseatach:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Comharraichidh sinn goireasan ionnsaichidh didseatach agus goireasan air-loidhne, nì sinn suirbhidh gach bliadhna air na goireasan ionnsachaidh agus teicneolasan ùra, agus comharraichidh sinn luchd-obrach a bu chòir a bhith eòlach air na leasachaidhean seo.</li> </ul>	<p>Oifigear Leasachadh Càileachd / Co-òrdanaiche Aonad Ioma-mheadhan</p>	<p>Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana</p>

faotainn.	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuiridh sinn mun cùirt fiosrachadh mu ghoireasan didseatach agus ghoireasan air-loidhne Gàidhlig, agus cuiridh sinn fios cuideachd gu luchd-obrach agus pàrantan cloinne ann am FMG mu na goireasan seo.</li> </ul>	Oifigear Leasachadh Càileachd / Co-òrdanaiche Aonad Ioma-mheadhan	Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Dearbhaidh sinn na goireasan ioma-mheadhanan a tha a dhìth air luchd-obrach, leasaichidh sinn fuasglaidhean FTC an sgoiltean far nach eil tidsear ann, agus bheir sinn air adhart molaidhean Buidheann Buileachaidh FTC Àrd Sgoiltean nàiseanta.</li> </ul>	Oifigear Leasachadh Càileachd / Co-òrdanaiche Aonad Ioma-mheadhan	Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Brosnaichidh sinn ionnsachadh Gàidhlig tro chleachdadh teicneòlas didseatach, mar <i>Glow</i>, tro phodcastan, co-chonaltraidhean-lìn, <i>Skype</i>, leabraichean-d agus foillseachaidhean-d eile, tro aplacaidean airson tablaidean agus smart-fònaichean, agus tro mheadhanan sòisealta air-loidhne leithid <i>Twitter</i> agus <i>Facebook</i>, nuair a bhios seo freagarrach.</li> </ul>	Oifigear Leasachadh Càileachd / Co-òrdanaiche Aonad Ioma-mheadhan	Ro dheireadh 2015

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
2.7 Dèan cinnteach gu bheil cothrom aig gach neach-obrach air cothroman ionnsachadh na Gàidhlig.	<b>2.7.1 Prògram Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig airson Luchd-obrach (PLGL):</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>Nì sinn cinnteach gum bi cothrom aig gach neach-obrach air PLGL, le diofar roghainnean a thaobh an ùidhean agus feumalachdan. Bidh seo ga ath-sgrùdadh gach ràith.</li> <li>Ullaichidh sinn cùrsa Trèanaidh airson Luchd-trèanaidh PLGL, gus am bi barrachd luchd-trèanaidh PLGL againn.</li> </ul>	Manaidsear Leasachadh Càileachd	Ro dheireadh 2014
	<b>2.7.2 Clasaichean Ùlpan agus Clasaichean Gràmair don Luchd-</b>		Manaidsear Leasachadh Càileachd

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<p><b>obrach:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Ni sinn cinnteach gum bi gach neach-obrach, ma bhios feum, gam brosnachadh gus clasaichean <i>Ùlpan</i> a ghabhail, airson duine aig gach ìre fileantachd, agus/no cothroman ionnsachaidh sgrìobhaidh airson luchd-labhairt fileanta, tro chlasaichean <i>Gràmar na Gàidhlig</i>.</li> <li>• Tha an dà chothrom ionnsachaidh seo gan toirt seachad le oidean Gàidhlig Colaisde a' Chaisteil, agus nì sinn cinnteach gum bi na clasaichean seo fhathast gam maoinachadh, agus gum bi iad fhathast a' gabhail àite an togalaichean sgoile no togalaichean na Comhairle, no mar chùrsaichean còmhnaidheach.</li> <li>• Cumaidh sinn oirnn le bhith ag obair gu dlùth le buidhnean maoinachaidh Gàidhlig agus CCL ann a bhith a' leasachadh cùrsaichean ùra Gàidhlig do luchd-teagaisg, 's mathaid a' gabhail a-steach teisteanasan Ùghdarras Teisteanais na h-Alba (UTA).</li> </ul>	<p><b>Manaidsear Leasachadh Càileachd / Sgioba na Gàidhlig</b></p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p>

### 3. GÀIDHLIG AGUS COIMHEARSNACHDAN

#### Suidheachadh Gnàthaichte:

Tha a' Chomhairle ag aithneachadh agus a' cur taic ri cho cudromach 's a tha cànan agus cultar na Gàidhlig anns na h-Eileanan an Iar. Tha seo ri fhaicinn ann an *Ro-innleachd Ionnsachadh Coimhearsnachd agus Leasachadh* na Comhairle, a tha a' cur air adhart ionnsachadh Gàidhlig sna h-Eileanan. Mar sin dheth, tha clasaichean Gàidhlig coimhearsnachd, gan cur air dòigh le Sgioba na Gàidhlig agus seirbheis Foghlam Coimhearsnachd, rim faotainn tro na h-Eileanan. An-dràsta, tha mòran chlasaichean Ùlpan agus clasaichean luchd-ionnsachaidh Foghlam Coimhearsnachd gan cumail sna h-Eileanan, agus tha cruinneachaidhean farsaing de leabhraichean agus goireasan Gàidhlig ann an sia leabharlannan coimhearsnachd sna h-Eileanan. A bharrachd air seo, tha a' Chomhairle a' cur taic ri pròiseactan coimhearsnachd anns a bheil Gàidhlig ga chleachdadh no ga ionnsachadh, tro a Maoin Phròiseactan Beaga Gàidhlig. A thaobh sheirbheisean coimhearsnachd, tha barrachd air 500 luchd-obrach Sheirbheisean Coimhearsnachd agus Sòisealta a' conaltradh sa Ghàidhlig le daoine air feadh nan Eilean, ann an dachaighean cùraim, seirbheisean cùram dachaidh, agus mar sin air adhart. Thathar a' brosnachadh luchd-obrach gun sgilean Gàidhlig cùrsaichean Gàidhlig a dhèanamh. Tha seirbheis Foghlam Coimhearsnachd cuideachd a' cur air dòigh cur-seachadan òigridh Gàidhlig air feadh nan Eilean, ann an co-bhann le iomairtean coimhearsnachd, agus chaidh neach-obrach fhadth ann an 2012 airson Loch a Tuath agus nan sgìrean mun cuairt, (an sgìre leis an àireamh sluaigh as àirde anns na h-Eileanan an Iar), gus diofar chur-seachadan Gàidhlig òigridh a cho-òrdanachadh. Tha Gàidhlig cuideachd ri fhaicinn air feadh nan Eilean ann an cruth shoidhnichean dà-chànanach agus Gàidhlig a-mhàin. A thaobh eaconamaidh nan Eilean, tha a' Chomhairle cuideachd a' cur taic ri fàs gnìomh eaconamach ann an coimhearsnachdan tro iomairtean *Fosglan Gnothachais* agus *Fosglan Coimhearsnachd*, a tha a' tabhann comhairle agus taic-airgid airson gnothachasan, nam measg, turasachd cultarach agus gnothachasan eile le fòcas làidir air Gàidhlig, agus tha i a' leanntainn oirre le bhith a' cur taic ri sgeama *Greis Gnìomhachais CnaG*, a bhios a' toirt seachad cothroman-obrach gach bliadhna le buidhnean Gàidhlig do dh' oileanaich a' fuireach sna h-Eileanan thairis air an t-samhradh. Chuir a' Chomhairle prògram *Include-Us* air dòigh cuideachd ann an 2012, a bhios, tro bhith ag obair le sgoiltean agus com-pàirtichean eile ann a bhith a' teagasg agus a' leasachadh sgilean gnòthachais do dhaoine òga aois 14-19, a' feuchainn ri bhith toirt air daoine òga a dh' fuireach air na h-Eileanan agus stad a chur air às-imrich dhaoine òga. Tha a' Chomhairle cuideachd a' toirt seachad taic airson leasachadh turasachd agus pròiseactan ceangailte ri turasachd leithid *Cearcaill na Gàidhlig*, *Eileanan na h-Alba*, agus *Tobar an Dualchais*. Tha a' Chomhairle cuideachd air *An Tosgan* a stèidheachadh, far a bheil mòran bhuidhnean Gàidhlig a-nis stèidhichte, agus a tha a' toirt cothrom airson buidhnean leasachaidh na Gàidhlig a bhith ag obair còmhla air iomairtean leasachaidh Gàidhlig sa choimhearsnachd.

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
3.1 Cùm oirnn a bhith a' solarachadh cothroman	3.1.1 Clasaichean Gàidhlig <i>Ùlpan</i> sa Choimhearsnachd: <ul style="list-style-type: none"> <li>Cumaidh sinn oirnn a' cur taic ri agus ag ullachadh, ann an co-obrachadh</li> </ul>	Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<b>ionnsachaidh, goireasan agus fiosrachadh Gàidhlig an coimhearsnachdan.</b>	<p>le Colaisde a' Chaisteil, solar chlasaichean <i>Ùlpan</i> coimhearsnachd, airson daoine le diofar chomasan cànan, ann an Steòrnabhagh, Taobh Siar Leòdhais, Na Hearadh, Uibhist agus Barraigh.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Cumaidh sinn oirnn ag ullachadh, ann an co-obrachadh le Colaisde a' Chaisteil, clasaichean còmhnaidheach agus samhraidh ann an Ravenspoint, na Lochan, Leòdhas.</li> <li>• Cumaidh sinn oirnn a' solarachadh chlasaichean còmhraidh na Gàidhlig, stèidhichte air <i>Ùlpan</i>, airson luchd-ionnsachaidh adhartach.</li> <li>• Bidh sinn ag amas air barrachd oidean <i>Ùlpan</i> fhastadh, agus clasaichean ùra a thòiseachadh ann an coimhearsnachdan eile sna h-Eileanan.</li> </ul>	<p>Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p>
	<p><b>3.1.2 Clasaichean Gàidhlig Foghlam Coimhearsnachd:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Bidh seirbheis Foghlam Coimhearsnachd fhathast ag ullachadh clasaichean airson luchd-tòiseachaidh agus clasaichean conaltraidh anns na h-Eileanan.</li> <li>• Cumaidh sinn oirnn a' brosnachadh ionnsachadh agus litearrachd ann an coimhearsnachdan, agus bidh sinn a' sanasadh chlasaichean fad is farsaing.</li> <li>• Cumaidh sinn oirnn ag ullachadh diofar chothroman ionnsachaidh Gàidhlig ann am Bùth Ionnsachadh Inbhich na Comhairle an Steòrnabhagh, leithid clasaichean <i>Gàidhlig son Pàrantan</i>.</li> </ul>	<p>Oifigear Foghlam Coimhearsnachd</p> <p>Oifigear Foghlam Coimhearsnachd</p> <p><i>Western Isles Learning Shop</i></p>	<p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<p><b>3.1.3 Ionnsachadh Gàidhlig sa Choimhearsnachd Eile:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Cumaidh sinn oirnn a’ cur taic ri ionnsachadh Gàidhlig eile, cothroman agus iomairtean coimhearsnachd, leithid <i>Gàidhlig san Dachaigh Bhreascleit, Ionnsachadh Teaghlaich sna Hearadh</i>, agus clasaichean <i>Ionnsachadh Teaghlaich Gàidhlig</i> an Uibhist agus Barraigh.</li> <li>• Cumaidh sinn oirnn a’ co-obrachadh le, agus a’ cur taic ri, buidhnean eile ann a bhith ag ullachadh chlasaichean Gàidhlig coimhearsnachd, leithid clasaichean <i>Iomairt Gàidhlig ChnaG</i> ann an Nis, Taobh Siar Leòdhais agus Uibhist a Deas, iomairt ionnsachaidh <i>Cothrom</i> an Uibhist agus Barraigh, agus <i>Sgoil Shàmhraidh na Gàidhlig</i> Cholaisde a’ Chaisteil.</li> <li>• Cumaidh sinn oirnn a’ cur taic ri na <i>Fèisean</i> bliadhnaile, a tha gabhail àite an Leòdhas, Na Hearadh, Uibhist agus Barraigh, agus a tha ag ullachadh teagaisg Gàidhlig airson clann agus inbhich. Bidh sinn cuideachd a’ cur taic ri clasaichean <i>Blas na Gàidhlig</i> rè seachdain <i>Fèis Cheilteach Innse Gall</i>.</li> </ul>	Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach
		Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach
		Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach
	<p><b>3.1.4 Gàidhlig agus Leabharlannan Coimhearsnachd:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Cumaidh sinn oirnn a’ dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig a’ phoball air leabhraichean agus goireasan Gàidhlig, airson inbhich agus clann, anns na sia leabharlannan coimhearsnachdan agus trì leabharlannan siubhail sna h-Eileanan.</li> <li>• Nì sinn cinnteach gum bi duilleag Facebook <i>Leabharlann nan Eilean Siar</i> a’ tabhann fiosrachadh às ùr air goireasan Gàidhlig.</li> </ul>	Leabharlannaiche Sheibheisean-taice	Leantainneach
		Leabharlannaiche Sheibheisean-taice	Leantainneach



AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Brosnaichidh sinn cruthachadh buidhnean-leughaidh Gàidhlig sna leabharlannan air feadh nan Eilean.</li> <li>Cumaidh sinn oirnn le bhith a' cur taic ri seisein <i>Bookbug</i> Gàidhlig, air an cumail ann an leabharlannan airson clann òg agus am pàrantan, agus nì sinn libhrigeadh pasgain Leanamhan Gàidhlig, Pàistean, Spùinneadairean-mara agus P1 nas fhasa thairis air nan Eilean.</li> <li>Leanaidh sinn oirnn le bhith a' cur air dòigh tachartasan Gàidhlig do sgoiltean, mar phàirt de dh' Fhèis Litreachas na Cloinne gach bliadhna, agus bidh sinn ag amas air tachartasan litreachais Gàidhlig eile a chur air dòigh far a ghabhas seo a dhèanamh.</li> </ul>	<p>Ceannard Sgioba Leabharlainn</p> <p>Ceannard Sgioba Leabharlainn</p> <p>Ceannard Sgioba Leabharlainn</p>	<p>Ro dheireadh 2017</p> <p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<p><b>3.2</b> Cuir taic ri agus leasaich iomairtean coimhearsnachd, cur-seachadan, pròiseactan no seirbheisean a tha a' toirt a-steach cleachdadh, ionnsachadh no adhartachadh na Gàidhlig.</p>	<p><b>3.2.1 Pròiseactan Coimhearsnachd Gàidhlig:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cumaidh sinn oirnn a' solarachadh buidseat airson maoineachadh pròiseactan Gàidhlig anns a' Choimhearsnachd, tro Mhaoin Pròiseactan Beaga Gàidhlig againn.</li> <li>Cuiridh sinn air dòigh barrachd shanasachd mun mhaoineachadh seo air làrach-linn na Comhairle.</li> <li>Cumaidh sinn oirnn le bhith a' cur iarrtasan a-steach, às leth coimhearsnachdan airson pròiseactan a bhios a' cur taic ri cleachdadh no ionnsachadh na Gàidhlig, do bhuidhnean nàiseanta no eadar-nàiseanta sam bith a bhios a' toirt seachad maoineachadh airson a leithid de phròiseact.</li> </ul>	<p>Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Ceannard TF / Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Leantainneach</p> <p>Ro dheireadh 2013</p> <p>Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<p><b>3.2.2 Obair Òigridh agus Spòrs Gàidhlig:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Cumaidh sinn oirnn a’ fastadh neach-obrach òigridh a thaobh Gàidhlig airson Loch a Tuath agus nan sgìrean mun cuairt, gus barrachd chur-seachadan tro mheadhan na Gàidhlig a cho-òrdanachadh.</li> <li>• Bidh sinn ag obair gu dlùth le <i>Comainn Bhuidhnean Òigridh Leòdhas, Na Hearadh agus Uibhist agus Barraigh</i>, gus diofar chur-seachadan tro mheadhan na Gàidhlig a chur air dòigh, agus cumaidh sinn oirnn a’ tabhann Phrògraman Samhraidh Chur-seachadan Gàidhlig Òigridh anns An t-luchar air feadh nan Eilean.</li> <li>• Cumaidh sinn oirnn a’ brosnachadh agus a’ cur taic ri co-fharpaisean spòrs coimhearsnachd a tha gan cumail tro mheadhan na Gàidhlig, leithid co-fharpais ball-coise <i>Cuach na Cloinne ChnaG</i> airson clann bun-sgoile sna h-Eileanan an Iar.</li> </ul>	<p><b>Manaidsear Ionnsachadh Taobh a-muigh na Sgoile/ Ceannard Sgioba Foghlam Coimhearsnachd</b></p> <p><b>Manaidsear Ionnsachadh Taobh a-muigh na Sgoile/ Ceannard Sgioba Foghlam Coimhearsnachd</b></p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Leantainneach</p> <p>Ro dheireadh 2015</p> <p>Leantainneach</p>
	<p><b>3.2.3 Seirbheisean Coimhearsnachd agus Gàidhlig:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Bidh sinn ag amas gun àrdaichear làthaireachd lèirsinneach na Gàidhlig ann an Rianadh Sgudail, leithid bileagan agus postairean mu ath-chuirteachadh, agus gum bi comas aig an <i>Sgioba Mothachadh Sgudail</i>, a bhios a’ toirt fiosrachadh seachad an sgoiltean, am fiosrachadh sin a thoirt seachad sa Ghàidhlig far a bheil sin iomchaidh.</li> <li>• Cumaidh sinn oirnn a’ dèanamh cinnteach gun nochd suaicheantas dà-chànanach air busaichean agus carbadan seirbheis coimhearsnachd eile ann an seilbh na Comhairle, agus gu bheil dràibhearan le sgilean Gàidhlig</li> </ul>	<p>Àrd-oifigear Ath-chleachdaidh agus Coimhearsnachd</p> <p>Prìomh Oifigear Glanadaireachd</p>	<p>Ro dheireadh 2017</p> <p>Leantainneach</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	gam brosnachadh gus Gàidhlig a bhruidhinn far a bheil sin comasach.		
	<p><b>3.2.4 Planaichean Gàidhlig Coimhearsnachd:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cumaidh sinn oirnn le bhith a' cur taic ri iomairtean no planaichean cànan ionadail a bhios a' feuchainn ri cleachdadh na Gàidhlig a dh' ath-nuadhachadh ann an coimhearsnachdan, mar Phlana Cànan Gàidhlig Shiaboist, air a stiùireadh le Fòram Gàidhlig Shiaboist, agus Plana Gàidhlig do dh' Uibhist, air a strìuireadh le <i>Uist Core Learning Interest Group</i>.</li> </ul>	<b>Ceannard Sgioba Foghlam Coimhearsnachd / Sgioba na Gàidhlig</b>	Leantainneach

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<p><b>3.3</b> Dèan cinnteach, far a bheil e comasach, gum bi Gàidhlig aig luchd-obrach an sàs ann an seirbheisean cùram coimhearsnachd.</p>	<p><b>3.3.1 Dachaighean Cùram Còmhnaidheach agus Ionadan Latha:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Air sgàth 's gu bheil àireamh mhòr de luchd-còmhnaidh le sgilean Gàidhlig ann an Dachaighean Cùram, bidh sinn ag amas, far a ghabhas dèanamh, air luchd-obrach le Gàidhlig fhasadh agus a bhith cleachdadh Gàidhlig le luchd-còmhnaidh.</li> <li>Tha e gu h-àraidh cudromach le cùram seargadh-inntinn gum bi feadhainn le Gàidhlig a' toirt seachad cùram do luchd-còmhnaidh seann a bhios a' bruidhinn Gàidhlig mar a' chiad chànan aca, agus bidh luchd-obrach air fad san roinn seo gam brosnachadh gus cleachdadh, ionnsachadh no leasachadh Sgilean Gàidhlig.</li> <li>Brosnaichidh sinn feallsanachd Gàidhlig anns an àrainneachd obrach an Dachaighean Cùram agus Ionadan Latha, agus bithear a' brosnachadh</li> </ul>	<p>Stiùiriche Sheirbheisean Sòisealta agus Coimhearsnachd</p> <p>Stiùiriche Sheirbheisean Sòisealta agus Coimhearsnachd</p> <p>Stiùiriche Sheirbheisean</p>	<p>Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana</p> <p>Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana</p> <p>Ro dheireadh 2016</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<p>luchd-obrach gun Ghàidhlig cùrsaichean ionnsachaidh Gàidhlig a dhèanamh.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Thèid leanntainn oirnn le bhith a’ leasaichadh barrachd chur-seachadan agus fèisteasan meadhan na Gàidhlig ann an dachaighean cùraim agus ionadan latha.</li> <li>• Nì sinn cinnteach gum bi goireasan rèidio, T.Bh agus làrach-linn rim faighinn gu furasta ann an Dachaighean Cùraim agus Ionadan Latha.</li> </ul>	<p>Sòisealta agus Coimhearsnachd</p> <p>Stiùiriche Sheirbheisean Sòisealta agus Coimhearsnachd</p> <p>Stiùiriche Sheirbheisean Sòisealta agus Coimhearsnachd</p>	<p>Ro dheireadh 2017</p> <p>Ro dheireadh 2017</p>
	<p><b>3.3.2 Cùram aig an Dachaidh, agus Seirbheisean Taic Taigheadais:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Far a bheil neach ag ainmeachadh gu bheil iad ag iarraidh neach-cùraim le Gàidhlig, leanaidh sinn oirnn le bhith a’ cur sin air dòigh dhaibh.</li> </ul>	<p>Stiùiriche Sheirbheisean Sòisealta agus Coimhearsnachd</p>	<p>Leantainneach</p>
	<p><b>3.3.3 Seirbheis Fàire:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Bidh sinn ag amas gum bi sgilean Gàidhlig aig a’ mhòr-chuid de luchd-obrach seirbheis <i>Fàire</i>, a tha a’ toirt taic agus cùram èiginneach do sheann dhaoine, ciorramaich agus inbhich an cunnart.</li> <li>• Ri linn ’s gu bheil Gàidhlig uaireannan nas èifeachdaiche ann an suidheachaidhean èiginneach, gu h-àraid a thaobh seann dhaoine a tha bruidhinn Gàidhlig mar a’ chiad chànan aca, bidh sinn a’ brosnachadh</li> </ul>	<p>Manaidsear Sheirbheisean Luchd-cleachdaidh</p> <p>Manaidsear Sheirbheisean Luchd-cleachdaidh</p>	<p>Ro dheireadh 2014</p> <p>Ro dheireadh 2013</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	luchd-obrach na seirbheis le sgilean lag no aig nach eil sgilean Gàidhlig idir, cùrsaichean ionnsachaidh Gàidhlig a dhèanamh.		
	<p><b>3.3.4 Seirbheisean Taic Cloinne:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Bithear, a-rèir an Children (Scotland) Act 1995, a' dèanamh cinnteach, far a bheil e comasach, gu bheil luchd-labhairt Gàidhlig an làthair rè agallamhan, agus gum bi Gàidhlig ga chlàradh air <i>CareFirst</i> ma bhios sin a dhìth.</li> <li>• Ni sinn cinnteach gu bheil roghainn cànan ga chleachdadh ann an sgrùdaidhean.</li> </ul>	<p>Co-chomhairliche Foghlaim bhon Taobh a-muigh</p> <p>Co-chomhairliche Foghlaim bhon Taobh a-muigh</p>	<p>Ro dheireadh 2013</p> <p>Ro dheireadh 2013</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<p><b>3.4</b> Cruthaich cothroman obrach agus cuir taic ri leasachadh gnothachais, tro a bhith a' brosnachadh gnìomh eaconamach timcheall air Gàidhlig.</p>	<p><b>3.4.1 Taic airson Leasachadh na Gàidhlig:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Cumaidh sinn oirnn ag ullachadh, tro sheirbheis an <i>Fhosglan Gnothachais</i>, comhairle agus taic-ionmhais airson gnothachasan le fòcas làidir air cleachdadh na Gàidhlig, no gnìomh eaconamach timcheall air Gàidhlig.</li> <li>• Cumaidh sinn oirnn a' cur taic calpa ri diofar phròiseactan calpa coimhearsnachd gus brosnachadh ath-nuadhachadh agus leasachadh cultarach. Bidh seirbheis <i>Fosglan Coimhearsnachd</i> na Comhairle, le aonad maoinachaidh coisrigte, a' toirt tuilleadh taic dha pròiseactan</li> </ul>	<p>Manaidsear Leasachadh Eaconomach</p> <p>Manaidsear Leasachadh Eaconomach</p>	<p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<p>leasachaidh coimhearsnachd.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Leasaichaidh sinn ro-innleachd eaconamach airson togail inbhe cleachdadh cànan dà-chànanach agus na buannachdan eaconamach is eile a tha ceangailte ris.</li> <li>Cumaidh sinn oirnn a' cur maoineachadh mu choinneamh shoidhnichean dà-chànanach, agus pròiseactan eile a' brosnachadh faicsinneachd Gàidhlig, tro Mhaoin Phròiseactan Beaga Gàidhlig. Bidh seirbheisean eadar-theangachaidh saor 's an-asgaidh le Sgioba na Gàidhlig, agus comhairle margaideachd tron <i>Fhosglan Gnothachais</i>, fhathast gan tabhann.</li> </ul>	<p>Manaidsear Leasachadh Eaconomach</p> <p><b>Manaidsear Leasachadh Eaconomach / Sgioba na Gàidhlig</b></p>	<p>Ro dheireadh 2014</p> <p>Leantainneach</p>
	<p><b>3.4.2 Gàidhlig agus Turasachd:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Bidh sinn ag amas air ro-innleachd a leasachadh gus inbhe Gàidhlig a thogail ann an turasachd agus na buannachdan eaconamach agus eile a tha ceangailte ris.</li> <li>Cumaidh sinn oirnn a' toirt taic-ionmhais, tro sheirbheis <i>Fosglan Coimhearsnachd</i>, airson leasachadh turasachd agus pròiseactan ceangailte ri turasachd a tha a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig, leithid <i>Cearcaill na Gàidhlig</i>, <i>Eileanan na h-Alba</i>, agus <i>Tobar an Dualchais</i>.</li> </ul>	<p>Manaidsear Leasachaidh</p> <p>Manaidsear Leasachaidh</p>	<p>Ro dheireadh 2014</p> <p>Leantainneach</p>
	<p><b>3.4.3 Cothroman-obrach airson Daoine Òga:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Mar phàirt de ro-innleachd eaconamach, [faic 3.4.1], a tha toirt a-steach cur-seachadan airson daoine òga, bidh sinn ag amas air cothroman obrach, gus am bi daoine òga, agus luchd-labhairt Gàidhlig nam measg,</li> </ul>	<p>Sgioba <i>Include-Us</i></p>	<p>Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<p>nas coltaiche fuireach anns na h-Eileanan.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cumaidh sinn oirnn le bhith a' cur taic ri sgeama <i>Greis Gnìomhachais CnaG</i> gus cothroman-obrach bliadhnail le buidhnean Gàidhlig a thoirt do dh' oileanaich sna h-Eileanan thairis air an t-samhradh. Tha an sgeama seo air a bhith air leth math ann a bhith a' leasachadh sgilean Gàidhlig nan oileanach.</li> <li>Cumaidh sinn oirnn le bhith a' cur taic ri prògram ùr na Comhairle, <i>Include-Us</i>, a bhios, tro bhith ag obair le sgoiltean agus com-pàirtichean eile ann a bhith a' teagasg agus a' leasachadh sgilean gnòthachais do dhaoine òga aois 14-19, a' feuchainn ri bhith toirt air barrachd dhaoine òga a dh' fuireach air na h-Eileanan.</li> </ul>	<p>Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Sgioba <i>Include-Us</i></p>	<p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<p><b>3.5</b> Co-obrach le buidhnean coimhearsnachd eile ann a bhith a' cur taic ri cleachdadh agus leasachadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan.</p>	<p><b>3.5.1 Leasachadh Coimhearsnachd Gàidhlig loma-bhuidhnean:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cuiridh sinn air bhonn <i>Fòram na Gàidhlig</i> a-rithist, coinneamh de bhuidhnean Gàidhlig gach ràith ann an Leòdhas agus sna Hearadh, a' gabhail a-steach a' Chomhairle, gus dearbhadh mar as fheàrr a chleachdar goireasan leasachaidh Gàidhlig ann an coimhearsnachd, agus gus dèiligeadh ri beàrnann ann an solar, tro obair leasachaidh co-obrachail.</li> <li>Ann a bhith a' cumail choinneamhan <i>Fòram na Gàidhlig</i>, nì sinn cinnteach gun tèid cothroman a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig gus, an dàrna cuid, a' chiad leth no an dàrna leth de na coinneamhan seo a dh' fhrithéaladh, a thaobh cho iomchaidh 's a tha e.</li> </ul>	<p>Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Ro dheireadh 2015</p> <p>Leantainneach</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<ul style="list-style-type: none"> <li>San aon dòigh, leanaidh sinn oirnn le bhith a' cur taic ri <i>Uist Core Learning Interest Group</i>, coinneamhan ràitheil/gach sia mìosan de bhuidhnean leasachaidh Gàidhlig ann an Uibhist, a' gabhail a' steach a' Chomhairle, gus dèanamh cinnteach gun tèid taic-aigid leasachadh na Gàidhlig a chosg sna coimhearsnachdan san dòigh as fheàrr, agus gun tèid dèiligeadh ri duigheadasan sam bith ann an solar Gàidhlig.</li> <li>Cumaidh sinn oirnn ag obair ann an coimhearsnachdan le buidhnean Gàidhlig eile ann a bhith a' cur taic ri iomairtean Gàidhlig gnàthaichte, leithid <i>Iomairtean Gàidhlig ChnaG</i> ann an Iar-thuath Leòdhais agus an Uibhist a Deas, no buidhnean òigridh <i>Sradagan</i> airson clann aois 5-12.</li> </ul>	<p>Ceannard Sgioba Foghlam Coimhearsnachd</p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana</p> <p>Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana</p>
	<p><b>3.5.2 Mòr-ionad Buidhnean Gàidhlig – An Tosgan</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Leasaichaidh sinn barrachd <i>An Tosgan</i>, stèidhichte ann an <i>Studio Alba</i> an Steòrnabhagh, far am bi mòran bhuidhnean leasachaidh Gàidhlig gan stèidheachadh, agus a' tha a' toirt barrachd chothroman airson obair leasachaidh ioma-bhuidhnean.</li> </ul>	<p>Manaidsear Leasachaidh</p>	<p>Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<p><b>3.6 Àrdaich faicsinneachd agus làthaireachd na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan.</b></p>	<p><b>3.6.1 Soidhnichean Poblach Dà-chànanach agus Fiosrachadh airson Coimhearsnachdan:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cumaidh sinn oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil soidhnichean ainmean-àite sna h-Eileanan a' nochdadh ann an Gàidhlig a-mhàin. (Bithear a' cleachdadh cruth dà-chànanach far a bheil a' Ghàidhlig agus a' Bheurla gu math eadar-dhealaichte, m.e. "An t-Ob" agus "Leverburgh".)</li> </ul>	<p>Prìomh Oifigear Gleidheadh nan Rathaidean</p>	<p>Leantainneach</p>



AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Obraichidh sinn gu dlùth le buidhnean mar <i>Àinmean-àite na h-Alba</i> (AAA), gus dèanamh cinnteach gun nochd an àireamh as motha de leth-bhreacan Gàidhlig de dh' ainmean-àite sna h-Eileanan Siar air stòr-dàta nàiseanta AAA.</li> </ul>	Sgioba na Gàidhlig	Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Mar phàirt de ro-innleachd airson inbhe cleachdadh na Gàidhlig àrdachadh ann an turasachd, [faic 3.4.2], bidh sinn ag amas, mar phàirt de sgeama airson taic a chur ri cleachdadh shoidhnichean dà-chànanach ann an gnothachasan, taic-ionmhais a chur ri pròiseactan a' tha cleachdadh shoidhnichean dà-chànanach airson bùthan no gnothachasan, leithid clàir-bidhe agus mar sin air adhart.</li> </ul>	Manadsair Leasachaidh	Ro dheireadh 2016
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cumaidh sinn oirnn a' dèanamh cinnteach gum bi ainmean-àite dà-chànanach air soidhnichean-rathaid leis a' chruth Gàidhlig an toiseach.</li> </ul>	Prìomh Oifigear Gleidheadh nan Rathaidean	Leantainneach
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cumaidh sinn oirnn a' dèanamh cinnteach gu bheil soidhnichean sràid dà-chànanach, le prìomhachas aig a' chruth Gàidhlig.</li> </ul>	Prìomh Oifigear Gleidheadh nan Rathaidean	Leantainneach
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Bidh sinn ag amas gum bi soidhnichean dà-chànanach fo dhleastanas na Comhairle ann an cruth dà-chànanach, leithid calaidhean, drochaidean, cabhsairean, leabharlannan poblach, ionadan spòrs, soidhnichean-stiùiridh ann am bailtean, air bionaichean-sgudail, no soidhnichean fiosrachaidh poblach, (mar shoidhnichean a thaobh CCTV).</li> </ul>	Prìomh Oifigear Gleidheadh nan Rathaidean	Ro dheireadh 2017
	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cumaidh sinn oirnn a' dèanamh cinnteach gum bi pròiseactan innleadaireachd catharra a' cleachdadh ainmean-àite Gàidhlig anns na tiotalan aca.</li> </ul>	Prìomh Innleadair	Leantainneach

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Ma cheadaicheas buidseatan, seallaidh sinn ri maoin shoidhnichean dà-chànanach a stèidheachadh, a bhiodh a' toirt taic do bhuidhnean agus do dhaoine ann a bhith a' buileachadh sgeamaichean soidhnichean dà-chànanach, mar phàirt de leasachadh eaconomach.</li> <li>Co-obrachaidh sinn le HITRANS gus an tèid gabhail ri soidhnichean dà-chànanach fad is farsaing nan Eilean Siar.</li> <li>Amasaidh sinn air dearbhadh gum bi fàilte Ghàidhlig air na tiocaidean pàighidh agus gum bi fàilte Ghàidhlig a' nochdadh air an uidheamachd airson carbadan dealain.</li> <li>Amasaidh sinn air teacs Gàidhlig a chur air ticeadan-bus na Comhairle, agus gum bi sanasan-fiosrachaidh luchd-shiubhail ann an cruth dà-chànanach far a ghabhas seo a dhèanamh.</li> </ul>	<p>Manaidsear Leasachadh Eaconomach</p> <p>Prìomh Oifigear Gleidheadh nan Rathaidean</p> <p>Prìomh Oifigear Gleidheadh nan Rathaidean</p> <p>Oifigear Co-òrdananachadh Còmhdhail</p>	<p>Thèid a bhuileachadh ma ghabhas dèanamh</p> <p>Leantainneach</p> <p>Ro dheireadh 2016</p> <p>Ro dheireadh 2015</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<p><b>3.7 Brosnaich leasachadh theicneòlasan digiteach a bhios a' toirt seachad fiosrachadh, agus a bhios a' toirt piseach air lìbhrigeadh sheirbheisean, do choimhearsnachdan Gàidhlig, agus a bhios a' toirt nan</b></p>	<p><b>3.7.1 e-Ùghdarrachd agus Làraich-lìn Choimhearsnachdan:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cumaidh sinn oirnn le bhith a' leasachadh làrach-lìn <i>e-Sgìre</i>, (<a href="http://cnes.geckowindow.com">http://cnes.geckowindow.com</a>), a tha mar mhòr-ionad airson fiosrachadh agus beachdan choimhearsnachdan air feadh nan Eilean, gus am bi an fiosrachadh as ùire air gnothaichean Gàidhlig air a cheangal a-steach tro phutan na Gàidhlig air an duilleag-dachaigh, agus amasaidh sinn air iomhaigh dà-chànanach an làraich a leasachadh.</li> <li>Dh'fhaodadh fiosrachadh ann an daimh ri naidheachdan Gàidhlig, tachartasan no ionnsachadh a' gabhail àite an choimhearsnachdan a</li> </ul>	<p>Manaidsear Poileasaidh Corporra / Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Manaidsear Poileasaidh</p>	<p>Leantainneach</p> <p>Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana</p>

**coimhearsnachdan sin  
nas dlùithe ri chèile.**

bhith air fhoillseachadh tron làrach-lìn seo.

- Amasaidh sinn air taic a thoirt do gach pròiseact a tha a' gabhail a-steach leasachadh air làraich-lìn choimhearsnachdan, mar [www.siabost.co.uk](http://www.siabost.co.uk) no [www.uist.co.uk](http://www.uist.co.uk), a tha a' cleachdadh no a' brosnachadh na Gàidhlig.

**Corporra / Sgioba  
na Gàidhlig**  
Sgioba na Gàidhlig

Thèid a leantainn rè  
teirm a' Phlana

## 4. GÀIDHLIG SAN ÀITE-OBACH

### **Suidheachadh Gnàthaichte:**

Mar àite-obrach tha fèin-aithne làidir Gàidhlig aig a' Chomhairle agus tha iomadh dreuchd air a shònrachadh mar "Gàidhlig Riatanach" no "Gàidhlig Feumail". Tha àireamh àrd de luchd-obrach na Comhairle air feadh nan roinnean aig a bheil sgilean fileanta Gàidhlig air an cleachdadh gu làitheil. Mar eisimpleir, tha 500 luchd-obrach air am fastadh ann an seirbheisean cùram coimhearsnachd a tha a' cleachdadh Gàidhlig nan obair làitheil. Tha Poileasaidh Gàidhlig na Comhairle a' dearbhadh gu bheil Gàidhlig aig cridhe obair làitheil an ùghdarrais. Mar eisimpleir, gheibhear cothrom air pròiseasan deamocrataigeach na Comhairle sa Ghàidhlig far a bheil cead aig gach neach an làthair aig comataidhean na Comhairle pàirt a ghabhail tro mheadhan na Gàidhlig, agus mar sin, tha gach clàr-obrach, geàrr-chunntas agus fiosrachadh do luchd-cathrach gan ullachadh san dà chànan. Tha Sgioba na Gàidhlig a' toirt àrd ìre de dh' eadar-theangachadh do na comataidhean sin, agus tha iarrtasan airson eadar-theangachadh a' dol thuca. A thuilleadh, tha mòran luchd-obrach a' frithealadh chlasaichean Gàidhlig, biodh sin gu ionnsachadh no gu piseach a thoirt air sgilean labhairt no air sgilean sgrìobhaidh, agus tha fiosrachadh mu na clasaichean a' dol air fad is farsaing na Comhairle. Thatar a' misneachadh conaltradh Gàidhlig eadar luchd-obrach air fòn no tro phuist-d, tro bhith a' cleachdadh "G" ri taobh ainm luchd-obrach le Gàidhlig agus a tha dèonach na sgilean a chur an sàs. Tha iris-fiosrachaidh luchd-obrach *e-Ceangal* ga h-ullachadh san dà chànan.

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<b>4.1</b> <b>Gleidh agus brosnach</b> <b>cleachdadh na Gàidhlig</b> <b>aig coinneamhan agus</b> <b>comataidhean agus ann</b> <b>an cùisean eile de</b> <b>sheirbheisean</b> <b>dheamocrataigeach.</b>	<b>4.1.1 Comataidh Buileachaidh Plana Cànain:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>Tha a' Chomataidh seo a' stiùireadh adhartais air Plana Cànain Gàidhlig na Comhairle agus leanaidh seo rè teirm a' Phlana agus na dhèidh. Leanar le bhith a' cur gheàrr-chunntasan nan coinneamhan fa chomhair Comataidh Poileasaidh agus Stòras.</li> </ul>	Àrd-oifigear	Leantainneach
	<b>4.1.2 Gàidhlig agus Coinneamhan na Comhairle:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>Leanaidh sinn le bhith a' toirt seachad mineachadh mar-aon do gach Comataidh, agus tha gach clàr-obrach, fiosrachadh neach-cathrach agus geàrr-chunntas choinneamhan Comhairle air an ullachadh san dà chànan.</li> <li>Aig toiseach na coinneimh, cuiridh an neach-cathrach an cuimhne na tha</li> </ul>	<b>Àrd-oifigear /</b> <b>Sgioba na Gàidhlig</b>	Leantainneach  Ro dheireadh 2013

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<p>làthair gu bheil cead aca, mas math leotha, a bhith a' compàirteachadh sa Ghàidhlig.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Misnichidh sinn Buill gu na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh gus am bi barrachd chonaltraidh is deasbad tro mheadhan na Gàidhlig.</li> <li>Misnichidh sinn luchd-labhairt na Gàidhlig an cànan a chleachdadh, gu h-àraidh far a bheil iad diùid a-thaobh briathrachas teicnigeach, le bhith ag ullachadh leabhran le farsaingeachd de bhriathrachas teicnigeach is oifigeil agus le abairtean iomchaidh airson coinneamhan na Comhairle.</li> <li>Amasaidh sinn air na Pàipearan Reachdail ullachadh san dà chànan.</li> <li>Bidh an uidheam bhòtaidh eileagtronaigeach san t-seòmair ann an cruth dà-chànanach.</li> </ul>	<p>Àrd-oifigear</p> <p>Àrd-oifigear / Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Àrd-oifigear / Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Ro dheireadh 2013</p> <p>Ro dheireadh 2013</p> <p>Ro dheireadh 2014</p> <p>Leantainneach</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<p><b>4.2</b> Cùm ris an fhior àrd inbhe de sheirbheisean eadar-theangachaidh Gàidhlig aig a' Chomhairle.</p>	<p><b>4.2.1 Mìneachadh Mar-aon:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Leanaidh sinn oirnn le bhith a' toirt seachad mìneachadh mar-aon aig gach Comataidh. Tha seo dearbhte tron àrd ire de dheasbad a' gabhail àite tro mheadhan na Gàidhlig, agus cumar seo suas.</li> <li>Beachdaichidh sinn, an urra ri cùisean a bhith fàbharach a thaobh sgiobachd, air ullachadh mìneachadh mar-aon aig coinneamhan poblach,</li> </ul>	<p>Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Leantainneach</p> <p>Ro dheireadh 2014</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	fo-chomataidhean, agus mar sin air adhart.		
	<p><b>4.2.2 Eadar-theangachadh Sgrìobhte:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Leanaidh sinn oirnn le bhith ag ullachadh chlàran-obrach, fiosrachadh luchd-cathrach, agus geàrr-chunntasan san dà-chànan airson coinneamhan Chomataidhean.</li> <li>• Cuiridh Sgiobaidhean Rianachd Roinnean (DMTs) ann an cuimhne luchd-obrach gu feumar brìgh a' Phoileasaidh Dà-chànanach a choileanadh ann am foillseachadh no soidhnichean sam bith.</li> <li>• Leanaidh Sgioba na Gàidhlig orra le bhith ag ullachadh eadar-theangachadh Gàidhlig do Roinnean a thaobh litrichean, bileagan, foirmean, sanasan, làrach-lìn, msaa.</li> <li>• Airson tuilleadh èifeachd, cleachdaidh sinn bathar-bog le cuimhne briathrachais, le abairtean agus briathrachas a ghabhas ath-chleachdadh. Bidh seo cuideachd a' cur ri cunbhalachd teirmean eadar-theangachaidh.</li> <li>• Beachdaichidh sinn air iomairtean co-sheirbheis eadar-theangachaidh 's na h-Eileanan an Iar, a bhios air an leasachadh le buidhnean eile an sàs ann an ullachadh sheirbheisean eadar-theangachaidh Gàidhlig.</li> </ul>	<p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean</p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Àrd-oifigear / Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Leantainneach</p> <p>Ro dheireadh 2013</p> <p>Leantainneach</p> <p>Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana</p> <p>Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
4.3 Cùm oirnn a bhith a'	4.3.1 Sgrùdadh Sgìlean Gàidhlig:		

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<b>brosnachadh luchd-obrach agus Buill na Comhairle gu greimeachadh ri cothroman ionnsachaidh Gàidhlig.</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Gabhaidh sinn os làimh sgrùdadh air sgilean Gàidhlig luchd-obrach na Comhairle gu àireamhan mionaidean fhaighinn agus gu bhith soilleir air feumalachd chothroman ionnsachaidh Gàidhlig.</li> <li>Bho na h-àireamhan stèidhichte san sgrùdadh, ro 2017, amasaidh sinn air an àireamh sa cheud de luchd-obrach na Comhairle le sgil air choireigin sa Gàidhlig a mheudachadh aig ìre 10%.</li> </ul>	<p>Sgioba na Gàidhlig</p> <p><b>Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Sgioba na Gàidhlig</b></p>	<p>Leantainneach</p> <p>By end of 2017</p>
	<p><b>4.3.2 Clasaichean Gàidhlig:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Thèid Stòr-dàta a chur ri chèile de dh'ainmean an luchd-obrach (stèidhichte air toradh an sgrùdaidh) a tha airson sgilean Gàidhlig ionnsachadh no an leasachadh. Bidh seo a' toirt cothrom don fheadhainn air an stòr-dàta fiosrachadh fhaighinn ann an dàimh ri clasaichean Gàidhlig.</li> <li>Gheibh Buill fios gu cunbhalach air na cothroman ionnsachaidh Gàidhlig agus ma bhios ùidh aca, cuirear an ainmean dhan stòr-dàta cuideachd. .</li> <li>Co-obrachaidh sinn gu dlùth le CCL agus buidhnean eile leithid CnaG, gus am bi cothroman ionnsachaidh Gàidhlig aig luchd-obrach agus Buill na Comhairle air feadh nan Eilean. Tha na clasaichean a leanas pàighte don luchd-obrach: <ul style="list-style-type: none"> <li>➤ clasaichean <i>Ùlpan</i> do luchd-ionnsachaidh agus an fheadhainn sin a tha airson na sgilean labhairt aca a thoirt air adhart,</li> <li>➤ cùrsaichean còmhnaidh no cùrsaichean samhraidh <i>Ùlpan</i>;</li> <li>➤ clasaichean <i>Gràmar na Gàidhlig</i>, a' teagasg sgilean gràmair do dh'fhileantaich;</li> </ul> </li> </ul>	<p>Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Ro dheireadh 2013</p> <p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<ul style="list-style-type: none"> <li>➤ clasaichean còmhraidh do luchd-ionnsachaidh adhartach;</li> <li>➤ clasaichean do luchd-ionnsachaidh <i>Gàidhlig san Àit' Obrach</i>, a' teagasg facail agus abairtean iomchaidh don àite-obrach;</li> <li>➤ clasaichean <i>Gàidhlig le Misneachd</i>, a' teagasg sgilean sgrìobhaidh do luchd-ionnsachaidh agus fileantaich;</li> <li>➤ Modalan ceum agus cùrsaichean UTA ann an gràmar, eachraidh agus litreachas na Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh agus fileantaich.</li> </ul> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Thèid Ceannardan Fo-roinne a mhisneachadh gu luchd-obrach a shaoradh far a bheil seo comasach, gu cothroman ionnsachaidh Gàidhlig a thogail tro Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach, (CPD).</li> <li>• Aig coinneamhan Measadh Adhartais Luchd-obrach, (SDA), nithear cinnteach gu bheil luchd-obrach mothachail air cothroman ionnsachaidh Gàidhlig.</li> <li>• Thèid fiosrachadh cunbhalach tro phuist-d a chumail ri luchd-obrach agus Buill air cothroman ionnsachadh Gàidhlig, agus nochdaidh fiosrachadh ann an iris-d an luchd-obrach, <i>e-Ceangal</i>. Thèid bileagan agus postaran a chleachdadh gu mòr cuideachd ann a bhith a' sanasachd nan cothroman seo.</li> <li>• Thèid teicneolas ùr-ghnàthach leithid conaltradh-bhideo agus <i>Skype</i> a chleachdadh far an gabh seo a dhèanamh ann a bhith a' teagasg chlasaichean.</li> <li>• Thèid cothrom a thoirt do luchd-obrach agus Buill am beachdan a thoirt seachad air na cùrsaichean tro cheisteachain air an lìonadh as dèidh làimh. Mar sin, faodar dèiligeadh ri duilgheadasan no gearaichean.</li> <li>• Gabhar cothrom air gach maoin bho muigh ann a bhith a' coinneachadh ri</li> </ul>	<p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean</p> <p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean</p> <p><b>Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Sgioba na Gàidhlig</b></p> <p><b>Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Sgioba na Gàidhlig</b></p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana</p> <p>Ro dheireadh 2013</p> <p>Leantainneach</p> <p>Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana</p> <p>Ro dheireadh 2013</p> <p>Thèid a leantainn rè</p>



AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	cosgais ullachaidh chùrsaichean Gàidhlig do luchd-obrach agus do Bhuill.		teirm a' Phlana

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<b>4.4</b> <b>Meudaich tuigse am measg luchd-obrach air a' Ghàidhlig agus an cultar agus am pàirt a th' aice ann am fèin-aithne na Comhairle.</b>	<b>4.4.1 Tuigse air Gàidhlig san Àite-obrach:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>Gheibh gach neach as ùr air am fastadh leis a' Chomhairle, pasgan fiosrachaidh Gàidhlig, a' mìneachadh chothroman ionnsachaidh Gàidhlig, buannachdan Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig do chloinn, agus cho cudromach sa tha Gàidhlig ann an dàimh ri fèin-aithne na Comhairle.</li> <li>Thèid fiosrachadh mun Ghàidhlig a thoirt do luchd-obrach mar phàirt de phròiseas-inntrigidh corporra.</li> <li>Ni sinn cinnteach gu bheil bileagan agus postiaran co-cheangailte ri tachartasan Gàidhlig gu math follaiseach ann an togalaichean na Comhairle.</li> <li>Gheibh luchd-obrach fiosrachadh cunbhalach tro phuist-d air tachartasan Gàidhlig agus cothroman ionnsachaidh Gàidhlig.</li> </ul>	<p>Àrd-oifigear / Ceannard Storas Daonna / Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Àrd-oifigear / Ceannard Storas Daonna / Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Ro dheireadh 2014</p> <p>Ro dheireadh 2014</p> <p>Ro dheireadh 2013</p> <p>Leantainneach</p>
	<b>4.4.2 Seisein Fiosrachaidh mun Ghàidhlig:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cuiridh sinn air dòigh seisein fiosrachaidh mun Ghàidhlig do luchd-obrach, tro, <i>Cli Gàidhlig</i>, a' foillseachadh cuideam dà-chànanas ann am fèin-aithne na Comhairle, agus a' mìneachadh gabhail ri cothroman</li> </ul>	<p>Àrd-oifigear / Ceannard Storas Daonna / Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<p>ionnsachaidh Gàidhlig.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Co-obrachaidh sinn le Oilthigh Dhùn Èidinn a tha tron iomairt <i>Bilingualism Matters</i>, a' soilleireachadh bhuannachdan dà-chànanas do leasachadh eanchainn cloinne, agus far a bheil seo iomchaidh, a' cur air dòigh fiosrachadh do phàrantan, luchd-teagaisg, luchd-foghlaim agus luchd-dealbh phoileasaidhean.</li> <li>Còmhla ri <i>CnaG</i>, CCL agus <i>Stòrlann</i>, leanaidh sinn le bhith a' cur air dòigh "Latha Gàidhlig" gach bliadhna, a' soilleireachadh bhuannachdan dà-chànanas agus foghlam tro mheadhan na Gàidhlig do leasachadh eanchainn cloinne, agus a' misneachadh gabhail ri cothroman ionnsachaidh Gàidhlig.</li> </ul>	<p>Sgioba na Gàidhlig / Manaidsear Seirbheis Tràth- bhliadhnaichean</p> <p>Sgioba na Gàidhlig / Manaidsear Seirbheis Tràth- bhliadhnaichean</p>	<p>Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana</p> <p>Leantainneach</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<p><b>4.5</b> Brosnaich tuilleadh cleachdaidh air Gàidhlig ann an conaltradh eadar luchd-obrach.</p>	<p><b>4.5.1 Gàidhlig ann am puist-d agus Còmhairle eadar Luchd-obrach sa Chomhairle:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Thèid an tuilleadh cleachdadh a dhèanamh air an sònrachadh "G" mu choinneimh ainmean phearsaichean aig a bheil sgilean Gàidhlig agus a tha deònach an cur an gnìomh.</li> <li>Misnichidh ceannardan fo-roinnean an luchd-obrach sgilean Gàidhlig a chleachdadh nan obair làitheil.</li> <li>Ullaichidh sinn bileag fiosrachaidh do gach Roinn a' toirt seachad</li> </ul>	<p>Àrd-oifigear / Ceannard Storas Daonna / Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Àrd-oifigear / Ceannard Storas Daonna / Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Àrd-oifigear / Ceannard Storas</p>	<p>Ro dheireadh 2013</p> <p>Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana</p> <p>Ro dheireadh 2013</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<p>misneachd Gàidhlig a chleachdadh ann an conaltradh eadar luchd-obrach far a bheil seo comasach, an dà chuid a thaobh brìgh a' chànain ann am fèin-aithne na Comhairle agus gu àrainneachd làidir Gàidhlig a dhealbh do luchd-ionnsachaidh.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Thèid misneachd a thoirt do luchd-obrach le sgilean Gàidhlig, dearbhair Gàidhlig a luchdadh a-nuas.</li> </ul>	<p>Daonna / Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana</p>
	<p><b>4.5.2 Ionnsachadh Gàidhlig le Taic Co-oibriche :</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Thatar a' beachdachadh air sgeama taic bho cho-oibriche, far am bi luchd saor-thoileach le Gàidhlig a' cur seachad ùine gach seachdain, ann an oifis a' cuideachadh tro chòmhradh le feadhainn a tha ag ionnsachadh a' chànain.</li> </ul>	<p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Ro dheireadh 2014</p>
	<p><b>4.5.3 Dealbh Àrainneachd Oifis Gàidhlig:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Far a bheil seo comasach agus dèanadach, thèid misneachd a thoirt do Roinnean barrachd Gàidhlig a bhith ga bruidhinn 's na h-oifisean, far a bheil fileantaich agus luchd-ionnsachaidh a' suidhe faisg air cach a cheile.</li> </ul>	<p>Àrd-oifigear agus Stiùirichean / Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<p><b>4.6</b> <b>Leasaich cleachdadh na Gàidhlig air làrach eadra-lìon na Comhairle.</b></p>	<p><b>4.6.1 Meudachadh Cleachdadh na Gàidhlig air an Eadra-lìon:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Meudaichidh sinn na bhios air an eadra-lìon de Ghàidhlig, agus "Duilleagan Luchd-obrach", gus am bi a' chuid as motha de na còig</li> </ul>	<p>Ceannard TF / Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Ro dheireadh 2013</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<p>earrannan fo “Fiosrachadh Luchd-obrach” ann an cruth dà-chànanach.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Beachdaichidh sinn air ciamar a chuireas sinn barrachd teacsa Gàidhlig air duilleagan mar fhosglan luchd-obrach goireasan daonna “My View”.</li> </ul>	<p><b>Ceannard TF / Sgioba na Gàidhlig</b></p>	<p>Ro dheireadh 2015</p>
	<p><b>4.6.2 Iris-d Dà-chànanach do Luchd-obrach:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Leanaidh sinn, a rèir sgiobachd, le bhith ag ullachadh <i>e-Ceangal</i> anns an dà chànan.</li> <li>Tro <i>e-Ceangal</i> thèid fiosrachadh a thoirt do luchd-obrach air cùisean leasachaidh Gàidhlig agus mu chothroman ionnsachaidh Gàidhlig.</li> </ul>	<p><b>Àrd-oifigear / Sgioba na Gàidhlig</b></p> <p><b>Àrd-oifigear / Sgioba na Gàidhlig</b></p>	<p>Theid a bhuileachadh ma ghabhas dèanamh</p> <p>Leantainneach</p>
	<p><b>4.6.3 Uidheam-taic/Cuideachadh Gàidhlig Air-loidhne:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Thèid beachdachadh air duilleag a leasachadh le abairtean agus briathrachas iomchaidh a bhiodh feumail do luchd-ionnsachaidh agus fileantaich. An cois na duilleige bhiodh ceangal ri fuaimneachadh air mar a chanar faclan no abairtean.</li> <li>Co-dhiù, misnichidh sinn luchd-obrach feum a dhèanamh de dh’ uidheaman-taic a tha cheana air-loidhne.</li> <li>Brosnaichidh sinn cleachdadh lethbhreacan Gàidhlig de dh’ aplacaidean TF saor ’s an-asgaidh a tha rim faighinn, mar: bhrobhsair <i>Firefox</i> agus a dhearbhair-litreachaidh; post-d <i>Thunderbird</i>, <i>Open Office</i>; agus <i>LibreOffice</i>, agus beachdaichidh sinn air solar nan goireasan seo air siostaman na Comhairle.</li> </ul>	<p><b>Ceannard TF / Sgioba na Gàidhlig</b></p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p> <p><b>Ceannard TF / Sgioba na Gàidhlig</b></p>	<p>Ro dheireadh 2016</p> <p>Thèid a leantainn rè teirm a’ Phlana</p> <p>Thèid a leantainn rè teirm a’ Phlana</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<p><b>4.7</b> Coimhead ri cothroman leasachaidh airson ionnsachadh agus cleachdadh neo-fhoirmeil Gàidhlig agus sgaoil fiosrachaidh ann an dàimh ris a' chànan.</p>	<p><b>4.7.1 Luchd-obrach na Comhairle agus Meadhanan Sòisealta Gàidhlig Air-loidhne:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>A rèir dè a thig a-mach à rannsachadh air seòlaidhean agus cleachdaidhean iomchaidh, beachdaichidh sinn air duilleag <i>Facebook</i> a dhealbhadh do luchd-obrach na Comhairle gus an sgilean Gàidhlig a thoirt air adhart. Bithear a' sùileachadh gum biodh co-dhiù 70% de na bhiodh a' dol suas ann an Gàidhlig. (Dheigheadh an duilleag seo cuideachd a cleachdadh airson fiosrachadh a chumail ri Buill mu thachartasan Gàidhlig, naidheachdan, agus cothroman ionnsachaidh, le fiosrachadh cuideachd mu mheadhanan sòisealta Gàidhlig mar <i>MyGaelic.com</i>, agus tachartasan nàiseanta Gàidhlig).</li> </ul>	Sgioba na Gàidhlig	Ro dheireadh 2016
	<p><b>4.7.2 Cur-seachadan Sòisealta Gàidhlig:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Tro Sgrùdadh air Sgilean Gàidhlig, [faic 4.3.1], measaidh sinn am feum air cothroman neo-fhoirmeil a thoirt airson cleachdadh na Gàidhlig, leithid buidhnean còmhraidh, far am biodh daoine a' coinneachadh ann an suidheachadh sòisealta airson an sgilean cànan a leasachadh.</li> </ul>	Sgioba na Gàidhlig	Ro dheireadh 2014
	<p><b>4.7.3 Fiosrachadh mu Thachartasan, Naidheachdan agus Ionnsachadh Gàidhlig:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Thèid fiosrachadh cunbhalach a chumail ri luchd-obrach tro phuist-d, duilleag <i>Facebook</i>, [faic 4.7.1], postairean agus bileagan mu naidheachdan, tachartasan no cothroman ionnsachaidh Gàidhlig.</li> </ul>	Sgioba na Gàidhlig	Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<ul style="list-style-type: none"> <li>Bidh Oifigear Conalraidh Gàidhlig na Comhairle a' dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh aig luchd-obrach mu leasaichidhean cudromach ann an dàimh ris a' chànain.</li> </ul>	Oifigear-conalraidh / Oifigear-conalraidh Gàidhlig	Leantainneach

## 5. GÀIDHLIG SNA H-EALAIN, SNA MEADHANAN AGUS ANN AN DUALCHAS

### Suidheachadh Gnàthaichte:

Tha a' Chomhairle a' brosnachadh agus a' cumail taic ri na h-ealain Gàidhlig mìnichichte ann an *Ro-innleachd Chultarail Innse Gall*, a' gabhail a-steach a bhith a' togail inbhe na Gàidhlig mar phrìomh chuspair. Tha Buidseat Leasachaidh na h-Ealain a' cumail maoin ri buidhnean a tha a' brosnachadh na h-ealain Gàidhlig leithid *An Lanntair*, *Taigh Chearsabhaigh* agus *Ceòlas*. Tha sgeama Tabhartasan Leasachaidh na h-Ealain cuideachd air a mhaoineachadh bhon bhuidseat seo, a' toirt taic do chompanaidhean ealain proifeasanta ag obair tro mheadhan na Gàidhlig. Tha Sgioba na Gàidhlig cuideachd a' cumail taic ri raon farsaing de phròiseactan ealain tro mheadhan na Gàidhlig leithid *Fèisean nan Gàidheal* agus *Pròiseact nan Eilean*, agus cuideachd ri mòr-thachartasan cultarail mar Mhòdan ionadail agus *Fèis Cheilteach Innse Gall*. Tha a' Chomhairle cuideachd a' cumail taic ris a' phròiseact bhliadhnail *Cleas*, a' toirt bùthan-obrach an asgaidh do dh' òigridh eadar 12 is 18 le miann ionnsachadh mu sgrìobhadh airson film is telebhisean, deasachadh agus stiùireadh, agus gam misneachd gu pàirt a ghabhail anns an fharpais nàiseanta Gàidhlig, *Film G*. Cuideachd, am pròiseact *Bho Dhuilleag Gu Cleas*, a' gabhail a-steach sgrìobhadh, cleasachd agus riochdachadh mar dhealbhan-cluiche dhan choimhearsnachd. Tha a' Chomhairle ann an co-bhonn ri *Studio Alba* agus *Alba Chruthachail*, a' toirt ghoireasan agus eòlas mar phàirt de sheirbheis an asgaidh ann a bhith a' dèanamh fhilmichean co-cheangailte ri Gàidhlig anns na h-Eileanan. A thaobh nam meadhanan, tha a' Chomhairle air cuibhreann sònraichte de dh' ionmhas a chur ri *Mòr-ionad nam Meadhanan Chruthachail (CIMC)*, ionad mheadhanan agus fòcas do ghnìomhan cultarail Gàidhlig, air a' ruith le *MG Alba* às leth na Comhairle, agus thatar an dòchas gun cuidich seo ann a bhith a' stèidheachadh obraichean ann an roinn gnìomhachasan cruthachail na Gàidhlig. Tha riochdairean bhon Chomhairle cuideachd a' frithealadh Bòrd Stiùiridh *Studio Alba*, suidhichte aig *CIMC*. Tha a' Chomhairle daingeann ann a bhith a' gleidheadh dualchas cultarail nan Eilean, agus tha i a' cumail taic ri obair nan *Comann Eachdraidh* ionadail air feadh nan Eilean. Thatar cuideachd a' cumail taic ri cruth digiteach a bhith air stuth tasglann Ghàidhlig, leithid *Tobar ab Dualchais* agus *Hebridean Connections* agus tha làmh mhòr aig a' Chomhairle ann a bhith a' stèidheachadh pròiseact trì-bliadhna, *Tasglann*, seirbheis tasglann proifeasanta dha na h-Eileanan, a tha cuideachd a' cumail taic agus comhairle ri na *Comainn Eachdraidh*. Tha a' Chomhairle cuideachd an sàs ann am pròiseact gu Caisteal Leòdhais ann an Steòrnabhagh a leasachadh, a' gabhail a-steach taigh-tasgaidh ùr, a chumas àrainn Ghàidhlig *Mhuseum nan Eilean* le mìneachadh dà-chànanach agus a' toirt piseach air sgilean Gàidhlig an luchd-obrach.

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
5.1 Cùm oirnn taic agus misneachd a thoirt do dh' obair ealain tro mheadhan na Gàidhlig anns na h-Eileanan.	5.1.1 Taic agus Leasachadh Obair Ealain tro Mheadhan na Gàidhlig:  • Tro <i>Ro-innleachd Chultarail Innse Gall</i> , Buidseat Leasachaidh nan Ealan, sgeama Tabhartasan Leasachaidh na h-Ealain, pròiseactan ealain tro	Oifigear-leasachaidh nan	Leantainneach – an urra ri sgrùdadh air Buidseat

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<p>mheadhan na Gàidhlig, buidhnean Ealain Gàidhlig anns na h-Eileanan, cumaidh sinn taic riuthasan a tha a' cleachdadh, a' misneachadh no a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Leasaichidh sinn an Ro-innleachd ùr air <i>Gnìomhachasan Cruthachail agus Cultarail Innse Gall 2012-15</i>, a tha ag amas air leasachadh a thoirt air roinn nan gnìomhachasan cruthachail, a' toirt taic do gnothachasan a leudachadh agus le sin a' meudachadh cothrom cosnadh agus a' brosnachadh obair ealain tro mheadhan na Gàidhlig.</li> <li>• Leanaidh sinn le bhith a' toirt maoin do phròiseactan a' brosnachadh dhaoine òga gu pàirt a ghabhail ann an obair ealain tro mheadhan na Gàidhlig, leithid pròiseact <i>Cleas</i> no farpais <i>Film G</i>, agus leanar le co-obrachadh le na sgoiltean mar phàirt de ro-innleachd ann a bhith a' togail ùidh òigridh ann an obair ealain tro mheadhan na Gàidhlig.</li> <li>• Beachdaichidh sinn air duilleag-lìn no duilleag <i>Facebook</i> a stèidheachadh a' brosnachadh obair ealain Gàidhlig, gu h-àraidh am measg na h-òigridh, agus a' cumail fiosrachadh mu chothroman maoinachaidh.</li> </ul>	<p>Ealan</p> <p><b>Oifigear-leasachaidh Eaconomach – Gnìomhachasan Cruthachail agus Cultarach</b></p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p>	<p><b>Leasachadh nan Ealan</b></p> <p>Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana</p> <p>Leantainneach</p> <p>Ro dheireadh 2016</p>
	<p><b>5.1.2 Taic agus Leasachadh do dh'Obair Chultarail Dualchasach:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Ullaichidh sinn prògram, le fòcas air oideachadh, gu taic a chumail ri obair dhualchasach Gàidhlig sna coimhearsnachdan, leithid seinn san t-seann nòs, cèilidhean, ceòl, sgrìobhadh, dràma, leughadh bàrdachd agus sgeulachdan.</li> <li>• Leanaidh sinn le bhith a' cumail taic ri mòr thachartasan chultarail a tha a' brosnachadh obair dualchasach na Gàidhlig, leithid Mòdan ionadail, am Mòd Nàiseanta, (anns na h-Eileanan an Iar), <i>Ceòlas</i> ann an Uibhist, na</li> </ul>	<p>Ceannard Sheirbheisean Cloinne agus Stòrais</p> <p><b>Oifigear-leasachaidh nan Ealan / Sgioba na Gàidhlig</b></p>	<p>Ro dheireadh 2015</p> <p><b>Leantainneach – an urra ri sgrùdadh air Buidseat Leasachadh nan</b></p>



AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<p>fèisean air feadh nan Eilean, agus <i>Fèis Cheilteach Innse Gall</i>.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Leanaidh Foghlam Coimhearsnachd le bhith a' cumail chlasaichean a' thogas inbhe chultar na Gàidhlig, mar chlasaichean seinn seann nòs an Uibhist, agus clasaichean <i>Ceòl na Cloinne</i> sna Hearadh. Amasaidh sinn air gun tèid leudachadh orra sin air feadh nan Eilean tro phrògram taic cultar dualchasach na Gàidhlig.</li> </ul>	Oifigear Foghlam Coimhearsnachd	Ealan Leantainneach

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<p><b>5.2</b> Cuir taic do sheirbheisean nam meadhanan Gàidhlig anns na h-Eileanan.</p>	<p><b>5.2.1 Leasachadh Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig anns na h-Eileanan:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Leanaidh sinn le taic a chumail ri leasachadh <i>Mòr-ionad nan Meadhanan Cruthachail (CIMC)</i>, mar a tha mìnichte ann an <i>Ro-innleachd Ghnìomhachasan Chruthachail agus Chultarail Innse Gall 2012-15</i>.</li> </ul>	Sgioba Ath-nuadhachadh Leasachadh Eaconomach	Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<p><b>5.3</b> Dèan cinnteach gu bheil cleachdadh na Gàidhlig aig meadhan eachdraidh ionadail agus sheirbheisean dualchasach.</p>	<p><b>5.3.1 Pròiseact Taigh-tasgaidh Ùr:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Cumaidh sinn taic ri pròiseact <i>Dualchas sa Chaisteal</i>, far am bi taigh-tasgaidh ùr stèidhichte aig làrach Caisteal Leòdhais, a tha ag amas air sgeama taigh-tasgaidh dà-chànanach a stèidheachadh, làrach-lìn taigh-tasgaidh le Gàidhlig aig tùs gnothaich, agus ro-innleachd gu sgilean Gàidhlig an luchd-obrach a leasachadh.</li> </ul>	Oifigear-leasachaidh Eaconomach – Pròiseactan Sònraichte / Sgioba na Gàidhlig	Leantainneach

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<p><b>5.3.2 Seirbheisean Tasglann Gàidhlig:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Leantar, ma tha solar buidseit ann, agus an urra ri maoinachadh na Comhairle, le leasachadh pròiseact <i>Tasglann</i>, far an bi cothrom aig a' mhòr-shluagh air clàran agus stuth tasglainn na Comhairle agus leantar le taic do dh' iomairtean an <i>Tasglann</i> gus sin a leudachadh</li> <li>• Leantar le maoinachadh do phròiseactan a tha a' cur stuth tasglann Gàidhlig ann an cruth digiteach, mar <i>Tobar an Dualchais</i> ann an Uibhist agus <i>Hebridean Connections</i>, an tasglann air-loidhne</li> </ul>	<p>Manaidsear Phròiseactan – Tasglann</p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Leantainneach</p> <p>Leantainneach</p>
	<p><b>5.3.3 Taic do Dhualchas agus Comainn Eachdraidh:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Leantar le comhairle agus taic a chumail ri na <i>Comainn Eachdraidh</i> tro sheirbheisean <i>Tasglann</i>, agus leantar le bhith a' cumail taic ri pròiseactan <i>Comainn Eachdraidh</i> a tha a' cleachdadh no a' brosnachadh a' chànain.</li> </ul>	<p>Manaidsear Phròiseactan – Tasglann / Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Leantainneach</p>

## 6. DEALBHADH CORPUS DON GHÀIDHLIG

### Suidheachadh Gnàthaichte:

Tha Sgioba na Gàidhlig sa Chomhairle air aon de na prìomh dhealbhadairean air briathrachas ùr Gàidhlig. Gu làitheil, ann a bhith ag ullachadh chlàran-obrach, aithisgean, bileagan fiosrachaidh, geàrr-chunntasan agus a' freagairt iarrtasan eadar-theangachaidh, tha an sgioba a' dealbhadh briathrachas ùr no nuadh-fhaclan. Gu dearbh, bha a' Chomhairle na prìomh chom-pàirtiche ann am: *Faclair na Pàrlamaid* (2001); *Faclair Rianachd Phoblaich* (2010); agus *Co-fhaclair Gàidhlig* (2011), uile a chaidh an cruthachadh fo *Iomairt Chànanan Eòrpach*. Aig gach àm thatar a' gèilleadh ri *Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig (GOC)*. A thuilleadh, tha buill den sgioba air cùrsaichean gràmair adhartach agus *GOC* a dh' fhrithéaladh, a' daingneachadh sgilean gràmair, cànan agus eadar-theangachaidh.

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
<b>6.1</b> <b>Cùm oirnn taic a thoirt do, agus a bhith a' cur ri, dhealbadh corpus na Gàidhlig.</b>	<b>6.1.1 Dealbhadh Briathrachas Ùr Gàidhlig:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Leantar le taic, maoinachadh agus compàirteachadh ri pròiseactan fhaclairean, cho-fhaclairean agus nuadh-fhaclan a tha a' leasachadh briathrachas na Gàidhlig.</li> <li>• Leantar le bhith a' dealbhadh briathrachas ùr mar phàirt de dh'obair làitheil Sgioba na Gàidhlig.</li> <li>• Sgaoilear fiosrachadh ann an dàimh ri briathrachas ùr air buidhnean eile an sàs an obair eadar-theangachaidh, gu stèidheachadh agus a bhith cunbhalach anns an obair.</li> </ul>	<p>Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana</p> <p>Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana</p> <p>Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana</p>
	<b>6.1.2 Cleachdadh Cunbhalach air Gàidhlig:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Leantar le cleachdadh cunbhalach ann an litreachadh, gràmar agus gach nì a rèir <i>GOC</i>.</li> </ul>	<p>Sgioba na Gàidhlig</p>	<p>Leantainneach</p>

AMAS	GNÌOMHACHADH	OIFIGEAR(AN) AN URRA	RAON-AMA
	<p><b>6.1.3 Ainmean-àite Gàidhlig:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Obraichidh sinn gu dlùth le buidhnean mar <i>Àinmean-àite na h-Alba</i> (AAA), gus dèanamh cinnteach gun nochd an àireamh as motha de dh' ainmean-àite Gàidhlig sna h-Eileanan Siar air stòr-dàta nàiseanta AAA. [Faic 3.6.1].</li> </ul>	Sgioba na Gàidhlig	Thèid a leantainn rè teirm a' Phlana

## CAIBIDEIL 4 – Buileachadh agus Sgrùdadh

Chaidh taic a chur dhan Phlana seo le Buill na Comhairle, às dèidh sgrùdadh a chaidh a dhèanamh air aig *Comataidh Poileasaidh agus Stòras*, agus *Comataidh Buileachaidh Plana Cànan*, comataidh Gàidhlig na Comhairle. Mar sin, tha làn thaic agus riarachadh aig a' Chomhairle don Phlana seo, agus tha ùghdarras na Comhairle aige. A bharrachd air sin, chaidh am Plana, mar dreachd, tro phròiseas co-chomhairleachaidh poblach farsaing eadar 9 Iuchar 2012 agus 20 Lùnastal 2012, agus chaidh beachdachadh air na freagairtean, beachdan agus comhairle gu lèir a thàinig a-mach à sin, bho choimhearsnachdan nan Eilean Siar agus bho bhuidhnean Gàidhlig ionadail agus nàiseanta, mus deach am Plana mu dheireadh a chur ri chèile.

### Foillseachadh agus Buileachadh a' Phlana-cànain Gàidhlig:

Thèid fios a thoirt do luchd-obrach gu foirmeil air foillseachadh a' Phlana, agus susbaint agus cudrom a' Phlana, tro chonaltraidhean air feadh na Comhairle bho Sgioba na Gàidhlig agus le cuideachadh bhon sgioba conaltraidh. Thèid a chur air eadra-lìon na Comhairle ann an àite follaiseach, agus thèid bruidhinn air ann an iris-d an luchd-obrach, *e-Ceangal*, [4.6.2]. A bharrachd air sin, a rèir dè a thig a-mach à rannsachadh air seòlaidhean agus cleachdaidhean iomchaidh, thèid bruidhinn air gu mòr air duilleag Ghàidhlig *Facebook* a thathar airson tòiseachadh don luchd-obrach, [4.7.1], far an tèid iarraidh air beachdan a thaobh pròiseas buileachadh a' Phlana.

A thuilleadh air sin, gheibhear chun chuairt ùr den Phlana seo tro cheangal dìreach, follaiseach air duilleag-dachaigh làrach-lìn na Comhairle, (“A’ Sealltainn Dealas don Ghàidhlig”, td30-31), agus thèid fhoillseachadh gu follaiseach air an làrach-lìn mòr-ionad coimhearsnachd, *e-Sgìre*, [3.7.1]. Tha am mòr-ionad seo ceangailte ri duilleag-dachaigh na Comhairle, agus tha e a’ toirt seachad cothroman don phoball am beachdan a sgrìobhadh air-loidhne a thaobh a' Phlana. (A rèir, mar a bhiodh an dùil, stiùireadh air taitneachd nam beachdan).

Nì a' Chomhairle an àirde notaichean-stiùiridh don luchd-obrach cuideachd, gus dèanamh cinnteach gu bheil iad mothachail air cho cudromach 's a tha buileachadh a' Phlana thairis air a' Chomhairle agus sna coimhearsnachdan gu làitheil. Cuiridh a' Chomhairle air dòigh seiseanan mothachadh air a' Ghàidhlig dha luchd-obrach cuideachd gu cunbhalach, [faic 4.4.2], gus: fios a mheudachadh am measg an luchd-obrach air cho cudromach 's a tha Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig do dhearbh-aithne na Comhairle; cudrom a chur air cho cudromach 's a tha buileachadh a' Phlana; agus mineachadh ciamar a bhios na h-amasan sa Phlana a' toirt buaidh air obair an luchd-obrach gu làitheil. San aon dòigh, ann an coinneamhan bliadhna Measadh Adhartais Luchd-obrach (SDA),

[4.3.2], agus ann a bhith a' cruthachadh phasganan fiosrachaidh do luchd-obrach ùr, [4.4.1], thèid innse dhan luchd-obrach cho cudromach 's a tha buileachadh a' Phlana-cànain Gàidhlig.

### **Sgrùdadh air Adhartas a' Phlana-cànain Gàidhlig:**

Thèid sgrùdadh a dhèanamh air a' Phlana seo gach bliadhna tro bhith a' deasachadh aithisgean do *Chomataidh Poileasaidh agus Stòras*, agus do *Chomataidh Buileachaidh Plana Cànain*, a leigeas fios do Bhuill mu adhartas a' Phlana, a bheir cothroman do Bhuill agus prìomh oifigearan am beachdan a thoirt seachad air adhartas a' Phlana, agus a dèiligeas ri duilgheadasan sam bith a thaobh buileachadh a' Phlana. Thèid na h-aithisgean mionaideach seo a chur ri chèile le oifigear Sgioba na Gàidhlig, a bhios a' coinneachadh gu cunbhalach le riochdairean ainmichte ann an Roinnean na Comhairle gu lèir, a bhios an sàs ann a bhith a' buileachdadh phàirtean den Phlana. Thèid sgrùdadh a dhèanamh air adhartas a' Phlana leis an oifigear seo agus na riochdairean Roinneil, agus thèid dèiligeadh ri duilgheadasan sam bith a nochdas a thaobh a bhith a' buileachadh a' Phlana bho thaobh nan Roinnean fa leth.

A bharrachd air sin, cuiridh oifigear Sgioba na Gàidhlig aithisg bhliadhnail ri chèile air buileachadh a' Phlana-cànain Gàidhlig, a thèid a chur a-steach do Bhòrd na Gàidhlig. Bheir an aithisg seo, a thèid air beulaibh *Comataidh Buileachaidh Plana Cànain* cuideachd, cothrom do Bhòrd na Gàidhlig sgrùdadh a dhèanamh air adhartas a' Phlana, agus am beachdan air seo a chur air ais don Chomhairle.

### **Measaidhean Buaidh air Gàidhlig:**

A barrachd air seo, mar a chaidh a chur an cèill sa Phlana mar-thà, (“Measadh Buaidh air Gàidhlig”, td34-35), nuair a thèid poileasaidhean an cruthachadh, an ath-nuadhadh, no an sgrùdadh, nì Comhairle nan Eilean Siar cinnteach gun tèid beachdachadh mionaideach a dhèanamh air droch bhuidh sam bith a dh' fhaodadh a bhith ann air cleachdadh na Gàidhlig ann an seirbhesean na Comhairle, agus thèid a ghabhal a-steach mar phàirt den liosta-sgrùdaidh “cunnart” ann am beachdachadh air poileasaidhean.

## Seòladh Ùghrarras:

Oifigear le ùghdarras iomlan airson a' Phlana-cànain Gàidhlig:

**CALUM BURR,  
ÀRD-OIFIGEAR,  
COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR,  
RATHAD SHANNABHAIG,  
STEÒRNABHAGH,  
HS1 2BW.**

**FÒN: 01851 822 601**  
post-d: [mburr@cne-siar.gov.uk](mailto:mburr@cne-siar.gov.uk)

Oifigear le ùghdarras ro-innleachdail airson lìbhrigeadh deasachadh, buileachadh agus sgrùdadh a' Phlana-cànain Gàidhlig:

**DOLINA NICLEÒID,  
OIFIGEAR LEASACHADH POILEASIDH,  
SGIOBA NA GÀIDHLIG,  
COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR,  
RATHAD SHANNABHAIG,  
STEÒRNABHAGH,  
HS1 2BW.**

**FÒN: 01851 822 615**  
post-d: [dnicleoid@cne-siar.gov.uk](mailto:dnicleoid@cne-siar.gov.uk)

Oifigear a bhios a' dèiligeadh ri buileachadh a' Phlana-cànain Gàidhlig gu làitheil:

**DÒMHNALL WEIR,  
OIFIGEAR TAIC NA GÀIDHLIG,  
SGIOBA NA GÀIDHLIG,  
COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR,  
RATHAD SHANNABHAIG,  
STEÒRNABHAGH,  
HS1 2BW.**

**FÒN: 01851 822 615**  
post-d: [Donald.Weir@cne-siar.gov.uk](mailto:Donald.Weir@cne-siar.gov.uk)

## **FO-SGRÌOBHADH:**

### **Cleachdadh na Gàidhlig ann an Comhairle nan Eilean Siar**

San Iuchar 2012, chaidh sgrùdadh farsaing a dhèanamh fad nan Eilean air an ìre de sgilean Gàidhlig a bha aig luchd-obrach na Comhairle, agus an ìre de chleachdadh nan sgilean Gàidhlig seo san àite-obrach. Thathar a' cleachdadh an sgrùdaidh seo, (a thug cothrom cuideachd do luchd-freagairt am beachdan a thoirt seachad air cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach), gus faighinn a-mach dè an ìre aig a bheil ùidh am measg an luchd-obrach ann a bhith ag ionnsachadh no a' leasachadh an sgilean Gàidhlig.

Tha na toraidhean seo, a bharrachd air a' sealltainn gu bheil a' cleachdadh Gàidhlig fad' is farsaing ann an àite-obrach na Comhairle, le taic fad' is farsaing air a son, cuideachd a' sealltainn gu bheil ùidh mhòr aig luchd-obrach na Comhairle ann a bhith a' dèanamh chùrsaichean Gàidhlig. Mar sin, tha an sgrùdadh a' sealltainn gun urrainn dhan Chomhairle seirbheisean tro mheadhan na Gàidhlig a thoirt seachad nuair a dh' fheumar, agus tha seo a' neartachadh a' bheachd gum feumar Plana Cànan Gàidhlig èifeachdach, làidir agus mòr-mhiannach a libhrigeadh airson 2013-17 às leth na Comhairle.

Ghabh **311** neach-obrach na Comhairle gu lèir pàirt san sgrùdadh. Bhon an 231 neach-obrach a dh' innis dè Roinn<sup>6</sup> anns an robh iad ag obair, bha na toraidhean a thaobh nan sia Roinntean mar a leanas:

<b>Seirbheisean Sòisealta agus Coimhearsnachd:</b>	<b>22.9%</b>
<b>Foghlam agus Seirbheisean Chloinne:</b>	<b>22.1%</b>
<b>Ionmhas agus Goireasan Corporra:</b>	<b>16.0%</b>
<b>Roinn Leasachaidh:</b>	<b>15.6%</b>
<b>Roinn an Àrd-oifigeir:</b>	<b>12.1%</b>
<b>Seirbheisean Teicnigeach:</b>	<b>11.3%</b>

Tha na duilleagan a leanas a' toirt seachad geàrr-chunntas air toraidhean an sgrùdaidh ann an ceudadan, leis na ceudadan as motha ann an clò trom.

---

<sup>6</sup> Feumar a' toirt fa-near nach do ghabh Buill pàirt san sgrùdadh, ach gun tèid an toirt a-steach do sgrùdaidhean a bhios a' rannsachadh an ìre de sgilean agus cleachdadh na Gàidhlig san àm ri teachd.




# Sgrùdadh na Gàidhlig Comhairle nan Eilean Siar: Iuchar 2012

Freagairtean: 311

## 1. Sgilean Gàidhlig


### 1.1 Dè cho math 's a tha thu a' tuise Gàidhlig?

Tha mi a' tuigse Gàidhlig gu lèir	42.1%
Tha mi a' tuigse tòrr Ghàidhlig	15.9%
Tha mi a' tuigse beagan Ghàidhlig	15.9%
Chan eil mi a' tuigse ach glè bheag de Ghàidhlig	20.3%
Chan eil mi a' tuigse Gàidhlig idir	5.8%




### 1.2 Dè seòrsa sgilean-labhairt na Gàidhlig a th' agad?

<b>Tha mi fileanta</b>	<b>31.4%</b>
Tha mi an ìre mhath fileanta	17.2%
Tha sgilean còmhraidh lapach agam	17.1%
Chan eil agam ach cuid de dh' fhacail agus abairtean	26.2%
Chan eil Gàidhlig agam idir	8.1%




### 1.3 Dè seòrsa sgilean leughaidh agus sgrìobhaidh Gàidhlig a th' agad?

Tha sgilean leughaidh agus sgrìobhaidh sàr-mhath agam	5.5%
Tha sgilean leughaidh agus sgrìobhaidh math agam	21.7%
<b>Tha sgilean leughaidh agus sgrìobhaidh lag agam</b>	<b>29.8%</b>
Tha sgilean leughaidh agus sgrìobhaidh truagh agam	20.7%
Chan eil sgilean leughaidh agus sgrìobhaidh agam	22.3%



#### 1.4 Ma tha gin ann, dè na teisteanasan Gàidhlig a th' agad? (Cuir stràc ri taobh a h-uile fear a th' agad)

Ceum Oilthigh (no mar phàirt de cheum)	4.9%
Teisteanasan FE (m.e. DipHE, CertHE, SVQ, NC)	1.9%
Teisteanasan Sgoile (m.e. Advanced Higher, Higher, Standard Grade, O-Grade)	41.4%
Gun teisteanasan foirmeil, ach air clasaichean Gàidhlig a dh' fhrithéaladh (m.e. clasaichean Ùlpan, clasaichean oidhche)	9.7%
<b>Gun Teisteanasan</b>	<b>46.3%</b>



## 2. Ionnsachadh na Gàidhlig

### 2.1 Mur a h-eil thu a' frithealadh cùrsa Gàidhlig an-dràsta, a bheil airson clas a dhèanamh san àm ri teachd?

FC: 237<sup>7</sup>

SC: 74<sup>8</sup>

Tha	37.6%
<b>Chan eil</b>	<b>42.6%</b>
Chan eil fhios agam	19.8%

### 2.2 A bheil thu air feuchainn ri Gàidhlig a dh' ionnsachadh ron seo?

FC: 192

SC: 119

<b>Tha</b>	<b>57.3%</b>
Chan eil	42.7%

<sup>7</sup> An àireamh de luchd-obrach a "dh' Fhreagair a' Cheist"

<sup>8</sup> An àireamh de luchd-obrach a "Sheachain a' Cheist"

### 2.3 Ma tha thu air feuchainn ri Gàidhlig a dh' ionnsachadh mar thà, dè na duilgheadasan practaigeach, ma bha gin ann idir, a bh' agad?

FC: 146

SC: 165

<b>Cha robh ùine gu leòr agam</b>	<b>38.4%</b>
Chan eil fhios agam far an dèighinn	0.7%
Chan eil na goireasan math gu leòr	5.5%
Chan eil ùidh agam ann	8.2%
Chan eil mi math air cànanan a dh' ionnsachadh	6.2%
Cus obrach	30.8%
Cha b' urrainn dhomh clasaichean a dh' frithealadh gu cunbhalach	34.2%
Eile (minich)	34.2%

\*\*\*\*\*

#### Taghadh de Bheachdan<sup>9</sup> bho “Eile”:

- Not enough Gaelic spoken between classes.
- My job is busy, and I can't devote the time needed to learn another language properly. I find it hard to retain the Gaelic I have learned from one block of evening classes to another.
- I have attended evening classes and I am working my way through Ùlpan, but although I get on well in class, I cannot replicate that in the real world. It's intimidating trying to talk to native speakers and my mind goes blank when required to respond. I have worked with native speakers for over 20 years and hear their criticisms of fluent "learners" so why bother? I've discovered via the very good Ùlpan class that a lot of what we are taught isn't used in the real world, which makes you wary of even using what you've learnt. The only way I think I could succeed would be to spend a year on a residential course delivered by a real native speaker (not a Gaelic intellectual), and I do not have time for that.
- Native speaker snobbery.
- Attitude of Gaelic speakers to my attempts to speak the language put me off - subject of ridicule. Also, not enough people speak it to you /in front of you to make learning it easy.
- Classes do not relate well to real life situations, and language is too formal - it is very off-putting when you try to use what you have learned and people don't understand because you are using Mainland Gaelic instead of the local vocabulary, etc. Also, the Ùlpan class rushes things, and you don't get the time to ensure that it all sinks in properly.

### 2.4 Ma tha thu airson sgilean Gàidhlig a chleachadh, ionnsachadh no a leasachadh, dè am measg na leanas anns am biodh ùidh agad? (Cuir stràc ri taobh a h-uile fear anns a bheil ùidh agad). A bheil beachdan sam bith eile agad?

---

<sup>9</sup> Tha na beachdan san fho-sgrìobhadh seo air an cur sìos facal air an fhacal, mar a chaidh a sgrìobhadh bho thùs.

FC: 185  
SC: 126

<b>Clasaichean sgilean labhairt Gàidhlig</b>	<b>51.4%</b>
Clasaichean litearrachd Ghàidhlig	32.4%
Clasaichean còmhraidh airson an fheadhainn le Gàidhlig mar thà	27.6%
Tachartasan neo-fhoirmeil sòisealta Gàidhlig	28.1%

\*\*\*\*\*

#### **Taghadh de Bheachdan:**

- I would like an online or 'portable' learning system I could use on my iPod whilst traveling, etc.
- Work related learning – terminology and report writing.
- Classes in Gaelic literacy to a higher level.
- Grammar and vocabulary classes.

### **2.5 Dè nad bheachdsa a chuidicheadh tu ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig, no do sgilean a leasachadh?**

#### **Taghadh de Bheachdan** *(a-mach à 245 freagairt gu lèir):*

- I am a fluent Gaelic speaker and it was my first language. I lived away for 5 years to study and moved back to the Island 4 years ago, and have found I'm not as confident with it as I used to be. I would be interested in attending classes for more fluent speakers, to gain confidence, and to practice conversational Gaelic.
- Speaking it more often.
- Recorded (CD) classes, so I can play them in the car and on smartphone.
- Being around Gaelic speakers.
- Hear it being spoken more regularly at work by locals.
- Using Gaelic more often in real life settings.
- I've come to the conclusion that I would be better to do a series of week-long immersion courses, rather than evening classes. However, I don't have the time to do so.
- Handouts, smaller, more grouped-together classes of similar levels, not mixing with more advanced people.
- Speaking more with people who have more Gaelic than I have, and not being made to feel inadequate when you do speak in Gaelic.
- Conversing with older members of the community. Possibly classes focusing on grammar, etc.
- For Council work, interview practice.
- More conversational Gaelic in my office environment.
- Help with written Gaelic - I can speak and read [it] fluently.
- Learn Gaelic phonetically, to improve conversation skills.

- The fact that my child is going through Gaelic Medium and I need to try my best in supporting them with their reading etc. Therefore, ironically, it's my children that will encourage me to speak Gaelic to them, more than what I would normally do!
- Gaelic conversation classes with others with a background in Gaelic, rather than classes that are open to all who perhaps have not long since started learning the language.
- TIME!
- Having classes that get beyond what you did yesterday, and the weather, and work towards fluency and time to practise.
- In-house training.

## 2.6 A bheil thu eòlach air goireasan ionnsachaidh goireasach a chuidicheadh tu ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig, no a' leasachadh do sgilean Gàidhlig? Dè th' annta?

FC: 234

SC: 77

Tha	47.4%
Chan eil	30.8%
Chan eil fhios agam	23.5%

\*\*\*\*\*

### Taghadh de Bheachdan:

- Lewis Castle College.
- Ùlpan.
- My wife.
- DVDs, Ulpan classes, local community classes, online, BBC Alba programmes, (eg "Speaking our Language").
- Barra Learning Centre.
- Currently feel too snowed under with work to take on any more learning.
- CnES website.
- BBC website.

## 2.7 A bheil thu air an goireas ionnsachaidh air-loidhne aig MG Alba <http://www.learnghaelic.net/> a chleachdadh?

AQ: 234

SQ: 77

Tha	3.0%
Chan eil	42.3%

<b>Cha chuala mi a-riamh mu dheidhinn</b>	<b>49.1%</b>
Tha dùil agam a chleachdadh a-nis	5.6%

### 3. Gàidhlig san Àite-obrach

#### 3.1 Dè cho tric 's a bhios thu a' cleachdadh Gàidhlig tron latha-obrach?

FC: 235

SC: 76

Fad na h-ùine	5.5%
A' mhòr-chuid den tìde	11.5%
<b>Uaireannan</b>	<b>32.3%</b>
Glè ainneamh	22.6%
Cha bhi idir	28.1%

\*\*\*\*\*

#### Taghadh de Bheachdan:

- Place-names are fine, most people working around me are very good Gaelic speakers, so I have help.
- I can't write or converse in Gaelic other than a few stilted phrases and understanding some words. These were mainly learned when my children were at Croileagan, so not much use in my current workplace. I use the Gaelic names of organisations on a daily basis.
- Will assist, (silently at first), a colleague who will shortly provide Gaelic "Bookbug" Sessions.
- Cannot speak it, so no inclusion in those conversations.

#### 3.2 Nad bheachdsa, dè cho tric 's a b' urrainn dhut Gàidhlig a chleachdadh tron latha-obrach?

FC: 235

SC: 76

Fad na h-ùine	4.3%
A' mhòr-chuid den tìde	15.3%



<b>Uaireannan</b>	<b>55.7%</b>
Glè ainneamh	18.3%
Cha b' urrainnear idir	3.4%
Chan eil fhios agam	3.0%

### 3.3 A bheil thu den bheachd gum biodh sgilean Gàidhlig feumail nad obair ann an dòigh sam bith?

FC: 226

SC: 85

<b>Tha</b>	<b>63.3%</b>
Chan eil	25.7%
Chan eil fhios agam	11.1%

\*\*\*\*\*

#### Taghadh de Bheachdan:

- It would be good to be able to converse with other members of the community, (particularly the older generations who have excellent Gaelic and prefer to speak in Gaelic).
- Maybe of use when dealing with the public, (Where Necessary).
- Some members of the public would wish to converse in Gaelic, but I'm not fluent enough to do so. Having more Gaelic would enable me to speak Gaelic to work colleagues as well.
- It is useful to be able to speak to clients in Gaelic, either on the phone, or when out and about.
- Working with Historical Societies in particular, plus [would be able] to make the most of Gaelic media.

### 3.4 Ma bhios thu a' cleachdadh Gàidhlig tron latha-obrach, cuin a bhios tu ga cleachdadh? (Cuir stràc ri taobh a h-uile eisimpleir)

FC: 146

SC: 165

<b>A' bruidhinn ri co-obraichean</b>	<b>87.7%</b>
A' bruidhinn ri luchd-obrach ann an àrd dreuchdan	38.4%
Ann an coinneamhan foirmeil	18.5%
A' bruidhinn ris a' phoball ann an àitean-fàilteachaidh	60.3%
A' bruidhinn ris a' phoball air a fòn	66.4%

A' bruidhinn ri cuideigin bho bhuidhean eile	39.7%
Ann am post-d gu co-obraichean	19.9%
Ann am post-d gu luchd-obrach ann an àrd dreuchdan	9.6%
Ann an conaltradh sgrìobhaidh leis a' phoball no buidhnean eile	9.6%
Ann an conaltradh leis na meadhannan	15.8%
Ag eadar-theangachadh stuth sgrìobhaidh bho Bheurla gu Gàidhlig	8.9%
A' bruidhinn ri pàrantan	24.7%
A' bruidhinn ri sgoilearan	20.5%

\*\*\*\*\*

#### Taghadh de Bheachdan:

- Place-names and polite “hello”, “goodbye”, etc.
- Practise with native-speaking colleague.
- When giving formal presentations, I try to include some spoken and written Gaelic.
- Talking to clients face-to-face.
- Talking to Service Users.

### 3.5 Mur a h-eil thu a' cleachdadh Gàidhlig gu cunbhalach tron latha-obrach, a bheil thu ag iarraidh barrachd chothroman a cleachdadh?

FC: 204

SC: 107

<b>Tha</b>	<b>40.7%</b>
Chan eil	17.2%
Chan eil fhios agam	26.0%
Chan urrainn dhomh Gàidhlig a bhruidhinn	16.2%

\*\*\*\*\*

#### Taghadh de Bheachdan:

- Yes, in more formal settings such as Committees.
- To use it at work with whoever wishes to use it.
- If you are really interested in developing Gaelic as a language, it has to be done in the home and from childhood onwards. The use of Gaelic at work is a consequence of the learning, and not a driver for it. This type of artificial approach will create the wrong perception about the language.
- Working with Historical Societies in particular, plus unable to make the most of Gaelic media, and normal polite introductions etc.